

TEEJAY PUBLISHERS

Cùrsa Matamataig Ìre D

Air a chruthachadh bho thùs le buidheann-sgrìobhaidh TeeJay

T. Strang (a b' àbhaist a bhith na P.T. Matamataig - Àrd-sgoil Bhruaich Chluaidh)
J. Geddes (P.T. Matamataig - Àrd-sgoil Rinn Friù)

Air a chur don Ghàidhlig le Dòmhnall Iain Mac a' Ghobhainn (Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu)
agus Aonghas MacCoinnich (Oilthigh Ghlaschu)

Leabhar Sgoileir

≡ D ≡

TeeJay Publishers

P.O. Box 1375
Ceann a' Bharra
Glaschu
G78 1JJ

Fòn: 0141 880 6839

Facs: 0870 124 9189

post-d: teejaypublishers@ntlworld.com

Làrach-lìn: www.teejaypublishers.co.uk

© TeeJay Publishers 2004

A' Ghàidhlig © Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth Riaghaltas na h-Alba

A' chiad fhoillseachadh le TeeJay Publishers, 2004

A' chiad fhoillseachadh ann an Gàidhlig ann an 2009 le:

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

11/12 Acarsaid

Cidhe Sràid Chrombail

Steòrnabhagh

Eilean Leòdhais

HS1 2DF

www.storlann.co.uk

Na còraichean anns an leabhar seo uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith den leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no air dhòigh sam bith gun chead ro-làimh ann an sgrìobhadh bho na h-ùghdaran agus bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dh'fhaodte cùis lagha a thogail an aghaidh duine sam bith a nì lethbhreacan den leabhar no pàirt den leabhar gun chead.

ISBN 978-1-904730-99-6

Leabhar-teacs - Ìre D

Faodaidh sibh an leabhar seo a chleachdadh an dà chuid anns an àrd-sgoil agus anns a' bhun-sgoil le sgoilearan a tha air Ìre C fhaighinn.

- ◆ Anns na h-àrd-sgoiltean faodaidh sibh a chleachdadh airson cùrsaichean AS1/AS2 a chur ri chèile is an dèanamh ann an **AON** bhliadhna, ma fhuair na sgoilearan Ìre C anns a' bhun-sgoil, no tràth anns an àrd-sgoil.
 - Tha e feumail airson na sgoilearan a dheasachadh airson Deuchainn Nàiseanta aig Ìre D aig deireadh Prìomh 6, 7, no aig deireadh AS1.
 - Chan eil Eacarsaich A agus B ann idir. Tha an leabhar a' dol thairis air a **h-uile cuspair aig Ìre D**. Cha leig an tidsear a leas a bhith a' feuchainn ri dèanamh a-mach dè na ceistean a ghabhadh fhàgail às no dè na h-eacarsaichean a tha cudromach. Tha iad uile cudromach!
 - Leis an leabhar seo, faodaidh sibh an obair a tha cudromach aig Ìre D a dhèanamh le AON leabhar. Chan eil seo fìor mu dheidhinn leabhar sam bith eile a tha ri fhaighinn an-dràsta.
 - Bidh e feumail airson sgoilearan a thoirt air adhart ann an AS1/AS2. Dh'fhaodadh sibh an uair sin tòiseachadh air obair na h-Ìre Coitcheann, cùrsa Meadhan Ìre, no Sàr Ìre (an dèidh Ìre E a dhèanamh) uaireigin ann an AS2.
 - Chì sibh gu bheil "**Caibideil 0**" aig toiseach an leabhair. Air na seachd duilleagan seo tha sinn a' toirt sùil air ais air a h-uile cuspair aig Ìre C. Faodaidh sibh seo a dhèanamh leis a' chloinn, is an uair sin measadh a dhèanamh gus am faic sibh dè na ghlèidh iad de na bha còir aca ionnsachadh aig Ìre C.
 - Tha sinn a' cur cuideam air sgilean "gun àireamhair" is a' feuchainn ris na sgilean sin a bhrosnachadh tron leabhar gu lèir.
 - Tha Eacarsaich "**Geàrr-chunntas**" aig deireadh a h-uile caibideil.
 - Tha paca againn airson obair-dachaigh. Nuair a gheibh sibh e faodaidh sibh lethbhreacan a dhèanamh dheth. Tha paca-measaidh ann cuideachd. Faodaidh sibh a chleachdadh aig deireadh gach cuspair, no faodaidh sibh dhà no trì chuspairean a mheasadh còmhla.

Bidh ùine gu leòr ann an uair sin airson an Ìre Choitcheann a chrìochnachadh aig deireadh AS3, no tràth ann AS4.

Tha sinn an dòchas gun còrd na dathan a chleachd sinn anns an leabhar ribh
- tha sinn den bheachd gu bheil iad a' dèanamh chùisean gu math soilleir!!

Tom Strang agus Jim Geddes (Am Faoilleach 2004)

Clàr-innse

duilleag

Caibideil 0		Sùil air ais/a' daingneachadh Ìre C	1 - 8
Caib 1	Àireamhan Slàna	Luach a rèir àite agus a' leughadh sgèilichean A' cur-ris is a' toirt-air-falbh àireamhan slàna Iomadachadh is roinneadh le 10, 100 Iomadachadh/roinneadh le figear singilte Iomadachadh le 20, 50, 300, 600 msaa (E*) A' cruinneachadh chun an 10, 100 as fhaisge A' toirt tuairmse le bhith a' cruinneachadh A' cleachdadh àireamhair Geàrr-chunntas	9 - 10 11 - 13 14 - 16 17 - 19 20 21 22 23 24 - 25
Caib 2	Co-chothromachd	Loidhnichean-cothromachaidh A' cruthachadh chumaidhean cothromaichte Geàrr-chunntas	26 - 28 29 - 31 32
Caib 3	Deicheadan	Ag obair le deicheadan A' leughadh sgèilichean deicheach A' cruinneachadh chun na h-àireimh slàine as fhaisge A' cur-ris is a' toirt-air-falbh dheicheadan Geàrr-chunntas	33 - 35 36 - 38 39 - 40 41 - 43 44
Caib 4	An Uair	Uairean 12-uarach agus 24-uarach Beàrnan-tìde Mionaidean agus diogan Uaireadairean (E*) Geàrr-chunntas	45 - 46 47 - 48 49 50 51
Caib 5	Staitistearachd	A' cumail rian air agus a' mìneachadh fiosrachadh Graf-loidhne Clàr-cearcaill A' mìneachadh chlàran Geàrr-chunntas (A' dèanamh sgrùdadh)	52 - 55 56 - 58 59 - 60 61 - 62 63 - 65 65
Caib 6	Deicheadan 2	Iomadachadh/roinneadh le 10, 100 Iomadachadh le figear singilte Roinneadh le figear singilte Measgachadh Geàrr-chunntas	66 - 67 68 - 69 70 - 71 72 - 73 74
Caib 7	Ailseabra	"Co-aontaran" sìmplidh Co-aontaran Innealan-àireamhan Geàrr-chunntas	75 - 77 78 - 79 80 - 84 85 - 86
Caib 8	Ceàrnan	Seòrsaichean de cheàrnan Ag ainmeachadh cheàrnan le 3 litrichean A' tomhas cheàrnan A' dealbhadh cheàrnan A' lorg cheàrnan Ceàrnan mu choinneamh a chèile Ceàrnan-F agus ceàrnan-Z (E*) Àirdean na combaist Cùrsaichean 3-figearan Geàrr-chunntas	87 - 88 88 - 89 90 - 91 92 - 93 93 - 94 95 96 - 97 98 - 99 100-102 103 - 105

Caib 9	Airgead	Luach airgid A' cur-ris is a' toirt-air-falbh Measgachadh de cheistean mu airgead Geàrr-chunntas	106 107 - 108 110-113 114
Caib 10	Obair 2-sheallach	Obair 2-sheallach Triantan sònraichte A' leacadh le cumaidhean 2-sheallach Cumaidhean cearcaill A' cur car de chumadh-pàtrain Geàrr-chunntas	115 - 117 118 - 121 122 - 123 124 - 125 126 127
Caib 11	Bloighean	Ag aithneachadh bhloighean Bloighean co-ionann Bloighean de mheudan Geàrr-chunntas	128 - 129 130 - 131 132 - 134 135
Caib 12	Co-chomharran	Co-chomharran puing An x-axis agus an y-axis Fealla-dhà le co-chomharran Geàrr-chunntas	136 - 137 138 - 140 140 - 141 142
Caib 13	Ceudadan	Ceudadan/deicheadan/bloighean Ceudadan cumanta (E*) Geàrr-chunntas	143 - 145 146 147
Caib 14	Faid/farsaingeachd	A' tomhas agus a' comharrachadh faid Aonadan faid Ceistean le faid Cuairt-thomhas Farsaingeachd - ceàrnagan is ceart-cheàrnachan Farsaingeachd - triantan ceart-cheàrnachail Geàrr-chunntas	148 - 150 151 - 152 153 154 - 155 156-159 160 - 162 163
Caib 15	Pàtrain	Sùil air ais Pàtrain le àireamhan Òrdugh Fibonacci agus pàtrain shìmplidh eile Geàrr-chunntas	164 - 166 167 - 168 169 - 170 171
Caib 16	Obair 3-sheallach	Cumaidhean 3-sheallach Ag obair le cnàimhneach Lìontan chiùban is lìontan chiùbaidean Geàrr-chunntas	172 - 174 175 - 176 177 - 178 179
Caib 17	Tomhas-lìonaidh	Dè a th' ann an "tomhas-lìonaidh" ? Lìotairean agus mililìotairean Tomhas-lìonaidh le ciùban Geàrr-chunntas	180 - 181 182 - 183 184 185
Caib 18	Sùil air ais	Sùil air ais air Ìre D Freagairtean	186 - 192

Caibideil 0

Daingneachadh Ìre C


Tha na ceistean seo (duilleagan 1 - 7) a' dol thairis air a h-uile cuspair aig Ìre C. (Na cleachd àireamhair idir)



- Sgrìobh na h-àireamhan seo ann am faclan:-
a 6820 b 9082 c 5007 d 9898.
- Sgrìobh na h-àireamhan seo ann am figearan:-
a seachd mìle, dà cheud, seasgad 's a còig
b naoi mìle, ochd ceud 's a seachd
c sia mìle 's caogad.
- Cuir iad seo ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an tè **as motha**:-
6010, 5995, 5898, 6001, 5989, 6100, 5099.
- Dè tha an **7** a' riochdachadh anns na h-àireamhan a leanas:-
a 60**7**2 b 5**7**91 c **7**508 d 591**7**?
- a Dè an àireamh a tha 50 **nas motha** na 6370?
b Dè an àireamh a tha 200 **nas lugha** na 5150?
- Ath-sgrìobh is cuir crìoch air an t-seantans seo. Cleachd an clàr seo gus do chuideachadh.



$$\frac{1}{2} = \frac{?}{4}$$



- Feuch an lorg thu na luachan a tha a dhìth an seo:-
a $\frac{3}{4} = \frac{?}{8}$ b $\frac{8}{10} = \frac{4}{?}$ c $\frac{4}{6} = \frac{?}{3}$.
- Sgrìobh $3 + \frac{2}{10} + \frac{7}{100}$ mar àireimh dheichich.
- Nuair a rinn Dòmhnall suim **AIRGID** air an àireamhair aige, b' e 16.8 an fhreagairt a thug an t-àireamhair dha.
Dè na bhiodh an seo ann an airgead?



10. Sgrìobh na leanas ann an cruth suimean airgid, agus cleachd **comharra an nota, £:-**

- a 4 notaichean agus 18 sgillinn b 6 notaichean agus 8 sgillinn

11. a Cheannaich mi iris airson £1.75 agus pàipear-naidheachd a chosg 68sg.

Dè an iomlaid a fhuair mi air ais ma phàigh mi le £5?

b 'S e buinn a bh' anns an iomlaid gu lèir.

Dè an àireamh as lugha de bhunn a dh'fhaodainn fhaighinn?

(Dèan liosta de na buinn seo).



12. Dèan na suimean a leanas nad cheann.

(**cha leig thu a leas dad a sgrìobhadh ach na freagairtean**):-

- a $7 + 7$ b $38 + 5$ c $99 + 8$ d $139 + 9$
e $250 + 30$ f $70 + 340$ g $25 - 9$ h $51 - 6$
i $130 - 7$ j $350 - 20$ k $410 - 50$ l $900 - 70$.

13. Ath-sgrìobh na suimean seo nad leabhar agus cuir crìoch orra:-

- a
$$\begin{array}{r} 397 \\ + 64 \\ \hline \end{array}$$
 b
$$\begin{array}{r} 512 \\ - 70 \\ \hline \end{array}$$
 c
$$\begin{array}{r} 600 \\ - 48 \\ \hline \end{array}$$
 d $721 - 87$.

14. Lorg na freagairtean:- (**bu chòir dhut a bhith eòlach air clàran nan uireadan a-nis**).

- a 3×7 b 4×8 c 7×6 d 2×9
e 6×6 f 9×8 g 7×8 h 8×6
i 5×7 j 9×7 k 6×9 l 10×7 .

15. Dèan iad seo nad cheann (**na sgrìobh ach na freagairtean**):-

- a 10×7 b 9×10 c 18×10 d 10×71
e 120×10 f 10×317 g 500×10 h 10×709 .

16. Ath-sgrìobh na suimean a leanas agus cuir crìoch orra:-

- a
$$\begin{array}{r} 17 \\ \times 5 \\ \hline \end{array}$$
 b
$$\begin{array}{r} 28 \\ \times 7 \\ \hline \end{array}$$
 c
$$\begin{array}{r} 92 \\ \times 6 \\ \hline \end{array}$$
 d
$$\begin{array}{r} 39 \\ \times 8 \\ \hline \end{array}$$

17. Cruinnich na h-àireamhan a leanas chun an 10 as fhaisge:-

- a 63 b 287 c 794 d 498
e 76 f 123 g 166 h 43.

18. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch air an t-suim seo le bhith a' dèanamh **TUAIMSE**:-

Tha "327 + 147"
mu 330 +
=





19. Feuch an lorg thu:-

- a $\frac{1}{2}$ de 42 b $\frac{1}{3}$ de 24 c $\frac{1}{5}$ de 75 d $\frac{1}{10}$ de 320.

20. Sgrìobh an ath **3 àireamhan** anns gach pàtran:-

- a 3, 6, 9, 12, ... b 5, 10, 15, 20, ...
c 64, 56, 48, 40, ... d 3, 7, 11, 15, ...
e 8, 14, 20, 26, ... f 50, 47, 44, 41, ...


21. Ath-sgrìobh gach inneal-àireamhan agus lorg luachan nan àireamhan a tha a dhìth.





22. Cia mheud gram a th' ann an:-

- a 1 cg b 3 cg c $\frac{1}{4}$ cg d $1\frac{1}{2}$ cg?

23. Thoir tuairmse air an tomhas de lionn a th' anns an t-soitheach seo (**ann an liotairean**).



24. Sgrìobh farsaingeachd an dà chumaidh seo (**ann an cm²**).



25. Dè cho àrd 's a tha an doras seo?

$\frac{1}{2}$ m, 1 m, 2 m, 5 m, 10 m — Dè am fear?







26. Seall air na meudan a leanas. Dè am fear as fhaisge air meud na loidhne seo:-



2 cm, 5 cm, 10 cm, 20 cm — Dè am fear?

27. Dè na h-àireamhan a th' air an comharrachadh leis na saighdean gu h-ìosal?



28. Nuair a chì sinn 2:50 f tha fios againn gu bheil e a' ciallachadh **10 mionaidean gu 3 feasgar**.

Sgrìobh na h-uairean a leanas anns an aon dòigh:-

a 3:35 m

b 8:40 f

c 12:45 m.

29. Dè an ùine a tha eadar:-

a 7 m agus 9 m

b 6:25 f agus 6:45 f

c 10 gu 5 agus 20 an dèidh 5

d 11:40 m agus 12:25 f?

30. Faodar 2ra den Chèitean 1987 a sgrìobhadh mar seo: 02.05.87.

Sgrìobh na cinn-latha a leanas anns an aon dòigh:-

a 15mh Faoilleach 1968

b 22mh Samhain 1999

c 7mh Lùnastal 2002.

31. a Bha banais Raonaid air an 25mh Ògmhios.
Bha an co-là-breith aice ann 10 latha an dèidh sin.






Dè an latha air an robh co-là-breith Raonaid?

b Bha co-là-breith Mairead ann air an 3mh den Dùbhlachd.
Bhris i a cas seachdain mus robh a co-là-breith ann.





Dè an latha air an do bhris i a cas?




32. Ainmich na cruthan matamataigeach a leanas:-



33. Ainmich an cumadh GORM anns gach cruth matamataigeach:-




34. Cleachd cearcallaiche gus cearcall a tharraing le radius de 4 cm.




(tha e nas motha na an sgeidse seol!)

35. Bha thu anns a' bhanca agus dh'fhaighnich cuideigin dhut ciamar a gheibheadh e gu oifis a' phuist. Sgrìobh dè an stiùireadh a bheireadh tu dha. (tòisich mar gum biodh tu anns a' bhanca)




36. Dèan copaidh ghrinn de na cumaidhean seo.

Le bhith a' tarraing loidhne dhathte, seall càit' a bheil na loidhnichean-cothromachaidh air na cumaidhean.




37. a Dèan copaidh den 2 chumadh seo air pàipear ceàrnagach.






b Tha leth de gach cumadh a dhìth. Cuir crìoch air na cumaidhean air dhòigh 's gu bheil na loidhnichean **dearga** nan loidhnichean-cothromachaidh.

38. Seo **CEÀRN CEART**. Lìon am beàrn gu h-ìosal.


Tha ___° ann an ceàrn ceart.



39. Dè an t-ainm sònraichte a th' air gach ceàrn de na leanas:-



40. Obraich a-mach meud a' cheàirn **dheirg** seo. (NA tomhais e idir)



41. Chaidh iarraidh air buidheann de dhaoine am meas a b' fheàrr leotha ainmeachadh.

ubhal	banana	banana	orainsear	orainsear
orainsear	ubhal	banana	peur	banana
plumais	peur	banana	orainsear	ubhal
ubhal	banana	ubhal	banana	peur
plumais	orainsear	banana	ubhal	banana

Meas	stràc	àireamh
ubhal orainsear banana peur plumais		dèan copaidh den chlàr seo

- a Dèan copaidh den chlàr agus cleachd na stràcan gus an 2ra colbh a lìonadh.
- b Cuir crìoch air a' chlàr le bhith a' lìonadh an 3mh colbh.

42. Tha an clàr seo a' sealltainn ainm, dath fuil, dath shùilean agus àirde seachdnar chloinne.


- a Cia mheud balach air a bheil falt donn?
- b Cia mheud pàiste a tha nas àirde na 1.5 meatairean?
- c Dè cho àrd 's a tha am balach aig a bheil falt donn agus sùilean uaine?
- d Ciamar a bheireadh tu cunntas air coltas Màiri?

Ainm	Falt	Sùilean	Àirde
Tòmas	donn	gorm	1.45 m
Màiri	donn	gorm	1.38 m
Sine	bàn	donn	1.51 m
Calum	dearg	gorm	1.61 m
Aonghas	dubh	glas	1.54 m
Ailean	donn	uaine	1.57 m
Ruairidh	bàn	glas	1.49 m

43. Chaidh faighneachd do bhuidheann chloinne dè a b' fheàrr leotha airson bracaist.

Bracaist	Bleideagan Coirce	Lite	Pufaichean Siùcair	Weetabix	Crispichean Ruis
àireamh	12	20	16	6	10

Cleachd rùilear gus graf-cholbhan (GRINN) a tharraing. Seall air an eisimpleir airson stiùireadh. Ainmich gach colbh.



Caibideil 1

Luach a rèir àite

Na cleachd àireamhair anns a' chaibideil seo, gus an ruig thu an eacarsaich mu dheireadh.



Àireamhan Slàna

Eisimpleir: -

Anns an àireimh 2436,

tha 2 a' riochdachadh dà mhìle	2000
tha 4 a' riochdachadh ceithir cheud	400
tha 3 a' riochdachadh trì deichean	30
tha 6 a' riochdachadh sia aonadan	6
	<hr/>
	2436

Dà mhìle,
ceithir cheud,
trithead 's a sia
2436 ✓

Eacarsaich 1


- Dè tha na **figearan** a leanas a' riochdachadh anns an àireimh 3471:-
a 3 b 4 c 7 d 1?
- Dè tha am figear **5** a' riochdachadh anns na h-àireamhan a leanas:-
a **5741** b 8750 c 9875 d 1599?
- Sgrìobh na h-àireamhan a leanas ann am **faclan**:-
a 3870 b 9051 c 12 045 d 20 040
e 120 427 f 800 350 g 702 050 h 909 090.
- Sgrìobh na h-àireamhan seo **ann am figearan**:-
a naoi ceud is deich. b fichead mìle is caogad.
c seasgad mìle is sia. d ceud mìle is aon.
e naoi ceud is naoi mìle.
f ceud is aon-deug mìle agus aon-deug.
g millean.
- Cuir iad seo ann an òrdugh, **an tè as lugha an toiseach**:-
a 460, 406, 399, 501, 451, 510, 401, 603, 499.
b 8045, 8100, 7999, 8054, 8109, 8200, 8199, 9001.




6. Sgrìobh an àireamh a tha:-

- a 10 **an dèidh** 760 b 200 **an dèidh** 880 c 70 **ro** 950
 d 300 **ro** 5390 e 2000 **an dèidh** 7999 f 1000 **ro** 8700
 g 4500 **an dèidh** 3500 h 4000 **ro** 5250. i 8700 **ro** 9900.
 j ceithir ceud is trithead **an dèidh** trì mìle is naoi ceud.
 k dà mhìle is còig cheud **ro** chòig mìle is sia ceud.
 l dà mhìle is naoi ceud **ro** naoi mìle.


7. Seall air na sgèilichean seo. Dè na h-àireamhan a tha A, B, C msaa ... a' comharrachadh?



8. Dè na h-ìrean de theas a tha rim faicinn air na teas-mheidhean seo?



9. (Nas dorra) - Sgrìobh an àireamh a tha gach litir a' comharrachadh:-



10. Dè an àireamh a tha **letheach-slighe** eadar:-

- | | |
|------------------|-------------------|
| a 140 agus 150 | b 1200 agus 1400 |
| c 5200 agus 5600 | d 1800 agus 2400 |
| e 4300 agus 5300 | f 6040 agus 6140? |

11. Tha **cuibheas** de dhà àireimh **letheach-slighe** eadar an dà àireimh sin.

Dè an cuibheas a th' aig:-

- | | |
|------------------|-----------------|
| a 1200 agus 1500 | b 180 agus 220? |
|------------------|-----------------|

12.



Dh'fhalbh saideal A air cuairt 8600 km ann am fànas.
 Dh'fhalbh saideal B air cuairt 9200 km ann am fànas.
 Ràinig saideal C letheach eadar A agus B.
 Dè an t-astar a shiubhail saideal C?

13. Dh'fhàg duine beairteach leth mhillean not aig buidheann-carthannais.

Sgrìobh an àireamh seo ann am figearan.

A' cur-ris is a' toirt-air-falbh àireamhan slàna



Tha **dòighean aithghearr** ann airson a bhith a' cur-ris is a' toirt-air-falbh àireamhan slàna. **Eisimpleir:-** Airson 390 a chur-ri 540 ,

dh'fhaodadh tu a dhèanamh mar seo
 $390 + 500 = 890$
 agus cur-ris $\frac{40}{930}$

NO

dh'fhaodadh tu a dhèanamh mar seo
 $400 + 540 = 940$
 agus thoir-air-falbh $\frac{10}{930}$.

Eacarsaich 2

Feuch an dèan thu an eacarsaich seo **nad cheann**.

1. Sgrìobh na freagairtean:-

- | | | | | | | | |
|---|---------------|---|---------------|---|---------------|---|-----------------|
| a | $39 + 54$ | b | $62 + 49$ | c | $39 + 25$ | d | $57 + 38$ |
| e | $75 + 45$ | f | $69 + 64$ | g | $125 + 77$ | h | $90 + 49$ |
| i | $260 + 190$ | j | $390 + 520$ | k | $270 + 630$ | l | $720 + 990$ |
| m | $3400 + 4300$ | n | $2600 + 2400$ | o | $3900 + 1700$ | p | $7450 + 1950$. |

2. Sgrìobh na freagairtean:-

- | | | | | | | | |
|---|--------------|---|---------------|---|---------------|---|------------------|
| a | $67 - 54$ | b | $54 - 29$ | c | $77 - 58$ | d | $31 - 18$ |
| e | $70 - 35$ | f | $74 - 55$ | g | $100 - 37$ | h | $190 - 39$ |
| i | $260 - 190$ | j | $490 - 220$ | k | $370 - 190$ | l | $620 - 490$ |
| m | $1900 - 650$ | n | $3700 - 1100$ | o | $7700 - 4900$ | p | $10000 - 2900$. |

3. Lorg:-

- | | | | | | | | |
|---|---------------|---|---------------|---|---------------|---|-----------------|
| a | $470 + 750$ | b | $1720 - 580$ | c | $4350 + 2900$ | d | $5840 - 3110$ |
| e | $4320 + 4580$ | f | $9990 - 1190$ | g | $1860 + 3240$ | h | $8760 - 1650$. |

4. a Tha trèana le 87 neach-siubhail a' stad aig stèisean. Aig an stèisean chaidh 44 daoine air an trèana. Cia mheud duine a th' air an trèana a-nis?



b Dh'iarr a' gharaid £145 air Mgr MacAmhlaigh airson pàirtean ùra agus £88 airson an obair a dhèanamh. Dè bh' aig Mgr MacAmhlaigh ri phàigheadh don gharaid **uile gu lèir**?



c Tha Seumas a' faighinn pàigheadh de £960 gach mìos agus tha Seonag a' cosnadh £790.

(i) Dè na tha an dithis aca a' cosnadh **còmhlà**?

(ii) Dè na tha Seumas a' faighinn **a bharrachd** air Seonag?



- d Tha 3100 mìle eadar Lunnainn agus New York.
Ma tha plèana air 1900 mìle den turas seo a shiubhal,
dè cho fad 's a th' aice ri dhol mus ruig i New York?



- e  Bhuannaich Pàdraig £2000 air a' chrannchur nàiseanta.
Cheannaich e coimpiutair ùr a chosg £1390.

Dè an t-airgead a bh' aig Pàdraig air fhàgail?

- f Tha Catrìona air 4200 stampa a chruinneachadh.
'S ann à dùthchannan cèine a tha dà mhìle agus ceithir cheud dhiubh.
Cia mheud stampa a th' aice **às an dùthaich seo fhèin?**



- g Chuir Màiri 2450 teacs gu caraidean an-uiridh.
Chuir i 3140 teacs thuca am-bliadhna.

(i) Cia mheud teacs a chur Màiri thuca **uile gu lèir?**

(ii) Cia mheud teacs **a bharrachd** a chur i thuca am-bliadhna?



Eacarsaich 3

Seall **gach ceum** ded obrachadh anns an eacarsaich seo.

1. Ath-sgrìobh iad seo agus cuir crìoch orra:-

a
$$\begin{array}{r} 362 \\ + 177 \\ \hline \end{array}$$

b
$$\begin{array}{r} 579 \\ + 247 \\ \hline \end{array}$$

c
$$\begin{array}{r} 296 \\ + 466 \\ \hline \end{array}$$

d
$$\begin{array}{r} 789 \\ + 321 \\ \hline \end{array}$$

e
$$\begin{array}{r} 836 \\ - 176 \\ \hline \end{array}$$

f
$$\begin{array}{r} 4009 \\ + 2678 \\ \hline \end{array}$$

g
$$\begin{array}{r} 2345 \\ + 4678 \\ \hline \end{array}$$

h
$$\begin{array}{r} 5762 \\ - 4876 \\ \hline \end{array}$$

i
$$\begin{array}{r} 1000 \\ - 763 \\ \hline \end{array}$$

j
$$\begin{array}{r} 7777 \\ + 1333 \\ \hline \end{array}$$

k
$$\begin{array}{r} 9067 \\ - 4568 \\ \hline \end{array}$$

l
$$\begin{array}{r} 10000 \\ - 7209 \\ \hline \end{array}$$

m $6479 + 372$

n $1234 + 7777$

o $8519 - 6621$

p $6000 - 296$

q $4902 + 2199$

r $5002 - 2893$

s $9617 + 295$

t $10000 - 7891$

2. a Chaidh 4372 de luchd-leantainn Hibs agus 3986 de
luchd-leantainn Hearts a choimhead air geama aig Tynecastle.

(i) Cia mheud duine a bha a' coimhead air
a' gheama **uile gu lèir?**

(ii) Cia mheud duine **a bharrachd** a bha a' toirt taic do
Hibs an coimeas ris na bha a' toirt taic do Hearts?



- b Shiubhail trèana 748 km eadar 6.00 m agus 6.00 f.
Shiubhail i 269 km eadar 6.00 f agus meadhan-oidhche.



Dè an t-astar a shiubhail i **uile gu lèir**?

c



Choisinn rùnaire £9240 an-uiridh.

Thuit am pàigheadh aice £1360 am-bliadhna.

Dè choisinn i am-bliadhna?

- d Tha companaidh a' clò-bhualadh 10 000 pàipear-naidheachd gach seachdain. Cha deach ach 8768 dhiubh sin a reic an t-seachdain seo chaidh. Cia mheud pàipear a bh' aca **air fhàgail**?



e



Tha breitheamh a' cur càin de £1750 air fear a bha a' briseadh uinneagan ann am Partaig **agus** ag iarraidh air £2350 a phàigheadh ann an cosgaisean èirig.

Dè na bh' aig an fhear seo ri phàigheadh uile gu lèir?

- f Cheannaich Daibhidh 3500 breige gus balla a thogail. Nuair a bha e deiseil, bha 976 breige aige **air fhàgail**.


Cia mheud breige a chleachd e gus am balla seo a thogail?




Tòimhseachan 1

Feumaidh na trì àireamhan air loidhne sam bith anns na diagraman gu h-ìosal tighinn gu 15 nuair a chuireas tu còmhla iad. Ath-sgrìobh an dà dhiagram agus cuir crìoch orra. Feumaidh tu a h-uile àireamh eadar 1 is 9 a chleachdadh anns gach aon.

a



b



Tòimhseachan 2

Tha soitheach 4 liotairean agus soitheach 5 liotairean agad. Chan eil dad eile agad a nì tomhas. Inns ciamar as urrainn dhut 3 liotairean a thogail is a thomhas gu mionaideach à tobar.



Ag iomadachadh is a' roinn àireamhan slàna

Feumaidh tu bhith eòlach air clàran nan uireadan.

Mura h-eil, ionnsaich iad an-dràsta fhèin!

$2 \times 2 = 4$	$3 \times 2 = 6$	$4 \times 2 = 8$	$5 \times 2 = 10$
$2 \times 3 = 6$	$3 \times 3 = 9$	$4 \times 3 = 12$	$5 \times 3 = 15$
$2 \times 4 = 8$	$3 \times 4 = 12$	$4 \times 4 = 16$	$5 \times 4 = 20$
$2 \times 5 = 10$	$3 \times 5 = 15$	$4 \times 5 = 20$	$5 \times 5 = 25$
$2 \times 6 = 12$	$3 \times 6 = 18$	$4 \times 6 = 24$	$5 \times 6 = 30$
$2 \times 7 = 14$	$3 \times 7 = 21$	$4 \times 7 = 28$	$5 \times 7 = 35$
$2 \times 8 = 16$	$3 \times 8 = 24$	$4 \times 8 = 32$	$5 \times 8 = 40$
$2 \times 9 = 18$	$3 \times 9 = 27$	$4 \times 9 = 36$	$5 \times 9 = 45$
$6 \times 2 = 12$	$7 \times 2 = 14$	$8 \times 2 = 16$	$9 \times 2 = 18$
$6 \times 3 = 18$	$7 \times 3 = 21$	$8 \times 3 = 24$	$9 \times 3 = 27$
$6 \times 4 = 24$	$7 \times 4 = 28$	$8 \times 4 = 32$	$9 \times 4 = 36$
$6 \times 5 = 30$	$7 \times 5 = 35$	$8 \times 5 = 40$	$9 \times 5 = 45$
$6 \times 6 = 36$	$7 \times 6 = 42$	$8 \times 6 = 48$	$9 \times 6 = 54$
$6 \times 7 = 42$	$7 \times 7 = 49$	$8 \times 7 = 56$	$9 \times 7 = 63$
$6 \times 8 = 48$	$7 \times 8 = 56$	$8 \times 8 = 64$	$9 \times 8 = 72$
$6 \times 9 = 54$	$7 \times 9 = 63$	$8 \times 9 = 72$	$9 \times 9 = 81$

Ag iomadachadh le 10 agus 100

Ionnsaich na riaghailtean seo:

Riaghailtean sìmplidh airson àireamhan slàna:-

Iomadachadh le 10, cuir 0 ri deireadh na h-àireimh.

Iomadachadh le 100, cuir dà 0 ri deireadh na h-àireimh.

Eisimpleirean $23 \times 10 = 230$

$147 \times 10 = 1470$

$5600 \times 100 = 560000$

Eacarsaich 4

1. Sgrìobh freagairtean nan ceistean a leanas:-

a 22×10

b 12×10

c 17×10

d 10×34

e 10×176

f 406×10

g 10×755

h 10×130

i 450×10

j 101×10

k 10×140

l 1472×10

m 1507×10

n 2300×10

o 4500×10

p 10×6000



2. Sgrìobh freagairtean nan ceistean a leanas:-

- | | | | | | | | |
|---|------------------|---|------------------|---|-------------------|---|-------------------|
| a | 23×100 | b | 76×100 | c | 100×137 | d | 100×140 |
| e | 290×100 | f | 100×706 | g | 100×309 | h | 340×100 |
| i | 700×100 | j | 100×450 | k | 100×5010 | l | 8000×100 |

3. Sgrìobh freagairtean nan ceistean a leanas:-

- | | | | | | | | |
|---|------------------|---|-------------------|---|------------------|---|-------------------|
| a | 1700×10 | b | 210×100 | c | 360×10 | d | 100×310 |
| e | 10×800 | f | 4500×100 | g | 1000×10 | h | 2000×100 |

4. Tha 100 botal ann am bogsa.

Cia mheud botal a th' ann an:-

- | | | | |
|---|-----------------|---|-----------|
| a | 16 bogsaichean | b | 40 bogsa |
| c | 165 bogsaichean | d | 800 bogsa |



5. Tha 100 ceudameatair ann an 1 mheatair. Cia mheud ceudameatair a th' ann an:-

- | | | | | | | | |
|---|-----|---|------|---|-------|---|--------|
| a | 3 m | b | 72 m | c | 107 m | d | 200 m? |
|---|-----|---|------|---|-------|---|--------|

6. Tha 10 millemeatair ann an 1 cheudameatair. Cia mheud millemeatair a th' ann an:-

- | | | | | | | | |
|---|------|---|-------|---|--------|---|----------|
| a | 7 cm | b | 50 cm | c | 301 cm | d | 7000 cm? |
|---|------|---|-------|---|--------|---|----------|

A' roinn le 10 is 100

Ionnsaich na riaghailtean seo

Riaghailtean sìmplidh airson àireamhan slàna:-

A' roinn le 10, thoir an 0 mu dheireadh air falbh

A' roinn le 100, thoir an dà 0 mu dheireadh air falbh

$$\text{Eisimpleirean} \quad 790 \div 10 = 79$$

$$8700 \div 100 = 87$$

$$43000 \div 100 = 430$$

Eacarsaich 5

1. Sgrìobh na freagairtean airson nan ceistean a leanas:-

- | | | | | | | | |
|---|-------------------|---|-------------------|---|-------------------|---|--------------------|
| a | $240 \div 10$ | b | $920 \div 10$ | c | $770 \div 10$ | d | $3210 \div 10$ |
| e | $1400 \div 10$ | f | $3800 \div 10$ | g | $4000 \div 10$ | h | $2200 \div 10$ |
| i | $60\,000 \div 10$ | j | $99\,000 \div 10$ | k | $10\,000 \div 10$ | l | $105\,500 \div 10$ |
| m | $88\,500 \div 10$ | n | $65\,000 \div 10$ | o | $70\,000 \div 10$ | p | $120\,000 \div 10$ |



2. Sgrìobh na freagairtean airson nan ceistean a leanas:-

- a $400 \div 100$ b $2500 \div 100$ c $7100 \div 100$ d $39000 \div 100$
e $90000 \div 100$ f $35500 \div 100$ g $205000 \div 100$ h $1000000 \div 100$

3. Sgrìobh na freagairtean airson nan ceistean a leanas:-

- a $7000 \div 100$ b $2000 \div 10$ c $54000 \div 100$ d $3500 \div 10$
e $3500 \div 100$ f $1000 \div 10$ g $1000 \div 100$ h $100 \div 100$

4. Gabhaidh am bàta seo 100 càr.
Cia mheud bàta den aon t-seòrsa
a bhiodh a dhìth gus na leanas a ghiùlain:-

- a 700 càr b 9000 càr
c 12000 càr d 100000 càr?



5. Tha **100 ceudameatairean** ann an **1 mheatair**. Cia mheud **meatair** a th' ann an:-

- a 7000 cm b 12000 cm c 160000 cm d 1000000 cm?

6. Tha **10 millemeatairean** ann an **1 cheudameatair** agus **100 ceudameatair**
ann an **1 mheatair**. Cia mheud **meatair** a th' ann an:-

- a 700 cm b 600000 cm c 5000 mm d 80000 mm?

Tòimhseachan 3

Tha 10 millemeatair ann an aon cheudameatair, 100 ceudameatair ann an aon mheatair agus 1000 meatair ann an aon chilemeatair.
Cia mheud millemeatair a th' ann an aon chilemeatair?

Tòimhseachan 4

Is urrainn do làraidh 4 tunnaichean de sgudal a ghiùlain.

- a Cia mheud cuairt a dh'fheumas an làraidh a dhèanamh gus 67 tunnaichean de sgudal a ghiùlain?
b Cia mheud tunna a bhios anns an làraidh air a' chuairt mu dheireadh?



Tòimhseachan 5

Dh'fhàg trì tancaichean an campa:

Chaidh Tanca A gu Siar 360 km.

Chaidh Tanca B gu Sear 150 km.

Chaidh Tanca C gu àite a bha letheach-slighe eadar Tanca A agus Tanca B.

Dè an taobh don deach Tanca C, is dè cho fada 's a shiubhail e?



Ag iomadachadh le figear singilte

Chì thu an seo cho luachmhor 's a tha e a bhith eòlach air clàran nan uireadan!

Eisimpleirean:-

Lorg a 26×7

$$\begin{array}{r} \text{a} \quad 26 \\ \times 7 \\ \hline 182 \\ \hline 4 \end{array}$$

b 387×4

$$\begin{array}{r} \text{b} \quad 387 \\ \times 4 \\ \hline 1548 \\ \hline 32 \end{array}$$

c 3276×8

$$\begin{array}{r} \text{c} \quad 3276 \\ \times 8 \\ \hline 26208 \\ \hline 264 \end{array}$$

Eacarsaich 6



1. Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-

a $\begin{array}{r} 34 \\ \times 3 \\ \hline \\ \hline \end{array}$

b $\begin{array}{r} 27 \\ \times 4 \\ \hline \\ \hline \end{array}$

c $\begin{array}{r} 63 \\ \times 7 \\ \hline \\ \hline \end{array}$

d $\begin{array}{r} 44 \\ \times 4 \\ \hline \\ \hline \end{array}$

e $\begin{array}{r} 126 \\ \times 8 \\ \hline \\ \hline \end{array}$

f $\begin{array}{r} 245 \\ \times 6 \\ \hline \\ \hline \end{array}$

g $\begin{array}{r} 208 \\ \times 5 \\ \hline \\ \hline \end{array}$

h $\begin{array}{r} 192 \\ \times 9 \\ \hline \\ \hline \end{array}$

i $\begin{array}{r} 1252 \\ \times 4 \\ \hline \\ \hline \end{array}$

j $\begin{array}{r} 3619 \\ \times 7 \\ \hline \\ \hline \end{array}$

k $\begin{array}{r} 8004 \\ \times 9 \\ \hline \\ \hline \end{array}$

l $\begin{array}{r} 9138 \\ \times 8 \\ \hline \\ \hline \end{array}$

2. Ath-sgrìobh is freagair na ceistean seo san aon dòigh ris an fheadhainn gu h-àrd:-

a 67×8

b 84×7

c 6×93

d 29×5

e 8×123

f 7×222

g 709×8

h 3×986

i 4×2462

j 5×2222

k 1967×7

l 9×9067

3. Seall d' obrachadh ann a bhith a' freagairt nan ceistean a leanas:-

a Tha Mairead a' pàigheadh £24 **gach mìos** airson an fhòn-làimhe aice. Dè bhios i air a phàigheadh ann an **6 mìosan**?

b Tha Seonag a' pàigheadh £18 **gach seachdain** do chompanaidh catalog. Dè bhios i air a phàigheadh ann an **8 seachdainean**?

c Ma tha **seasgad mionaid** ann an **uair a thìde**, cia mheud mionaid a th' ann an **9 uairean**?



d Lìon Teàrlach 6 leabhraichean le dealbhan.
Tha 217 dealbhan anns **gach** leabhar.
Cia mheud dealbh a th' aig Teàrlach?

e Tha 256 duilleagan ann an leabhar matamataig Teejay.
Cia mheud duilleag a bhiodh ann an:
(i) 3 leabhraichean (ii) 9 leabhraichean?

f Long luach (i) $2 \times 5 \times 34$
(ii) $3 \times 46 \times 4$
(iii) $6 \times 7 \times 43$.




A' roinn le figear singilte


A-rithist, feumaidh tu a bhith eòlach air clàran nan uireadan!

Eisimpleirean:-


Lorg a $36 \div 4$



b $168 \div 7$



c $5856 \div 8$



Eacarsaich 7



1. Ath-sgrìobh is cuir crìoch air na ceistean a leanas:-

a $7 \overline{) 35}$

b $5 \overline{) 925}$

c $6 \overline{) 744}$

d $8 \overline{) 520}$

e $6 \overline{) 6486}$

f $4 \overline{) 9008}$

g $7 \overline{) 8764}$

h $9 \overline{) 8964}$

2. Ath-sgrìobh iad seo san aon dòigh ris an fheadhainn gu h-àrd, is cuir crìoch orra.

a $72 \div 6$

b $472 \div 2$

c $465 \div 3$

d $801 \div 9$

e $728 \div 7$

f $6315 \div 5$

g $8708 \div 4$

h $6561 \div 3$

i $1197 \div 9$

j $\frac{6035}{5}$

k $\frac{1821}{3}$

l $4134 \div 6$

m $\frac{9072}{8}$

n $2219 \div 7$

o $\frac{8892}{9}$

p $\frac{8806}{7}$

3. Seall d' obrachadh **gu lèir** ann a bhith a' fuasgladh nan ceistean a leanas:-

a Tha 9 ceàrnagan ann am bàr teòclaid.

Cia mheud bàr a dh'fheumadh tu gus 702 ceàrnagan fhaighinn?



b Tha 8 briosaidean ann am pacaid.

Cia mheud pacaid a dh'fheumadh tu airson 3384 briosaidean?



c Tha sianar dhaoine a' roinn £2274 eatarra.

Ma nì iad seo ann an dòigh chothromach, dè gheibh gach duine?

d Nì treidhe chiùban-deighe 6 ciùban.

Cia mheud treidhe a dh'fheumadh tu airson 774 ciùban.



e Lorg (i) $9436 \div 4 \div 7$

(ii) $6 \times 845 \div 5$.

Chan eil fuasgladh slàn air a h-uile roinneadh.

'S e 6 an còrr anns an eisimpleir seo.

$$\begin{array}{r} 823 \text{ c } 6 \\ 9 \overline{) 7423} \end{array}$$

4. Lorg an còrr anns nan ceistean a leanas:-

a $2 \overline{) 7135}$

b $5 \overline{) 2314}$

c $7 \overline{) 4062}$

d $4 \overline{) 3143}$

e $513 \div 8$

f $2715 \div 6$

g $4317 \div 9$

h $6134 \div 10$

i $\frac{4444}{6}$

j $\frac{1827}{8}$

k $\frac{3143}{5}$

l $\frac{6172}{3}$

5. Tha бага le 135 sgillinn **ga roinn ann an dòigh chothromach** eadar 8 balaich.

a Cia mheud sgillinn a gheibh gach balach?

b Dè an còrr a bhios ann ann an sgillinnean?



6.



Tha 627 buinn **còig** sgillinn ann am banca-muice.

Tha iad air an **roinn ann an dòigh chothromach** eadar 6 daoine.

a Cia mheud bonn 5 sg a gheibh gach duine?

b Cia mheud bonn a bhios anns a' chòrr?

Tha aon duine a' dol a dh'iarraidh buinn 1 sg an àite feadhainn 5 sg.

c Cia mheud bonn (1 sg) a bhios aig an duine sin?

Ag iomadachadh le iomadan de 10 no 100

Ag iomadachadh le 20, 300, msaa

Airson iomadachadh le 20, 300, msaa cleachd dà cheum

Ceum 1 => iomadaich leis an 10 no an 100 an toiseach
Ceum 2 => an uair sin iomadaich leis an 2, 3, 4 msaa.

Eisimpleirean:-

Airson 763×20 a dhèanamh

Ceum 1 Lorg $763 \times 10 = 7630$

Ceum 2 A-nis lorg


7630
<u> x 2</u>
15 260

Airson 315×400 a dhèanamh

Ceum 1 Lorg $315 \times 100 = 31\,500$

Ceum 2 A-nis lorg

31 500
<u> x 4</u>
126 000



Eacarsaich 8

1. Dèan na ceistean a leanas **nad cheann**:- (Feuch seo ann an 2 cheum)

- | | | | |
|------------------|-------------------|-------------------|-------------------|
| a 21×20 | b 31×30 | c 12×40 | d 32×60 |
| e 20×25 | f 30×103 | g 50×60 | h 60×40 |
| i 80×70 | j 30×203 | k 20×613 | l 90×410 |

2. Feuch an lorg thu freagairtean nan ceistean a leanas (*chan fheum thu an dèanamh nad cheann*):-

- a 341×40 [Lorg 10×341 an toiseach = 3410 agus an uair sin lorg 3410×4]
- | | | | |
|-------------------|-------------------|-------------------|-------------------|
| b 723×60 | c 509×90 | d 278×70 | e 480×30 |
| f 923×70 | g 498×20 | h 316×80 | i 278×90 |

3. Lorg freagairt airson gach ceist a leanas:-

- a 254×200 [lorg 254×100 an toiseach = $25\,400$ agus an uair sin $25\,400 \times 2$]
- | | | |
|--------------------|--------------------|--------------------|
| b 269×300 | c 208×400 | d 836×500 |
| e 410×900 | f 869×600 | g 927×700 |
| h 987×800 | i 567×900 | j 999×900 |



A' cruinneachadh chun an 10 as fhaighe

A' cruinneachadh chun an 10 as fhaighe: Seall air figear nan **aonadan**:-

127 → **130** - Ma 's e 0, 1, 2, 3 no 4 a th' ann - fàg figear nan 10an mar a tha e.
- Ma 's e 5, 6, 7, 8 no 9 a th' ann - cuir 1 ri figear nan 10an .

A' cruinneachadh chun a' 100 as fhaighe: Seall air figear nan **deichean**:-

1338 → **1300** - Ma 's e 0, 1, 2, 3 no 4 a th' ann - fàg figear nan 100an mar a tha e.
- Ma 's e 5, 6, 7, 8 no 9 a th' ann - cuir 1 ri figear nan 100an.

Eacarsaich 9

1. Cruinnich chun an **10 as fhaighe**:-

a 79	b 32	c 86	d 55
e 9	f 212	g 374	h 781
i 19	j 405	k 847	l 599
m 1871	n 2605	o 8729	p 3999.


2. Cruinnich chun a' **100 as fhaighe**:-

a 571	b 963	c 417	d 349
e 251	f 549	g 1629	h 3071
i 8809	j 6491	k 6055	l 8981
m 12240	n 16872	o 19895	p 9988.

3. Bha 8754 a' coimhead Arthurlie a' cluich Pollock.
Cruinnich an àireamh seo chun:-

a an 10 as fhaighe b a' 100 as fhaighe



4.  Chaidh 9957 copaidhean den phàipear ionadail a reic.
Cruinnich am figear seo chun:-

a an 10 as fhaighe b a' 100 as fhaighe.

5. Rinn Comhairle rannsachadh mu dhrochaid.
Mhothaich iad gun robh fichead 's a naoi mìle, naoi ceud
caogad 's a trì càraichean a' cleachdadh na drochaid aon latha.
Cruinnich an àireamh seo chun:-

a an 10 as fhaighe b a' 100 as fhaighe



A' toirt tuairmse le bhith a' cruinneachadh

Dèan cinnteach gu bheil thu eòlach air clàr nan uireadan!

Gabhaidh tuairmse a thoirt air freagairt "NAD CHEANN"

Tha e nas fhasa seo a dhèanamh ma bhios tu a' cruinneachadh nan àireamhan chun "a' chiad fhigeir" an toiseach.

Eisimpleirean:-



Eacarsaich 10



1. Cruinnich gach àireamh chun **a' chiad fhigeir**, agus an uair sin thoir **tuairmse** air gach tè:-

- | | | | | | | | |
|---|----------|---|----------|---|-----------|---|-----------|
| a | 19 + 42 | b | 31 + 48 | c | 26 + 43 | d | 58 + 33 |
| e | 93 + 19 | f | 89 + 43 | g | 98 + 49 | h | 58 + 88 |
| i | 109 + 39 | j | 192 + 29 | k | 208 + 38 | l | 58 + 314 |
| m | 589 + 73 | n | 391 + 43 | o | 411 + 291 | p | 422 + 488 |


2. a Tha 194 cairtean Jinju aig Iain ach chan eil aig Pòl ach 88. Thoir **tuairmse** air na th' aca de chairtean uile gu lèir.



b Tha Magaidh air £196 a shàbhaladh. Tha Lisa air £312 a shàbhaladh.

Thoir **tuairmse** air na shàbhail iad uile gu lèir.

c Dèan **tuairmse** air cuairt-thomhas a' cheart-cheàrnaich anns an diagram seo.



3. Dèan **tuairmse** air freagairtean nan ceistean a leanas:-

- | | | | | | | | |
|---|-----------|---|-----------|---|-----------|---|-----------|
| a | 77 - 39 | b | 99 - 41 | c | 316 - 96 | d | 507 - 190 |
| e | 913 - 479 | f | 788 - 512 | g | 821 - 697 | h | 781 - 59 |

4. Cruinnich gach àireamh a leanas chun **a' chiad fhigeir**, agus thoir **tuairmse** air na freagairtean:-

- | | | | | | | | |
|---|--------------|---|-----------------|---|---------------|---|-----------------|
| a | 38 + 31 + 29 | b | 198 + 314 + 289 | c | 59 + 789 + 99 | d | 612 + 304 + 179 |
| e | 12 × 9 | f | 67 × 9 | g | 31 × 99 | h | 316 × 98 |

A' cleachdadh àireamhair



Eacarsaich 11


Faodaidh tu àireamhair a chleachdadh an seo.

1. Lorg freagairtean airson:-

- | | | | | | | | |
|---|----------------|---|----------------|---|------------------|---|-------------------------|
| a | $162 + 49$ | b | $316 + 78$ | c | $426 + 243$ | d | $578 + 833$ |
| e | $3793 + 1923$ | f | $4589 + 1243$ | g | $9458 + 4679$ | h | $1058 + 7688$ |
| i | $107 - 39$ | j | $232 - 179$ | k | $7208 - 4798$ | l | $9858 - 7989$ |
| m | 89×14 | n | 39×43 | o | 153×176 | p | 87×208 |
| q | $1751 \div 17$ | r | $3128 \div 23$ | s | $32778 \div 54$ | t | $960 \times 12 \div 18$ |


2. a Tha càr air 276 km de thuras anns a bheil 750 km a shiubhal.
Dè cho fad 's a tha aig a' chàr ri dhol fhathast?



b  Tha 197 meatairean a dh'àirde anns a' chraoibh-phònair aig Jack Feumaidh i fàs 154m eile mus ruig Jack am fuamhaire.
Dè an àirde a dh'fheumas a bhith innte mus ruig Jack am fuamhaire?

c Tha bogsa de 12 botal champagne a' cosg £444.
Dè a' phrìs a bhios aon bhotal?



d  Tha leud 35 meatairean ann an raon-laighe port-adhair agus tha faid 2875 meatairean ann.
Obraich a-mach cuairt-thomhas an raon-laighe.

e Tha 89 graman de chuideam ann an crogan.
Lorg cuideam 12 crogain.



f  Faodaidh garaids druma 50 liotair de ola a cheannach air £63.
Dè chosgas 6 drumachean?



g Tha 366 cm ann an cuairt-thomhas ceart-cheàrnaich.

- Ma tha faid de 74 cm ann, feuch an lorg thu dè an leud a th' ann.
- Lorg farsaingeachd a' cheart-cheàrnaich (faid x leud).


Geàrr-chunntas



1. Sgrìobh an àireamh 9318 ann am **faclan**.
2. Sgrìobh na h-àireamhan a leanas ann am **figearan**:-
 - a ochd mìle seachd ceud seasgad 's a h-aon.
 - b ceathrad 's a dhà mìle agus deich.
3. Cuir na h-àireamhan a leanas ann an òrdugh. Tòisich leis an tè **as motha**.
3039 4090 4101 3992 4001 4010.
4. a Dè na h-àireamhan a tha P, Q, R agus S a' comharrachadh air na sgèilichean?



- b Dè an ìre de theas a chì thu air an teas-mheidh seo?



5. Dè an àireamh a tha **letheach-slighe** eadar:-
 - a 1300 agus 1700?
 - b 370 agus 430?
6. Dèan na ceistean a leanas nad cheann (**cha bu chòir dhut dad a dhèanamh air pàipear**):-
 - a $59 + 77$
 - b $138 + 99$
 - c $2700 + 3300$
 - d $83 - 29$
 - e $1700 - 250$
 - f $10000 - 5700$
 - g $9999 + 1200$
 - h $5000 - 62$.
7. Feuch air na ceistean seo **nad cheann**:-

Tha bus a' fàgail an stèisean le 27 neach-siubhail. Tha e a' stad.
Tha 10 daoine a' tighinn dheth is tha 5 daoine a' dol air.
Tha e a' stad a-rithist. Tha 7 daoine a' tighinn dheth agus tha 14 daoine a' dol air.
Cia mheud duine a th' air a' bhus a-nis?
8. Ath-sgrìobh agus obraich a-mach:-



- a
$$\begin{array}{r} 5264 \\ + 2927 \\ \hline \end{array}$$
- b $6327 - 1851$
- c
$$\begin{array}{r} 7896 \\ + 999 \\ \hline \end{array}$$
- d
$$\begin{array}{r} 10000 \\ - 2947 \\ \hline \end{array}$$

9. Dèan iad seo, agus seall d' obrachadh airson gach tè:-

a Bha 1479 neach-siubhail air tràna eadar Glaschu is Lunnainn.
Bha 1592 air an tràna air an t-slighe air ais.
Dè an àireamh de luchd-siubhail a bh' air an tràna uile-gu-lèir?



b Phàigh Murchadh £265 air gach telebhisean a bh' anns a' bhùth aige.
Dè phàigh e air 9 telebhiseanan?



c Bidh Brad ag obair ann an oifis còig lathaichean gach seachdain.
Bidh e a' làimhseachadh 2765 foirmean ann an seachdain.
Cia mheud foirm a bhios e a' làimhseachadh ann an latha?



d Thog Eanraig £3216 airson carthannas. Thog Seonaidh £5197.
Dè an t-suim airgid a thog Seonaidh a bharrachd air na thog Eanraig?

10. Dèan iad seo **nad cheann**:-

- a 35×10 b 10×2160 c 401×100 d 100×700
e $7900 \div 10$ f $2000 \div 10$ g $53\,000 \div 100$ h $9000 \div 1000$.

11. Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-

- a
$$\begin{array}{r} 52 \\ \times 5 \\ \hline \end{array}$$
 b
$$\begin{array}{r} 8132 \\ \times 7 \\ \hline \end{array}$$
 c 708×9 d 6×1234 .

12. Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-

- a
$$\begin{array}{r} 7 \overline{)378} \\ \hline \end{array}$$
 b $4135 \div 5$ c
$$\begin{array}{r} 7314 \\ \underline{\quad} \\ 6 \end{array}$$
 d $2052 \div 9$.

13. Bha 3993 neach-amhairc aig Wimbledon aon latha.
Cruinnich an àireamh seo chun:-

(i) an 10 as fhaisge (ii) a' 100 as fhaisge.

14. Thoir **TUAIMSE** air freagairt na ceiste a leanas
(dèan seo **nad cheann**):-

$$397 + 1188.$$




15. Obraich iad seo a-mach **nad cheann**:-

- a 70×30 b 800×90 .

Loidhnichean-cothromachaidh


Ma phaisgeas tu cumadh air loidhne agus ma tha an dà phàirt air gach taobh den loidhne sin **co-ionann**, 's e **loidhne-cothromachaidh** a th' anns an loidhne.




Tha loidhne-cothromachaidh (**uaine**) aig an **triantan** gu h-àrd .

Eacarsaich 1 Feumaidh tu rùilear agus pàipear-trèisidh.

1. a Dèan copaidh ghrinn den chumadh seo.
- b Geàrr a-mach e (agus paisg e).
- c Dèan cinnteach gu bheil 1 loidhne-cothromachaidh aige.




2. Dèan copaidh de gach cumadh. Geàrr gach fear a-mach, agus inns a bheil loidhne-cothromachaidh aig gin dhiubh.
(Nuair a chì thu loidhne-cothromachaidh, tarraing i air a' chumadh le peansail dathte)



3. Cleachd pàipear-trèisidh airson copaidh a dhèanamh de gach cumadh, **no tarraing dealbh grinn dhiubh nad leabhar.**


Tarraing a h-uile loidhne-cothromachaidh air na dealbhan agad.



Uaireannan, chì sinn cumaidhean le barrachd air 1 loidhne-cothromachaidh.

Tha **6** anns an t-**sia-cheàrnach** seo.

Is iad na loidhnichean dearga.




4. Dèan copaidh den chumadh, paisg e, agus dèan cinnteach gu bheil **6** loidhnichean-cothromachaidh ann.





















5. Cia mheud loidhne-cothromachaidh a th' aig a' cheàrnaig seo? (Airson dèanamh cinnteach, dèan copaidh dhith, is paisg i).



6. a Tarraing dealbh den **triantan ionann-thaobhach** seo.
 b Geàrr a-mach e, is paisg e gus am faic thu cia mheud loidhne-cothromachaidh a th' aige.
 c Tarraing na loidhnichean-cothromachaidh air an dealbh, agus inns cia mheud dhiubh a th' ann.




7. Seall air na cumaidhean a leanas. Tha **còig** dhiubh **GUN** loidhne-cothromachaidh.
 (i) Lorg na còig cumaidhean gun loidhnichean-cothromachaidh.
 (ii) Sgrìobh cia mheud loidhne-cothromachaidh a tha aig gach fear den fheadhainn eile.




A' cruthachadh chumaidhean cothromaichte

Ma tha **leth** de chumadh cothromaichte againn, agus fios againn dè an loidhne-cothromachaidh a th' aige, tha e furasta gu leòr an **taobh eile** den chumadh a tharraing gus crìoch a chur air an dealbh.






Eacarsaich 2

- Dèan copaidh den chumadh seo air pàipear ceàrnagach.
 - A-nis cuir crìoch air an dealbh gus am bi an loidhne **uaine** na loidhne-cothromachaidh.




- Dèan copaidh de na cumaidhean seo air pàipear ceàrnagach.

A-nis cuir crìoch air gach dealbh gus am bi an loidhne **uaine** na loidhne-cothromachaidh gach turas.




3. Dèan copaidh de na cumaidhean cothromaichte seo agus cuir crìoch air gach dealbh gus am bi an loidhne uaine na loidhne-cothromachaidh gach turas.




4. Tha iad seo nas dorra.

Dèan copaidh de na cumaidhean cothromaichte seo agus cuir crìoch orra le bhith a' tarraing an taoibh eile:-




5. Gu h-ìosal, tha 2 loidhne-cothromachaidh (uaine) aig gach cumadh cothromaichte.



Dèan copaidh de gach fear agus cuir crìoch air.

6. Seo clò ùr airson coimpiutair.




- Dè na litrichean/àireamhan aig a bheil dìreach 1 loidhne-cothromachaidh?
Sgrìobh liosta dhiubh.
- Dè an fheadhainn aig a bheil 2 loidhne-cothromachaidh?
- Dè an fheadhainn aig nach eil loidhne-cothromachaidh idir?

7. Sgrìobh d' ainm air pàipear ceàrnagach anns a' chlà gu h-àrd.

8. Seo an litir **A** air cliath 4 x 4.

Feuch am faigh thu air na 26 litrichean (agus 10 àireamhan) a dhèanamh air cliath 4 x 4.




9. **Obair Bhuidhnean.**

Thoir a-steach dealbhan bho irisean, pàipearan-naidheachd, postairean msaa anns am faic thu loidhnichean-cothromachaidh.

[Dh'fhaodadh an clas gu lèir, no buidhnean, seo a dhèanamh].


10. Faighnich don tidsear am faigh thu pàipear **isomeatrach**.

- Tarraing dealbh grinn den chumadh seo.
- Cuir crìoch air gus am bi an loidhne **uaine** na loidhne-cothromachaidh.




Geàrr-chunntas

1. Sgrìobh dè a th' ann an **loidhne-cothromachaidh**.
2. Inns cia mheud loidhne-cothromachaidh a th' aig gach cumadh a leanas:-




3. Dèan copaidh **GHRINN** de gach cumadh gu h-ìosal air pàipear ceàrnagach.



Air gach copaidh tarraing, le peansail dathte, **A H-UILE** loidhne-cothromachaidh a th' aig gach cumadh.

4. Dèan copaidh de gach cumadh. Cuir crìoch air an **taobh eile** gus am bi an loidhne **uaine** na loidhne-cothromachaidh gach turas.




5. Dèan copaidh den chumadh seo, agus cuir crìoch air na **3 pìosan** eile gus am bi na loidhnichean **uaine** nan loidhnichean-cothromachaidh.

A bheil fios agad dè a th' ann an àireimh dheichich?

Bha sinn ag obair le aonadan, 10an, 100an agus 1000an ann an Caibideil 1.

Nuair a tha aonad slàn agad agus a roinneas tu e ann an 10 (no 100 no 1000) pìos, 's e **bloighean deicheach** de àireimh shlàn a bhios agad.

Nam biodh aon treidhe tofaidh agad, dh'fhaodadh tu smaoinichadh oirre mar "**AONAD**" de thomhas.



Chaidh an treidhe tofaidh gu h-àrd a roinn ann an 10 pìosan co-ionann.




Tha gach pìos aig meud $\frac{1}{10}$ de threidhe tofaidh. Le àireamhan deicheach thathar a' sgrìobhadh $\frac{1}{10}$ mar 0.1, (no 1 deicheamh).




Ann an àireimh 0.7, tha an "7" a' riochdachadh **7 deicheamhan** no $\frac{7}{10}$

Eacarsaich 1

1. Tha  a' riochdachadh 1 treidhe tofaidh (1 àireamh shlàn).
 Tha  a' riochdachadh 1 bhàr (0.1).


Dè na h-àireamhan deicheach a tha na diagraman a leanas a' riochdachadh?

a  b  c  (1. ...)


d  e  f 

2. Dèan dealbhan den aon t-seòrsa 's a th' ann an ceist 1, a' riochdachadh nan àireamhan a leanas:-
 a 0.4 b 1.3 c 2.5 d 4.8


3. Seo dealbh de threidhe lasagne a th' air a roinn na 10 pìosan co-ionann.



Dè na h-àireamhan a tha na dealbhan a leanas a' riochdachadh?



4. Chaidh piotsa cruinn a roinn ann an 10 pìosan co-ionann. Chaidh trì pìosan a thoirt às.




Dè an àireamh dheicheach a tha an dealbh den piotsa a' riochdachadh?

An dàrna aonad deicheach

Nuair a chaidh 1 treidhe tofaidh a roinn ann an 10 bàraichean co-ionann, b' e 1 deicheamh ($\frac{1}{10}$) a bh' anns gach bàr.




Ach dè a thachras ma ghearras sinn aon de na bàraichean sin an àirde ann an 10 cnapan?





=> nuair a tha gach "deicheamh" ga roinn a-rithist ann an 10 cnapan co-ionann, is ann aig meud ($\frac{1}{10}$ de $\frac{1}{10}$) = $\frac{1}{100}$ a tha iad.

Anns an àireimh dheichich 0.04, tha an "4" a' riochdachadh 4 ceudamhan no $\frac{4}{100}$.

5. Dè na h-àireamhan deicheach a tha na dealbhan a leanas a' riochdachadh?



6. Seo dà dhealbh eile. Dè na h-àireamhan a tha iad a' riochdachadh?



7. Tarraing dealbhan mar a chunnaic thu ann an ceistean 5 is 6, airson na h- àireamhan a leanas a' riochdachadh :-

a 0.12

b 1.34

c 2.26

d 3.09

8. Anns an àireimh dheichich 24.58, dè tha an a) 5 a' riochdachadh? b) 8 a' riochdachadh?

9. Dè tha an "3" a' riochdachadh anns na h-àireamhan a leanas:-

a 32.81

b 43.29

c 12.31

d 57.83?

10. Cuir na h-àireamhan a leanas ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an tè **as lugha**:-

0.95, 1.16, 0.17, 1.04, 0.09, 1.61.

11. Dè an àireamh a tha:-

a $\frac{1}{10}$ nas motha na 1.2 b $\frac{3}{10}$ nas lugha na 2.6 c $\frac{7}{10}$ nas motha na 3.1

d $\frac{3}{100}$ nas motha na 0.14 e $\frac{2}{100}$ nas lugha na 1.18 f $\frac{5}{100}$ nas motha na 1.25?

12. Dè an àireamh a tha **letheach-slighe** eadar:-

a 0.1 agus 0.3

b 0.7 agus 0.9

c 2.6 agus 2.8

d 2.3 agus 2.7

e 1.2 agus 1.3

f 0.4 agus 0.5?

13. Tha **cuibheas** de dhà àireimh letheach-slighe eadar an dà àireimh.

a Tha 1.3 meatairean ann an Anna agus tha 1.6 meatairean ann an Seonaidh. Dè an àirde **chuibheasach** a th' anns an dithis seo?

b Tha 1.8 meatairean ann an aon sguaid agus tha 2.1 meatairean ann an tèile. Dè an fhaid **chuibheasach** a th' anna?

c Tha 34.5 cg de chuideam ann an Catrìona. 'S e 36 cg an cuideam **chuibheasach** aig Catrìona agus Eilidh. Dè an cuideam a th' ann an Eilidh?



A' leughadh sgèilichean deicheach

Aon ionad deicheach

Mas fheuch thu air beachd a thoirt air dè an àireamh air a bheil ceann na saighid a' laighe, thoir sùil air an 2 àireimh shlàin air gach taobh den t-saighid.




Tha an t-saighead eadar 2 is 3.
Le seo 's e 2..... (rudeigin) a th'ann.
'S e 2.8 a th'ann (am faic thu seo?)


Eacarsaich 2

1. Sgrìobh faid gach càir, ann am meatairean:-


a



b




c




(bi faiceallach!)

2. Dè na h-àireamhan deicheach a tha na saighdean a' comharrachadh?

a




b



c



d



e




f




3. Thoir sùil air na diagraman. Dè an àireamh a tha ceann gach saighid a' comharrachadh?


a




b




c



d



e



Dà ionad dheicheach


Seall air an dà àireimh dheichich air an sgèile seo a tha a' laighe air gach taobh den t-saighid. (an 1.3 agus an 1.4).




Tha ceann na saighid eadar 1.3 agus 1.4.
Le seo 's e 1.3.... (rudeigin) a th' ann.
'S e **1.32** a th' ann (am faic thu seo?)

4. Sgrìobh an fhaid a th' anns na beathaichean snàigeach seo:-

a




b




Bi faiceallach.
CHAN E 2.37 cm
an fhreagairt!

5. Dè na h-àireamhan a tha ceann na saighid a' comharrachadh gach turas?



6. Seall air an sgèile gu h-ìosal agus sgrìobh na h-àireamhan a tha ceann gach saighid a' comharrachadh.



A' cruinneachadh chun na h-àireimh slàine as fhaisge

Tha 4·37 eadar 4 agus 5
ach nas fhaisge air 4
(an àireamh shlàn as fhaisge).

Tha 20·81 eadar 20 is 21
ach nas fhaisge air 21
(an àireamh shlàn as fhaisge).

Nuair a bhios sinn a' cruinneachadh chun **na h-àireimh slàine as fhaisge:-**

=> seall air **a' chiad fhigear a tha a' leantainn na puing deichich:-**

mas e 5, 6, 7, 8 no 9 a th' ann => cruinnich **suas** e chun na h-àireimh slàine as fhaisge.

mas e 0, 1, 2, 3 no 4 a th' ann => cruinnich **sìos** e chun na h-àireimh slàine as fhaisge.

Eisimpleirean:-
 $2 \cdot 4 = 2$ (an àireamh shlàn as fhaisge)
 $2 \cdot 7 = 3$ (an àireamh shlàn as fhaisge)
 $2 \cdot 5 = 3$ (an àireamh shlàn as fhaisge)
 $2 \cdot 488888 = 2$ (an àireamh shlàn as fhaisge)



Eacarsaich 3

1. Cruinnich gach aon de na h-àireamhan seo chun na h-àireimh slàine as fhaisge. Tagh an fhreagairt cheart às na camagan:-

- | | | | | | |
|---|-------|-------------|---|--------|---------------|
| a | 4·2 | (4 no 5)? | b | 6·7 | (6 no 7)? |
| c | 3·9 | (3 no 4)? | d | 1·4 | (1 no 2)? |
| e | 10·16 | (10 no 11)? | f | 14·97 | (14 no 15)? |
| g | 8·5 | (8 no 9)? | h | 8·05 | (8 no 9)? |
| i | 40·75 | (40 no 41)? | j | 100·39 | (100 no 101)? |

2. Ath-sgrìobh is cuir crìoch air na h-abairtean a leanas:-

- | | | |
|---|--------------------------|---|
| a | Tha 6·7 eadar 6 agus 7. | Tha seo nas fhaisge air? |
| b | Tha 4·3 eadar 4 agus? | Tha seo nas fhaisge air? |
| c | Tha 7·5 eadar ? agus ? | Tha seo nas fhaisge air? (cuimhnich air an riaghailt) |
| d | Tha 1·58 eadar ? agus ? | Tha seo nas fhaisge air? |
| e | Tha 5·34 eadar ? agus ? | Tha seo nas fhaisge air? |
| f | Tha 0·83 eadar ? agus ? | Tha seo nas fhaisge air? |
| g | Tha 10·8 eadar ? agus ? | Tha seo nas fhaisge air? |
| h | Tha 23·52 eadar ? agus ? | Tha seo nas fhaisge air? |
| i | Tha 58·81 eadar ? agus ? | Tha seo nas fhaisge air? |

3. Cruinnich iad seo chun an £ shlàine as fhaisge:-

- | | | | | | | | |
|---|--------|---|--------|---|--------|---|---------|
| a | £4.10 | b | £5.90 | c | £3.40 | d | £8.70 |
| e | £12.80 | f | £14.50 | g | £17.39 | h | £18.72 |
| i | £0.34 | j | £0.51 | k | £0.50 | l | £101.49 |

4. Cruinnich iad seo chun a' cheudameatair shlàin as fhaisge:-

- | | | | | | | | |
|---|----------|---|----------|---|----------|---|----------|
| a | 7.4 cm | b | 8.6 cm | c | 9.8 cm | d | 2.1 cm |
| e | 3.47 cm | f | 6.85 cm | g | 15.29 cm | h | 20.63 cm |
| i | 25.27 cm | j | 33.99 cm | k | 42.14 cm | l | 68.50 cm |

5. Airson àireamh mar 3.87487 a chruinneachadh chun na h-àireamh slàine as fhaisge:-

Ceum 1 - lorg an dà àireimh shlàn a tha air gach taobh dhith - (3 is 4)

Ceum 2 - lorg an àireamh shlàn as fhaisge oirre de na dhà sin → 4

Cruinnich iad seo chun na h-àireimh slàine as fhaisge, anns an aon dòigh:-

- | | | | | | |
|---|-------------|---|-------------|---|------------|
| a | 2.41784 → | b | 3.958744 → | c | 7.28719 → |
| d | 9.386743 → | e | 5.48794 → | f | 8.097412 → |
| g | 11.755874 → | h | 12.074874 → | i | 25.66875 → |
| j | 0.824111 → | k | 28.265741 → | l | 32.09999 → |

6. Cleachd àireamhair gus na ceistean roinnidh a leanas fhuasgladh.

Cruinnich na freagairtean agad chun na h-àireimh slàine as fhaisge:-

- | | | | | | |
|---|----------------|---|----------------|---|-----------------|
| a | $30 \div 7$ | b | $45 \div 6$ | c | $78 \div 15$ |
| d | $104 \div 27$ | e | $215 \div 46$ | f | $400 \div 39$ |
| g | $840 \div 350$ | h | $1000 \div 76$ | i | $2500 \div 104$ |
| j | $15 \div 14$ | k | $0.2 \div 0.3$ | l | $85.6 \div 100$ |



m Bhuannaich dorsairean na sgoile £3525. Bha ceathrar aca ann. Dè na fhuair gach duine?

n Tha 84 cm ann an dèile fiodha. Thathar ga gearradh ann an 5 pìosan co-ionann. Dè cho fad 's a bhios gach pìos?

o Thathar a' roinn 20 liotair de shùgh eadar 11 balaich. Dè na bhios iad a' faighinn an urra?

Seo mar a lorgas tu còrr le bhith a' cleachdadh àireamhair.

- $137 \div 7 \rightarrow$
- cleachd àireamhair gus sealltainn gu bheil $137 \div 7 = 19.571.....$
 - An uair sin lorg $7 \times 19 = 133$
 - An uair sin lorg $137 - 133 \rightarrow$ còrr = 4


7. Lorg an còrr anns na ceistean a leanas (anns an aon dòigh 's a chì thu gu h-àrd):-

- | | | | | | | | |
|---|--------------|---|--------------|---|--------------|---|----------------|
| a | $317 \div 6$ | b | $409 \div 8$ | c | $362 \div 5$ | d | $1000 \div 11$ |
|---|--------------|---|--------------|---|--------------|---|----------------|

A' cur-ris is a' toirt-air-falbh le deicheadan

Nuair a bhios tu a' cur-ris no a' toirt-air-falbh le deicheadan, tha e uabhasach cudromach gun cuir thu **na puingeann deicheach os cionn a chèile.**

Mar eisimpleir:- cur-ris 4.6 agus 2.82 =>




Eacarsaich 4

1. Feuch an dèan thu iad seo **nad cheann.** Sgrìobh na freagairtean:-

- | | | | | | | | |
|---|---------------|---|---------------|---|---------------|---|---------------|
| a | $3.7 + 4.2$ | b | $5.7 + 3.1$ | c | $3.9 + 7.1$ | d | $9.7 + 1.6$ |
| e | $0.24 + 0.35$ | f | $0.48 + 0.31$ | g | $0.53 + 0.74$ | h | $0.33 + 0.96$ |
| i | $4.2 + 5.34$ | j | $8.1 + 1.45$ | k | $3.7 + 4.22$ | l | $2.8 + 5.35$ |
| m | $6.8 - 6.5$ | n | $8.6 - 1.2$ | o | $9.8 - 0.7$ | p | $3.5 - 0.5$ |
| q | $6.8 - 1.9$ | r | $7.4 - 1.6$ | s | $7 - 0.75$ | t | $5 - 0.32$ |

2. Dè an fhaid iomlan a th' anns na h-uidheaman a leanas? (Dèan seo **nad cheann.**)



3. Feuch an obraich thu iad seo a-mach **nad cheann**:-

a Tha cuideam de 4.5 cg ann an cana-uisge nuair a tha e falamh. Thathar a' cur 2.6 cg de phuinnsean-luibhean don chana. Dè an cuideam iomlan a th' anns a' chana?



b Tha oifis a' phuist 8.3 mìltean bho thaigh Màiri. Bidh i a' dol ann air a' bhus. Chan eil am bus ga toirt ach 7.9 mìltean on taigh. Dè cho fada 's a th' aig Màiri ri choisèachd?



c Fhuair trìuir nighean airgead om pàrantan. Fhuair Anna £8.30, fhuair Seonag £5.50 agus fhuair Ceitidh £6.10. Dè na bh' aca de airgead uile gu lèir?

d Thàinig Bob 2.4 km bhon taigh aige gus coinneachadh ri Joe. Thàinig Joe 3.2 km bhon taigh aige-san gus coinneachadh ri Bob. Thill an dithis aca dhachaigh an dèidh sin. Dè an fhaid **iomlan** a shiubhail an dithis aca air an tursan?



4. Sgrìobh iad seo is cuir crìoch orra:-

a	$\begin{array}{r} 4.6 \\ + 2.5 \\ \hline \end{array}$	b	$\begin{array}{r} 17.3 \\ + 8.9 \\ \hline \end{array}$	c	$\begin{array}{r} 14.7 \\ + 55.8 \\ \hline \end{array}$	d	$\begin{array}{r} 74.8 \\ + 26.9 \\ \hline \end{array}$
e	$\begin{array}{r} 7.35 \\ + 1.43 \\ \hline \end{array}$	f	$\begin{array}{r} 4.48 \\ + 3.01 \\ \hline \end{array}$	g	$\begin{array}{r} 7.04 \\ + 2.59 \\ \hline \end{array}$	h	$\begin{array}{r} 8.57 \\ + 5.72 \\ \hline \end{array}$
i	$\begin{array}{r} 5.72 \\ + 1.39 \\ \hline \end{array}$	j	$\begin{array}{r} 13.56 \\ + 12.78 \\ \hline \end{array}$	k	$\begin{array}{r} 28.14 \\ + 2.87 \\ \hline \end{array}$	l	$\begin{array}{r} 32.94 \\ + 24.09 \\ \hline \end{array}$
m	$\begin{array}{r} 8.5 \\ - 2.3 \\ \hline \end{array}$	n	$\begin{array}{r} 43.8 \\ - 21.6 \\ \hline \end{array}$	o	$\begin{array}{r} 72.4 \\ - 25.7 \\ \hline \end{array}$	p	$\begin{array}{r} 35.18 \\ - 27.93 \\ \hline \end{array}$
q	$\begin{array}{r} 7.58 \\ - 6.31 \\ \hline \end{array}$	r	$\begin{array}{r} 8.49 \\ - 4.27 \\ \hline \end{array}$	s	$\begin{array}{r} 5.08 \\ - 2.01 \\ \hline \end{array}$	t	$\begin{array}{r} 9.54 \\ - 1.12 \\ \hline \end{array}$
u	$\begin{array}{r} 5.24 \\ - 3.17 \\ \hline \end{array}$	v	$\begin{array}{r} 8.67 \\ - 4.96 \\ \hline \end{array}$	w	$\begin{array}{r} 5.01 \\ - 2.43 \\ \hline \end{array}$	x	$\begin{array}{r} 7.15 \\ - 5.26 \\ \hline \end{array}$

5. Ath-sgrìobh is obraich a-mach:-

- | | | | |
|---|------------------|---|-------------------|
| a | $£4.62 + £3.07$ | b | $£34.54 + £26.27$ |
| c | $£42.51 + £5.22$ | d | $£7.26 + £8.55$ |
| e | $£28.37 + £9.28$ | f | $£35.94 + £42.70$ |
| g | $£8.48 - £5.27$ | h | $£7.74 - £4.13$ |
| i | $£5.72 - £5.68$ | j | $£74.56 - £40.26$ |
| k | $£74.80 - £7.29$ | l | $£24.50 - £3.87$ |

6. Cheannaich Blythe deise-snàmh airson £25.50.
Chaith i £8.25 air bonaid-snàmh.
Dè na phàigh i **uile gu lèir**?



7.



Cheannaich Seumas bòrd-spèilidh airson £9.75.
Reic e e an ath-bhliadhna airson £7.90.

Dè an t-airgead a chail e?

8. Ann an co-fharpais dàibhidh thug am britheamh Breatannach 2.7 puingeann nas lugha don dàibhear na thug am britheamh Frangach.
Thug am britheamh Frangach 9.3 puingeann don dàibhear.
Dè na puingeann a fhuair i bhon bhritheamh Bhreatannach?



9. Tha am post a' togail dà pharsail.
Tha 17.7 cg de chuideam ann an aon dhiubh agus tha 32.8 cg anns an fhear eile.
Dè an cuideam iomlan a th' anns an dà pharsail?




10. **Drochaid an Easbaig 13-07** Tha 13-07 mìltean eadar
Chryston 15-02 Rinn Friù agus
Drochaid an Easbaig.



Tha 15-02 mìltean eadar Rinn Friù agus Chryston.
Dè cho fada 's a tha an t-astar eadar Drochaid an Easbaig agus Chryston?

11. Thathar a' cur lus an ann am poitean.
Fàsaidh lus gorm 0.85 cm gach seachdain. Fàsaidh lus dearg 1.23 cm.
Dè cho àrd 's a bhios an lus dearg an coimeas ris an lus ghorm an dèidh seachdain?




12.  Tha bùth ag iarraidh £39.95 air gèam ball-coise coimpiutair
Ach gheibhear e air an eadar-lìon airson £29.99.
Dè na shàbhaileadh tu nan ceannaicheadh tu e air an eadar-lìon?

13. Tha 62.73 cg de chuideam ann an Tanya agus tha 54.58 cg ann an Lisa.
a Dè an cuideam a th' anns an dithis aca còmhla?
b Cia mheud cg a tha Tanya nas truime na Lisa?



14. Tha dà chàr agus làraidh anns an dealbh seo.
a Cia mheud m a tha an làraidh nas fhaide na:
(i) an càr dearg (ii) an càr gorm?
b Obraich a-mach an diofar eadar faid a' chàir dheirg is faid a' chàir ghuirm.



15. Tha an clàr seo a' sealltainn faraidhean-aiseig eadar Na Hearadh agus Uibhist.

- a Dè chosgais tiogaidean airson:-
(i) 1 inbheach agus 1 phàiste?
(ii) 1 chàr le 1 inbheach?
(iii) 2 bhus?
b Nam pàigheadh tu airson 1 chàr, 1 inbheach agus 1 phàiste le £50, dè an t-airgead a gheibheadh tu air ais?


Inbheach	£8.45
Pàiste	£5.48
Càr	£28.69
Bus	£36.72



Geàrr-chunntas




1. Dè an àireamh dheicheach a thathar a' riochdachadh leis an diagram seo?



2. Anns an àireimh dheichich 73·94, dè tha an:-
 a 7 a' riochdachadh? b 3 a' riochdachadh?
 c 9 a' riochdachadh? d 4 a' riochdachadh?

3. Dè na h-àireamhan deicheach a tha na saighdean a' comharrachadh?



4. Cruinnich na h-àireamhan deicheach seo chun na **h-àireimh slàine as fhaisge**.

- a 9·4 b 6·7 c 31·39 d 58·62.

5. Dèan na leanas **nad cheann** (na dèan obrachadh sam bith le peann is pàipear):-

- a $4·7 + 5·2$ b $5·3 + 3·45$ c $7·5 - 3·1$ d $0·81 - 0·14$.

6. Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-

- a $\begin{array}{r} 6·82 \\ + 1·49 \\ \hline \end{array}$ b $\begin{array}{r} 27·45 \\ + 5·58 \\ \hline \end{array}$ c $\begin{array}{r} 9·6 \\ - 5·1 \\ \hline \end{array}$ d $\begin{array}{r} 9·48 \\ - 3·97 \\ \hline \end{array}$

- e $£3·69 + £4·75$ f $£26·39 + £3·18$ g $£4·75 - £3·69$
 h $£26·31 - £9·48$ i $£29·41 - £8·58$ j $£36·61 - £19·38$.

7. Cheannaich Iain bogsa dhiosgaichean airson £3·94 agus inneal glanaidh CD airson £5·87. Phàigh e le £10. Dè an t-airgead a fhuair e air ais?




8. Cheannaich Mgr Mac a' Ghobhainn dà shuathair ùr airson a' chàir aige, airson £4·25 gach tè, agus 6 pacaidean chraobhan-cùbhraidh aig £1·24 an tè.



- a Dè chosg seo dha uile gu lèir? (seall d' obrachadh)
 b Phàigh e le £20. Dè an t-airgead a fhuair e air ais?

9. Feuch an lorg thu **cuairt-thomhas** a' cheart-cheàrnaich seo.




Uairean 12-uarach agus 24-uarach

Mar as trice bidh sinn a' cleachdadh cruth 12-uarach.
 Cuiridh sinn m (no a.m.) an dèidh na h-uarach ma tha i ro mheadhan-latha.
 Cuiridh sinn f (no p.m.) an dèidh na h-uarach ma tha i an dèidh mheadhan-latha.
 Feumaidh daoine mar phaidhleatan agus seòladairean dòigh eile :

Dè nam biodh tu airson plèana fhaighinn gu Florida aig 8.00 f, ach nuair a ràinig thu am port-adhair fhuair thu a-mach gun do dh'fhalbh i aig 8.00 m. Chan fhaigheadh tu air falbh air do shaor-làithean idir!



An cloc 24-uarach:-



Eisimpleir:- Anns a' mhadainn tha e gu math furasta na h-uairean a sgrìobhadh ann an cruth 24-uarach.

8.00 m	=	0800 uairean
7.45 m	=	0745 uairean
10.50 m	=	1050 uairean

ACH feasgar, feumaidh tu 12 a chur-ris an àireamh de uairean

2.00 f	=	1400 uairean	(2 uair an dèidh 12.00 uairean)
5.15 f	=	1715 uairean	(5.15 + 12.00)
10.50 f	=	2250 uairean	(10.50 + 12.00)

Eacarsaich 1

- Ath-sgrìobh is cuir crìoch air na leanas, a' cur gach uair ann an cruth 24-uarach:-
 - Tha 7.00 m ro mheadhan-latha. → 7.00 m = 0700.
 - Tha 9.45 m meadhan-latha. → 9.45 m =
 - Tha 4.00 f an dèidh meadhan-latha. → 4.00 f = 0400 + 1200 = 1600.
 - Tha 10.35 f meadhan-latha. → 10.35 f = 1035 + =

2. Sgrìobh na h-uairean 12-uarach seo ann an cruth **24-uarach**:-

a	8:40 m	b	1:45 m	c	6 m
d	3:20 f	e	2:25 f	f	9 as t-oidhche
g	6:35 m	h	8:50 f	i	5 an dèidh 4 sa mhadainn
j	9:58 m	k	meadhan-latha	l	12:05 m
m	12:05 f	n	11:32 f	o	1:52 m
p	10:40 f	q	11:44 f	r	meadhan-oidhche

Eisimpleir:- Tha e gu math furasta uairean ro 1300 a sgrìobhadh ann an cruth 12-uarach.

$$\begin{array}{l} 0900 = 9.00 \text{ m} \\ 1245 = 12.45 \text{ f} \end{array}$$

ach airson uairean an dèidh 1300, feumaidh tu **12 uairean a thoirt-air-falbh**:-

$$\begin{array}{l} 1800 = 6.00 \text{ f (1800 - 1200)} \\ 2155 = 9.55 \text{ f (2155 - 1200)} \end{array}$$

3. Ath-sgrìobh is cuir crìoch air na leanas, a' cur gach uair ann an cruth 12-uarach:-

- a Tha 0600 **ro** 1300 → 0600 = 6.00 m
- b Tha 1045 1300. → 1045 =
- c Tha 1700 **an dèidh** 1300. → 1700 = 1700 - 1200 = 5.00 f
- d Tha 1850 1300. → 1850 = 1850 - = f

4. Sgrìobh na h-uairean 24-uarach seo ann an cruth **12-uarach**:-

a	0330	b	1150	c	0920
d	1545	e	1740	f	2225
g	0240	h	1845	i	2120
j	1812	k	1200	l	0650
m	0345	n	1525	o	2345
p	2105	q	0040	r	0505

5. Dh'fhàg itealan New York aig 10.50 f agus ràinig i Heathrow aig 6.35 m.

Sgrìobh gach uair ann an cruth 24-uarach.



6.



Chaidh a' ghrian fodha aig 2015 agus dh'èirich i aig 0555 an làrna-mhàireach.

Sgrìobh an dà uair ann an cruth 12-uarach.

Beàrnan-tìde, clàran-ama

A' cunntadh air adhart: - Seo dòigh fhurasta air obrachadh a-mach dè cho fad 's a tha rud a' maireachdainn.

Eisimpleir:- Thòisich dealbh-chluich aig 8·45 f agus mhair e gu 11·25 f.

Dè cho fad 's a mhair an dealbh-chluich?

Freagairt:-

$$\begin{array}{ccccccc}
 & 2 \text{ uair-a-thìde} & + & 15 \text{ mion} & + & 25 \text{ mion} & = & 2 \text{ u } 40 \text{ mion} \\
 8\cdot45 \text{ f} & \rightarrow & 10\cdot45 \text{ f} & \rightarrow & 11\cdot00 \text{ f} & \rightarrow & 11\cdot25 \text{ f} &
 \end{array}$$

Eacarsaich 2


1. **Cleachd an dòigh gu h-àrd** gus obrachadh a-mach dè cho fad 's a tha e bho:-

- | | | | |
|---|---------------------------|---|---------------------------------|
| a | 3·15 f gu 6·15 f | b | 7 m gu 10·30 m |
| c | meadhan-oidhche gu 5·30 m | d | 5·30 f gu 9·40 f |
| e | 9·55 m gu 10·15 m | f | 2·50 m gu 8·25 m |
| g | 0830 gu 1055 | h | 1655 gu 1810 |
| i | 1950 gu 2115 | j | 2350 gu 0300 (làrna-mhàireach?) |

2. Obraich a-mach cuin a tha na prògraman TBh seo **deiseil**:-

	A	B	C	D	E
Thòisich e aig	3·30 f	2·15 f	8·25 f	9·45 m	11·30 f
Mhair e	2 u 30 mion	1 u 40 mion	2 u 35 mion	45 mion	1 u 45 mion

3. Tha an dà chloc a' sealltainn an uair aig an do thòisich dealbh-chluich agus an uair aig an robh e deiseil.



Dè cho fad 's a mhair an dealbh-chluich?

4. Thòisich an Grand Prix aig 10·25 m.
Chrìochnaich Billy McLaren an rèis aig 2·08 f.
Dè cho fad 's a thug Billy anns a' Ghrand Prix?



5. Tha trèanaichean a' ruith eadar Am Bàgh agus Hàlainn. Seo pàirt den chlàr-ama.

	Am Bàgh	Lianaig	Siadar	Fìbhig	Hàlainn
1d trèana	8:10 m	9:20 m	11:30 m	12:15 f	3:00 f
2ra trèana	10:05 m	11:15 m			4:55 f

a Dè cho fad 's a tha a' chiad trèana a' toirt eadar:-

(i) Am Bàgh is Lianaig? (ii) Siadar is Fìbhig? (iii) Am Bàgh is Hàlainn?

b Ma tha an dà thrèana a' siubhal aig an aon astar, cuin a ruigeas an dàrna trèana :

(i) Siadar? (Stiùireadh: Seall an toiseach dè cho fad 's a bheir a' chiad trèana eadar Lianaig is Siadar)

(ii) Fìbhig?



6.



Chaidh Cailean a-mach cuairt aig 6.35 m aon latha.

Thill e, is e gu math sgìth, aig 5.00 f.

Dè cho fad 's a bha Cailean a' coiseachd?

7. Dh'fhalbh soitheach à Southampton aig 1850 Latha na Sàbaid.

Ràinig i an Fhraing aig 0525 (uair Bhreatannach) air madainn Diluain.

Dè cho fad 's a thug an soitheach a' seòladh eadar an dà àite?



8. Bha bus a' siubhal timcheall eilean fad an latha.

Chaidh e seachad air oifis a' phuist aig 0845 agus a-rithist aig 1020.

a Obraich a-mach dè cho fad 's a tha aon chuairt den eilean a' toirt.

b Dè an uair aig an tèid e seachad air oifis a' phuist a-rithist?

c Cia mheud turas a thèid e timcheall an eilein eadar 6 m agus 10 f?



9.



Bha dithis nighean a' cluich CDan. Chluich iad 5 CDan an urra an dèidh a chèile. Thòisich Anna aig 1355 is bha an CD mu dheireadh aice deiseil aig 1815.

Thòisich Peigi aig 1640 is bha an CD mu dheireadh aicese deiseil aig 2055.

Cò aige a bha na CDan a b' fhaide?

Dè cho fad 's a mhair iad nas fhaide na CDan na nighinn eile?

Mionaidean agus Diogan

Ann an spòrs, tha e cudromach rudan a thomhas gu mionaideach. Mar sin bidh sinn a' cleachdadh mhionaidean agus dhiogan (agus bidh na diogan air an tomhas gu 1 no 2 aonad dheicheadh).

A' cur-ris ùineachan:-



$$\begin{array}{r} 4 \text{ mion } 40 \text{ diog} \\ + 3 \text{ mion } 50 \text{ diog} \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} 8 \text{ mion } 30 \text{ diog} \\ \hline \end{array}$$

90 diog = 1 mhion 30 diog

Eacarsaich 3

1. Cruinnich gach uair chun an **diog as fhaighe**:-

- a 23.7 diogan b 19.45 diogan c 54.09 diogan
d 2 mhion 15.8 diogan e 5 mion 9.38 diogan f 22 mion 59.9 diogan

2. Tha òran a' maireachdainn 195 diogan. Sgrìobh seo ann am **mionaidean** agus **diogan**.



3. Sgrìobh gach fear ann am **mionaidean** agus **diogan**:-

- a 100 diog b 153 diogan c 230 diog

4. Sgrìobh gach fear ann an **uairean a thìde** agus **mionaidean**:-

- a 95 mionaidean b 265 mionaidean c 500 mionaid

5. Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-

- a $\begin{array}{r} 5 \text{ mion } 30 \text{ diog} \\ + 4 \text{ mion } 25 \text{ diogan} \\ \hline \end{array}$ b $\begin{array}{r} 3 \text{ mion } 50 \text{ diog} \\ + 1 \text{ mhion } 30 \text{ diog} \\ \hline \end{array}$ c $\begin{array}{r} 9 \text{ mion } 55 \text{ diogan} \\ + 3 \text{ mion } 45 \text{ diogan} \\ \hline \end{array}$

- d $\begin{array}{r} 6 \text{ mion } 40 \text{ diog} \\ - 3 \text{ mion } 35 \text{ diogan} \\ \hline \end{array}$ e $\begin{array}{r} 5 \text{ mion } 55 \text{ diogan} \\ - 1 \text{ mhion } 05 \text{ diogan} \\ \hline \end{array}$ f $\begin{array}{r} 7 \text{ mion } 30 \text{ diog} \\ - 4 \text{ mion } 40 \text{ diog} \\ \hline \end{array}$

6. Sheinn Michelle 3 òrain air "TV IDOL".

"Lonely" - 3 mion 25 diogan, "High Spirit" - 2 mhion 40 diog, "Pain" - 3 mion 15 diogan. Dè cho fad 's a mhair na 3 òrain uile gu lèir?

7. Rugadh dà bhèibidh san ospadal.

Rugadh Seònaid air 31 Dùbhlachd 2002 aig 11.50 f.


Rugadh Ruairidh aig 1.20 m air 1 Faoilleach 2003.

Dè an diofar a tha eadar aois Seònaid is aois Ruairidh?




Tha an t-uairadair seo a' sealltainn uairean le mionaidean is diogan.

Tha e ag ràdh 2 mhionaid 17.6 diogan.






8. Sgrìobh an uair air gach uairadair gu h-ìosal:



9. Tha tacograf ag innse dè cho fad 's a tha dràibhear air a bhith a' dràibheadh làraidh. Tha gach ùine ann an uairean a thìde, mionaidean is diogan.

Sgrìobh gach ùine:-



10. Bhuannaich Seonaidh an rèis aige. Thug e 1 mhionaid 13.6 diogan. Cha robh Aonghas ach $\frac{7}{10}$ de dhiog air a chùlaibh.


Dè cho fad 's a thug Aonghas?



11. Seall air na h-ùineachan a bh' aig 2 dhràibhear airson rèis.

a Cò bu luaithe, Iain no Pòl?

b Dè cho fad 's a bha an dàrna fear air thoiseach air an fhear eile?



12. Bha Seòras anns an aon rèis. Chrìochnaich e an rèis ann an 2 mhionaid 54.8 diogan.

a Dè cho fad 's a bha Seòras air thoiseach air Iain?

b 'S e Peadar a bu shlaodaiche de na bh' ann. Bha e 15.8 diogan air dheireadh air Iain.


Dè cho fad 's a thug Peadar anns an rèis?



13. Thug streapadair 7 mionaidean 5 diogan a' dìreadh gu mullach Carragh-cuimhne Ualais ann an Sruighlea.

Thug e 4 mionaidean 35 diogan a' tighinn a-nuas.

Dè an ùine a bharrachd a thug e a' dìreadh seach a' tighinn a-nuas?




Geàrr-chunntas

1. Sgrìobh na h-uairean seo ann an cruth **24-uarach**:-
- | | |
|--------------------------------------|--------------------------|
| a 6:50 m | b 3:05 f |
| c 20 gu meadhan-oidhche | d Meadhan-latha |
| e leth-uair an dèidh meadhan-oidhche | f 10 gu 11 as t-oidhche. |

2. Sgrìobh na h-uairean seo ann an cruth **12-uarach**:-
(cuimhnich gum feum thu m no f)

a 0705 b 1450 c 1057 d 2257

3. Dh'fhàg mi an taigh aig 0945 is chaidh mi a dh'Obar Dheathain. Fhuair mi dhachaigh aig 1425. Dè an ùine a bha mi air falbh bhon taigh?

4.  Thòisich dràibhear air obair aig 25 an dèidh 8 sa mhadainn. Thug e 7 uairean agus 45 mionaidean mus robh e deiseil.

Dè an uair aig an robh e deiseil?

5. Tha dà bhàta a' toirt luchd-turais air chuairotean air Loch Dhiùranais. Seo an clàr-ama.


	An Cidhe	Rubha na h-Iolaire	Cidhe nan Craobhan	An Caisteal	Uamh Bhruis	An Gàrradh	An Cidhe
<i>1d Bàta</i>	0950	1005	1040	1115	1145	1225	1320
<i>2ra Bàta</i>	1415	1430	1505				

- a Dè cho fad 's a bheir e eadar An Caisteal agus Uamh Bhruis?
- b Dè cho fad 's a thug a' chiad bhàta bho dh'fhàg i an cidhe gus an do thill i ann?
- c Nan robh an 2 bhàta a' siubhal aig an aon astar, cuin a ruigeadh an 2ra bàta An Gàrradh?



6. Tha an uair ann an New York 5 uairean a thìde **air dheireadh** air an uair ann am Breatainn. Tha sin a' ciallachadh gu bheil e 4:00 f ann an New York nuair a tha e 9:00 f an Alba. Dh'fhàg mi port-adhair Mhanchester aig 1305 air an t-slighe gu New York. Thug mi 8 uairean a thìde is 15 mionaidean mus do ràinig mi. Dè an uair a bha e ann an New York nuair a ràinig mi (uair New York)?

7. Ruith Sìne agus Màiri rèis 10 km. Chì sinn an ùine a thug Sìne air a' 1d uaireadair. Bha Màiri 25.4 diogan na bu shlaodaiche na Sìne. Dèan copaidh den 2ra uaireadair agus cuir a-steach an ùine a thug Màiri.



A' cumail rian air agus a' mìneachadh fiosrachadh

Uaireannan, bidh coltas mì-sgiobalta air dàta agus mar sin bidh e doirbh a thuigsinn. Tha an dàta nas soilleire agus nas fhasa a thuigsinn nuair a tha e ann an seòrsa de òrdugh. Sin is coireach gum bi sinn a' cleachdadh ghrafaichean agus chlàran.

Clàr-triceid

Eisimpleir

'S e seo na h-ùineachan (ann am mionaidean) a thug 24 daoine a' ruith air cùrsa chnapan-starra.


12 15 13 13 14 16
 17 13 14 14 14 17
 15 14 12 13 13 15
 12 14 16 14 13 12

Cuir **clàr-triceid** air dòigh airson nan àireamhan seo.

Uair	Stràc	Tricead
12		
13		
14		
15		

tricead = **cia mheud** de gach fear

Bidh sinn a' cur còig stràcan ri chèile mar seo
 ||||| ||| = 8



Eacarsaich 1

- Dèan copaidh den chlàr-triceid gu h-àrd agus cuir crìoch air.
- Chaidh faighneachd do sgoilearan dè an spòrs a b' fheàrr leotha.

ball-coise snàmh snucair ball-coise
 snucair teanas ball-coise rugbaidh
 teanas ball-coise ball-coise teanas
 snàmh ball-coise ball-coise snucair

Spòrs	Stràc	Tricead
snàmh		
teanas		
ball-coise		
rugbaidh		
snucair		

dèan copaidh

- Ath-sgrìobh agus cuir crìoch air a' chlàr-triceid.
- Cia mheud sgoilear a thagh teanas?
- Dè an spòrs a b' fheàrr leis a' chuid bu mhotha de dhaoine?
- Cia mheud sgoilear a thagh ball-coise a **bharrachd** air na thagh rugbaidh?
- Cia mheud sgoilear a ghabh pàirt anns an sgrùdadh seo?



3. Dh' fhosgail Dòmhnall 24 bogsaichean de shiùcaran. Chaidh na siùcaran anns gach bogsa a chunntadh. Seall air a' chlàr gu h-ìosal.

44	41	41	39	40	42	42	44
41	42	44	41	40	41	41	41
39	42	40	41	42	38	40	41



- a Dèan copaidh den chlàr-triceid seo agus cuir crìoch air.
 b Cia mheud bogsa anns an robh 40 siùcar?
 c Cia mheud bogsa anns an robh **barrachd is** 41 siùcaran?

Siùcaran	Stràc	Tricead
38		
39		

4. A h-uile bliadhna tha an clas as fheàrr ann an Àrd-sgoil an Dùin a' faighinn duais.

Tha an clàr seo a' sealltainn nan clasaichean a bhuannaich gach bliadhna eadar 1984 agus 2004.


- a Cuir am fiosrachadh seo ann an clàr-triceid airson cia mheud turas a bhuannaich gach clas.
 b Dè an clas as soirbheachaile a bh' ann?
 c Dè an clas as **truaighe** a bh' ann? Carson?

Àrd-sgoil an Dùin					
1984	AS 1	1991	AS 5	1998	AS 6
1985	AS 2	1992	AS 6	1999	AS 3
1986	AS 4	1993	AS 1	2000	AS 5
1987	AS 6	1994	AS 3	2001	AS 1
1988	AS 1	1995	AS 5	2002	AS 3
1989	AS 1	1996	AS 6	2003	AS 4
1990	AS 5	1997	AS 6	2004	AS 6








Faodaidh sinn grafan-cholbhan agus grafan-dhealbhan a chleachdadh airson fiosrachadh a thaisbeanadh.


5. Tha an graf-dhealbhan seo a' sealltainn cia mheud craobh a chaidh a chur gach mìos ann an gàrradh na sgoile. (Tha gach ìomhaigh a' riochdachadh 2 chraoibh.)






Iùl:  = 2 chraoibh.

- a Cia mheud craobh a chaidh a chur ann am:-
 (i) mìos 1 (**chan e** 2 an fhreagairt!)
 (ii) mìos 2 (iii) mìos 3
 (iv) mìos 4 (v) mìos 5?
 b Cia mheud craobh a chaidh a chur uile gu lèir?

Mìos 1	
Mìos 2	
Mìos 3	
Mìos 4	
Mìos 5	

6. Tha an **graf-dhealbhan** seo a' sealltainn cia mheud sgoilear a cheannaich rud aig bùth na sgoile gach latha an t-seachdain seo chaidh. (Cuimhnich coimhead ris an iùil).


Iùil :  = 4 sgoilearan.

Dil	
Dim	
Dic	
Diar	
Dih	

- a Cia mheud sgoilear a cheannaich rud :-
 (i) Diluain (**chan e** 2)
 (ii) Dimàirt (iii) Diciadain
 (iv) Diardaoin (v) Dihaoine?
- b Cia mheud sgoilear **a bharrachd** a cheannaich rud Dimàirt an coimeas ri Dihaoine?


7. Chaidh faighneachd do thidsearan dè an clas a b' fheàrr leotha. Tha an **graf-cholbhan** seo a' sealltainn nam freagairtean aca.

- a Cia mheud tidsear a thagh :-
 (i) P3 (ii) P4
 (iii) P6 (iv) P7?
- b Dè an clas a b' fheàrr leis na tidsearan?
- c Cia mheud tidsear a ghabh pàirt anns an sgrùdadh seo?




8. Chaidh faighneachd do sgoilearan dè an spòrs a b' fheàrr leotha. Tha na freagairtean air an taisbeanadh anns a' **ghraf-cholbhan** a leanas.

- a Cia mheud sgoilear a thagh :-
 (i) hocaidd
 (ii) ball-coise
 (iii) teanas
 (iv) snàmh?
- b Cia mheud sgoilear a ghabh pàirt anns an sgrùdadh seo?
- c Chan e sgoil mheasgaichte a tha seo - chan eil innte ach balaich no nigheanan. Saoil cò aca? Inns carson.



9. Chaidh faighneachd do chlas 1 ann an sgoil dè am biadh a b' fheàrr leotha.



- Cia mheud a thagh:-
(i) Pònairean (ii) Sliseagan (iii) Mìlsean (iv) Brot (v) Piotsa?
- Dè am biadh a b' fheàrr leotha?
- Cia mheud duine a bharrachd a thagh brot an coimeas ris na thagh mìlsean?
- Cia mheud sgoilear a ghabh pàirt anns an sgrùdadh seo?

10. Chaidh faighneachd do sgoilearan ann an clas 7 dè am peata a bh' aca.

cat	cù	coineanach	hamstair	nathair	buidsidh
6	8	3	7	1	5



Tarraing graf-cholbhan airson am fiosrachadh seo a thaisbeanadh.


11. Chaidh iarraidh air rùnaire àrachais crìoch a chur air sia seòrsaichean de phàipearan-àrachais.

Àrachas càir - 16	Àrachas beatha - 12
Àrachas peata - 8	Àrachas togalaich - 20
Àrachas broinn-taigh - 18	Àrachas saor-làithean - 15

Tarraing graf-cholbhan gus sealltainn cia mheud a bh' ann de gach seòrsa.

12. Chaidh faighneachd do sgoilearan ann an prìomh 6 agus 7 dè an ìre aig an robh iad ag obair ann am Matamataig. Seo na freagairtean aca.

A	B	D	E	E	E	D	B	A	C	C	E	D	E	D	C	D	B	C	A
B	C	B	D	D	D	D	D	D	E	E	D	B	C	B	D	D	A	C	D
E	C	C	A	E	E	D	D	E	D	B	B	C	D	B	C	D	D	E	C



- Tarraing clàr-triceid leis an fhiosrachadh seo.
- Tarraing graf-cholbhan gus am fiosrachadh a thaisbeanadh.


Graf-loidhne

'S urrainn dhuinn **graf-loidhne** a chleachdadh airson coimeas a dhèanamh air luachan a tha ag atharrachadh tro thìde.

Eisimpleir :-

Tha an graf-loidhne seo a' sealltainn cho àrd 's a bha Iòsaph bho 6 bliadhna a dh'aois suas gu 16 bliadhna a dh'aois.

Tha an loidhne bhuidhe a' sealltainn dhuinn gun robh Iòsaph 130 cm a dh'àirde nuair a bha e 10 bliadhna a dh'aois.



Eacarsaich 2


1. Cleachd an **graf-loidhne** gu h-àrd airson na ceistean a leanas a fhreagairt:-

- Dè cho àrd 's a bha Iòsaph nuair a bha e (i) 6 (ii) 12 (iii) 14?
- Dè an aois a bha Iòsaph nuair a bha e 150 cm a dh'àirde?
- Dè an aois a bha Iòsaph nuair a bha e 125 cm a dh'àirde?
- Dèan tuairmse air àirde Iòsaph nuair a bha e 7 bliadhna a dh'aois.




2. Seo **graf-loidhne** den àireimh de chàraichean a chaidh tarsainn air drochaid gach uair a thìde, air Diluain àraidh.

- Cia mheud càr a chaidh tarsainn air an drochaid aig :-
(i) 6.00m (ii) 8.00m
(iii) 10.00m (iv) meadhan-latha
(v) 1.00f (vi) 9.30m?
- Dè an uair aig an deach 350 càr tarsainn air an drochaid?
- Dèan tuairmse air an uair a bha e nuair a chaidh 250 càr tarsainn air an drochaid?
- Cuin a bha an leum bu mhotha ann an àrdachadh ìre na trafaig?
- Saoil carson a bha an trafaig cho trang timcheall air 9 m?




3. Tha an **graf-loidhne** seo a' sealltainn na reic Tony de reòiteagan (**ann an 100an**) eadar am Màrt is an Dùbhlachd 2002.



- Cia mheud reòiteag a reic Tony anns a' Chèitean? (**ann an 100an**)
- Cia mheud reòiteag a reic e anns :-
(i) a' Ghiblean (ii) an Iuchar (iii) an Dàmhair?
- Cia mheud reòiteag **a bharrachd** a reic e anns an Iuchar an coimeas ris na reic e anns an Ògmhios?
- (i) Cuin a thàinig an leum bu mhotha anns na chaidh a reic de reòiteagan?
(ii) Cuin a thàinig an t-ìsleachadh bu mhotha air na chaidh a reic?
- Cia mheud reòiteag a chaidh a reic eadar an Cèitean agus an t-Sultain?
- Saoil carson a bha na reic e ag èirigh is a' tuiteam san dòigh seo?




4. Tha an **graf-loidhne** seo a' sealltainn na reic Tony de chanastairean sùgh ann an seachdain.



- Cia mheud a reic e :-
(i) Diluain
(ii) Dihaoine
(iii) Disathairne?
- Dè an latha air an do reic e barrachd is 30 canastair?
- Aon latha, cha d'fhuair e a dh'obair. Dè an latha?
- Bha aon latha gu math teth ann. Dè an latha a bh' ann? Carson a tha thu a' smaoinichadh sin?

5. Tha an graf-loidhne seo a' sealltainn dhuinn na reic dà chompanaidh, **Cuibhlichean** agus **Rothan** de chàraichean.



a Dè an companaidh a reic an àireamh bu mhotha anns na mìosan a leanas:-

- (i) An Gearran
- (ii) An Giblean
- (iii) An Cèitean
- (iv) An t-Ògmhios?

b Cia mheud càr a reic gach companaidh anns na mìosan a leanas:-

- (i) An Cèitean
- (ii) An Màrt
- (iii) An Giblean?

c Dè an companaidh bu mhotha a reic de chàraichean **uile gu lèir** thairis air na mìosan air a' ghraf?

6. Chùm Raonaid clàr a' sealltainn a h-àirde bho aois 6 gu 16.


Tarraing **graf-loidhne** grinn gus am fiosrachadh seo a thaisbeanadh.

(**stiùireadh** : seall air an eisimpleir air duilleig 93)

Aois	6	8	10	12	14	16
àirde (cm)	120	130	135	135	150	155

7. Bha damhan-allaidh aig Màiri mar pheata. Chùm i clàr a' sealltainn cia mheud cuileag a dh'ith e gach latha.

Latha	Dil	Dim	Dic	Diar	Dih
Àireamh 	3	7	1	3	10



Tarraing **graf-loidhne** grinn gus am fiosrachadh seo a thaisbeanadh.

8. Tha an clàr a' sealltainn na h-àireimh de thadhail a fhuair sgioba ball-coise gach mìos.

Tarraing **graf-loidhne** grinn airson am fiosrachadh seo a thaisbeanadh.




Mìos	Tadhail
Lùnastal	20
Sultain	30
Dàmhair	15
Samhain	45
Dùbhlachd	10
Faoilleach	25

Clàr-cearcaill

Tha **Clàr-cearcaill** feumail airson fiosrachadh a thaisbeanadh ann an dòigh a tha furasta a thuigsinn.

Chaidh rannsachadh a dhèanamh air dè am peata a b' fheàrr le sgoilearan ann an clas 7.
Chaidh am fiosrachadh a thaisbeanadh anns a' chlàr-cearcaill seo.


Peataichean



Eacarsaich 3

- Seall air a' chlàr-cearcaill gu h-àrd. Sgrìobh an seòrsa peata **bu lugha** a bha a' còrdadh riutha.
 - Dèan **liosta** de na peataichean, a' tòiseachadh leis an fhear **a b' fheàrr** leotha sìos chun an fhir a **bu lugha** a bha a' còrdadh riutha.
- Chaidh faighneachd don chlas dè an deoch a b' fheàrr leotha.
 - Dè an deoch **a b' fheàrr** leotha?
 - Dèan liosta de na deochan, agus cuir iad ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an deoch **a b' fheàrr** leotha.


An deoch as fheàrr




Chaidh 10 "**roinnean**" a dhèanamh den chlàr-cearcaill seo.

Tha gach "**roinn**" den chlàr na $\frac{1}{10}$ den chlàr-cearcaill air fad.

Chì sinn gu bheil $\frac{5}{10}$ **anns na roinnean uaine (A)**.



- Seall air a' chlàr-cearcaill **gu h-àrd**. Cia mhead deicheadh a th' anns na roinnean **gorma (B)**?
 - Dè a' bhloigh a tha **na roinnean dearga (C)** a' riochdachadh?
- Chaidh faighneachd don chlas, dè an seòrsa taigh-bìdh a b' fheàrr leotha.
 - Dè a' bhloigh den chlas a thagh taigh-bìdh:-
 - Innseanach ($\frac{2}{10}$)
 - Sìonach
 - Eadailteach
 - Frangach?
 - Cuir iad ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an t-seòrsa a **b' fheàrr** le daoine.



Thoir sùil air ais air a' chlàr- Cearcaill ann an ceist 4.

Thagh $\frac{3}{10}$ taigh-bìdh Eadailteach.

Ma bha 20 sgoilear ann, thagh $\frac{3}{10}$ de 20 = $20 \div 10 \times 3 = 6$ taigh-bìdh Eadailteach.

A bheil thu a' faicinn gun do thagh 6 sgoilearan taigh-bìdh Eadailteach?

5. Seall a-rithist air a' chlàr- Cearcaill ann an ceist 4.

Anns a' chlas, cia mheud a thagh biadh:-

- a Frangach b Sìonach c Innseanach?

(Bu chòir gum faigh thu 20 sgoilear gu h-iomlan nuair a nì thu cur- ris air freagairtean a, b, c agus 6 airson taigh-bìdh Eadailteach).

6. Chaidh faighneachd do **chaogad** neach dè an t-àite dom bu toil leotha a dhol air saor-làithean.

Tha na freagairtean air an taisbeanadh anns a' chlàr- Cearcaill seo.

Obraich a-mach cia mheud neach a thagh:-

- a Ameireaga b An Spàinn
c An Fhraing d An Eadailt?



50 duine


7. Tha an clàr- Cearcaill seo air a roinn ann am **20 pìos co-ionann**.

- a Dè a' bhloigh a tha gach pìos a' riochdachadh?
b Dè a' bhloigh a tha a' riochdachadh:-
(i) Dinnear ($\frac{?}{20}$) (ii) Suipear
(iii) Diathad (iv) Bracaist?

Ghabh 100 neach pàirt anns an sgrùdadh seo.

- c Dè a th' ann an $\frac{1}{20}$ de 100?
d **Cia mheud** neach a thagh :-
(i) Dinnear (ii) Suipear
(iii) Diathad (iv) Bracaist?

An t-àm-bìdh as fheàrr




100 duine

8. Chaidh faighneachd do 100 sgoilear dè an cuspair a b' fheàrr leotha. Seo na freagairtean:

Matamataig - 50	Beurla - 20
Fraingis - 5	Saidheans - 15
Eachdraidh - 10	

Dèan copaidh den chlàr- Cearcaill is cuir crìoch air gus am fiosrachadh seo a thaisbeanadh.



A' mìneachadh chlàran

Eacarsaich 4



	Dih	Dis	Did
Ubhal	5	7	12
Orainsear	12	14	27

- Chì thu anns a' chlàr seo cia mheud ubhal agus orainsear a chaidh a reic aig an deireadh-seachdain.
 - Cia mheud **ubhal** a reic iad:-
 - Didòmhnaich
 - Disathairne
 - Dihaoine
 - uile gu lèir?
 - Cia mheud **orainsear** a reic iad:-
 - Didòmhnaich
 - Dihaoine
 - uile gu lèir?
 - Thairis air na trì làithean cia mheud orainsear a reic iad **a bharrachd** air na reic iad de ùbhlán?

- Bheir sùil air clàr-ama Asha, agus freagair na ceistean a leanas :-

- Cia mheud tràth san t-seachdain a bhios i a' dol gu clasaichean:-
 - Matamataig
 - Beurla
 - Spòrs
 - Ealain?

Tràth	1	2	3	4	5
Diluain	Matamataig	Fraingis	Spòrs	Eachdraidh	Ealain
Dimàirt	Beurla	Matamataig	Cruinn-eòlas	Creideamh	Fraingis
Diciadain	Ceòl	Beurla	Eachdraidh	Matamataig	Matamataig
Diardaoin	Cruinn-eòlas	Fraingis	Beurla	Spòrs	Spòrs
Dihaoine	E D	Fraingis	Ceòl	Matamataig	Beurla

- Dè an cuspair a th' aice:-
 - Diluain 2
 - Dihaoine 3
 - Diardaoin 4
 - Dimàirt 4?
- Sgrìobh na làithean agus na tràthan nuair a tha Asha aig:-
 - Matamataig
 - Fraingis
 - Ceòl
 - Ealain.

- Tha athair Dhòmhnail a' dol a cheannach baidhsagal ùr dha.

Tha an clàr a' sealltainn phrìsean airson nan diofar mheudan agus sheòrsaichean de bhaidhsagalan.

- Dè a' phrìs a tha baidhsagal:-
 - beag 'bargan'
 - meadhanach àbhaisteach
 - mòr àbhaisteach
 - mòr sònraichte?

	Beag	Meadhanach	Mòr
Bargan	£24	£28	£32
Àbhaisteach	£25	£30	£35
Sònraichte	£30	£36	£40

- Phàigh athair Dhòmhnail £25 airson a' bhaidhsagail. Dè an seòrsa a bh' ann?



àireamh de sheachdainean

Taigh-òsta	1	2	3	4
na Tràghad	£217	£299	£329	£349
nam Bàgh	£227	£311	£335	£350
na Grèine	£249	£299	£349	£399

4. Tha Mgr MacUilleim a' lorg àite don tèid e air saor-làithean.

a Dè chosgadh e dha fuireach ann an:-

(i) Taigh-òsta na Tràghad airson seachdain?

(ii) Taigh-òsta nam Bàgh airson dà sheachdain?

(iii) Taigh-òsta na Grèine airson ceithir seachdainean?

(iv) Taigh-òsta nam Bàgh airson ceithir seachdainean?

b Phàigh Mgr MacUilleim £299 don taigh-òsta a thagh e. Càit an do dh'fhuirich e agus dè cho fada 's a bha e ann?

c 'S ann airson aon duine a tha na prìsean anns a' chlàr.

Dè chosgas e uile gu lèir do Mhgr MacUilleim agus a bhean fuireach ann an:-

(i) Taigh-òsta na Tràghad airson seachdain?

(ii) Taigh-òsta na Grèine airson 2 sheachdain?



5. Tha an clàr seo a' sealltainn prìsean shaor-làithean.

Dè na chosgadh na saor-làithean

a leanas:-

a Mallorca, 1 inbheach airson seachdain?

b Malta, 1 inbheach airson 2 sheachdain?

c Portagail, 2 inbheach airson seachdain?

d Malta, 1 inbheach agus 1 phàiste airson 2 sheachdain?

e 2 sheachdain ann am Portagail airson Mgr Podge, a bhean agus triùir phàistean?



	1 seachdain		2 sheachdain	
	Inbheach	Pàiste	Inbheach	Pàiste
Mallorca	£149	£79	£189	£99
Portagail	£179	£69	£199	£89
Malta	£229	£99	£279	£129

6. Tha an clàr seo a' sealltainn cosgaisean postachd pharsailean.

a Dè chosgas e airson na leanas:-

(i) 2 cg, a' dol 3 km?

(ii) 14 cg, a' dol 12 km?

(iii) 9 cg, a' dol 7 km?

(iv) 11 cg a' dol 2 km?

b Phàigh mi £9 airson parsail a chur don phost.

Dè an cuideam a bh' ann, agus dè an t-astar a shiubhail e.

Astar \ Cuideam	suas gu 5 km	eadar 5-10 km	còrr air 10 km
1 - 5 cg	£5.50	£6.00	£8.50
6 - 10 cg	£7.50	£8.50	£10.50
11 - 20 cg	£8.50	£9.00	£12.50
nas motha na 20 cg	£10.50	£11.00	£15.00

Geàrr-chunntas



1. Chaidh faighneachd do chlas dè an companaidh aodaich a b' fheàrr leotha. Seo na freagairtean aca :



Nicke	Nicke	Crok	Sprint
Ted Perry	Asidas	Crok	Crok
Sprint	Nicke	Asidas	Ted Perry
Nicke	Nicke	Nicke	Asidas
Crok	Asidas	Sprint	Ted Perry
Nicke	Nicke	Crok	Crok

- a Dèan copaidh den **chlàr-triceid** seo agus cuir crìoch air.
 b Cia mheud sgoilear a bh' anns a' chlas?
 c Dè an companaidh **a b' fheàrr** leotha?

Aodach	Stràc	Tricead
Nicke	dèan copaidh den clàr	
Crok		
Asidas		
Ted Perry		
Sprint		






2. Tha an **clàr-dhealbhan** seo a' sealltainn nan àireamhan de sgoilearan a bhios a' tighinn gu trèanadh ball-coise an dèidh na sgoile gach latha.

- a Cia mheud sgoilear a bha a' cluich:-
 (i) Diluain?
 (ii) Dimàirt?
 (iii) Dihaoine?

Mura h-eil co-dhiù **90 sgoilear** aig an trèanadh tron t-seachdain, thèid a chur dheth an ath sheachdain


- b An tèid a chur dheth an ath sheachdain? Mìnich do fhreagairt.

Iùl: tha  a' riochdachadh 5 sgoilearan.

Dil	
Dim	
Dic	
Diar	
Dih	

3. Tha an **graf-cholbhan** seo a' sealltainn nan àireamhan de phocannan chriospaichean a chaidh a reic a reic aig bùth-sgoile.

- a Cia mheud a chaidh a reic de gach seòrsa?
 b Cia mheud a chaidh a reic uile gu lèir?




4. Chaidh faighneachd do dhaoine dè an t-àite a b' fheàrr leotha airson saor-làithean.

Ameireaga	An Spàinn	An Eadailt	An Fhraing	Breatainn
An Spàinn	An Eadailt	Breatainn	Ameireaga	Ameireaga
Ameireaga	An Spàinn	An Spàinn	An Spàinn	Ameireaga
An Spàinn	Breatainn	Ameireaga	An Spàinn	An Fhraing
An Spàinn	Ameireaga	An Spàinn	Breatainn	An Fhraing
Ameireaga	An Spàinn	An Fhraing	An Spàinn	Breatainn

- a Cleachd **clàr-shràcan** gus am fiosrachadh a shealltainn ann an **clàr-triceid**.
- b Tarraing **graf-cholbhan** airson am fiosrachadh seo a thaisbeanadh.

5. Tha an **graf-loidhne** seo a' sealltainn nan àireamhan de phàipearan a thug gille gu taighean sa bhaile fad seachdaine.

- a Sgrìobh cia mheud pàipear a thug e chun nan taighean gach latha.
- b Cia mheud pàipear a bh' ann uile gu lèir?
- c Dè na làithean a bha:-
 - (i) **còrr** is 36 pàipearean aige?
 - (ii) **nas lugha** na 33 pàipearean aige?




6. Tha **8 roinnean** co-ionann air a' chlàr-cearcaill seo. Seall air agus chì thu far an robh sgoilearan a' dol aig àm dinnearach.

- a Dè a' bhloigh dhiubh a bha a' dol **dhachaigh** aig àm dinnearach?
- b Dè a' bhloigh a tha a' riochdachadh:-
 - (i) cheapairean?
 - (ii) bùth/bhan?
 - (iii) dinnear-sgoile?

Ghabh **40 sgoilear** pàirt anns an sgrùdadh seo.

- c Cia mheud sgoilear:-
 - (i) a chaidh dhachaigh?
 - (ii) a thug leotha ceapairean?
 - (iii) a dh'fhalbh don bhùth/bhan?
 - (iv) a ghabh dinnear-sgoile?



7. Tha an clàr seo a' sealltainn nam prìsean ann an taigh-cluiche.

a Dè chosgadh e airson:-

- (i) aon tiogaid do inbheach anns na stàilichean Dimàirt?
- (ii) aon tiogaid do phàiste anns a' chearcall Dihaoine?
- (iii) Dà thiogaid do inbhich anns a' chearcall àrd Disathairne?
- (iv) Aon inbheach **agus** aon phàiste anns a' chearcall àrd Diciadain?

	Dil - Diar		Dih - Dis	
	Inbheach	Pàiste	Inbheach	Pàiste
Stàile	£15	£9	£22	£15
Cearcall	£12	£7	£19	£12
Cearcall Àrd	£10	£5	£17	£11

- b Tha Mgr Brus, a bhean agus dithis phàistean ag iarraidh thiogaidean anns a' chearcall àrd airson Dihaoine. Dè chosgas seo?
- c Nam biodh iad air a dhol ann **Diardaoin**, dè bhiodh iad air a shàbhaladh?



A' dèanamh sgrùdadh

Mus tòisich thu air sgrùdadh sam bith, feumaidh tu smaoinichadh mu na leanas:-

- na seòrsaichean cheistean a tha thu a' dol a dh'fhaighneachd.
- na daoine air an cur thu na ceistean.
- ciamar a tha thu a' dol a chur nam freagairtean ann an òrdugh.
- ciamar a tha thu a' dol a thaisbeanadh nam freagairtean.

'S dòcha gun cleachd thu **clàr-triceid**, **graf-cholbhan**, **graf-loidhne** no **clàr-cearcaill**.

1. Tagh **aon** chuspair bhon liosta gu h-ìosal agus dèan sgrùdadh air.

- a Meudan bròige a h-uile duine sa chlas.
- b A' mhìos den bhliadhna san do rugadh gach duine anns a' chlas.
- c An cartùn as fheàrr leis a' chlas.
- d An sgioba ball-coise nàiseanta as fheàrr leis a' chlas.
- e An seinneadair pop as fheàrr leis a' chlas.
- f A' bhracaist as fheàrr leis a' chlas.
- g Mar a bhios an clas a' siubhal don sgoil.
- h Cia mheud facal as urrainn do gach duine sa chlas a sgrìobhadh ann an 30 diog.
- i An àirde a th' anns gach sgoilear sa chlas.



2. Tagh **cuspair eile** bhon liosta - no lorg fhèin cuspair eile - agus dèan sgrùdadh air. (Dèan cinnteach gu bheil do dhàrna sgrùdadh eadar-dhealaichte bhon chiad fhear. Faodaidh tu obair ann am buidheann - Cuir do chlàr/ghraf air a' bhalla).

Ag iomadachadh agus a' roinn dheicheadan

Ag iomadachadh le 10 agus 100.

Ionnsaich na riaghailtean seo:-

Airson iomadachadh le 10,

=> gluais a h-uile figear **AON** cheum chun an taoibh **CHLÌ**
(no gluais a' phuing aon àite chun an taoibh dheis)

$$\begin{array}{r} 2.54 \\ \times 10 \\ \hline 25.4 \end{array}$$

Ma bhios tu ag iomadachadh le 100,

=> gluais a h-uile figear **DÀ** cheum chun an taoibh **CHLÌ**
(no gluais a' phuing dà àite chun an taoibh dheis)

$$\begin{array}{r} 26.725 \\ \times 100 \\ \hline 2672.5 \end{array}$$

Eacarsaich 1

1. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch air:-

- a 3.7×10 b 4.5×10 c 4.52×10 d 10×7.21
e 10×12.78 f 0.94×10 g 10×3.008 h 0.0147×10



2. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch air:-

- a 5.96×100 b 8.74×100 c 100×2.05 d 100×2.6
e 5.47×100 f 100×2.68 g 100×0.0589 h 0.0068×100

3. Tha 1.16 cg de chuideam ann am baga rus *Bob's Express*.

Dè an cuideam a th' ann an:- a 10 bagaichean b 100 baga?



4. Tha **100 ceudameatair** ann an **1 mheatair**. Cia mheud cm a th' ann an:

- a 4.14 m b 27.6 m c 0.9 m d 0.003 m?

5. Tha **10 millemeatair** ann an **1 cheudameatair**. Cia mheud millemeatair a th' ann an:-

- a 90.0 cm b 0.9 cm c 9.9 cm d 0.09 cm?

6. Tha 10 oghaichean aig a' chaillich.



Bidh i a' toirt beagan airgid dhaibh uile gach seachdain.

Bidh i a' toirt dhaibh buinn airgid a th' aice na sporan.

Thug i dhaibh £2.36 **an urra** air an t-seachdain seo chaidh.

Dè thug i dhaibh uile gu lèir?

7. Bhuannaich 100 duine air feadh na dùthcha £500.80 an urra an t-seachdain sa chaidh nuair a fhuair iad uile còig àireamhan ceart. Dè chosg seo do chompanaidh a' Chrannchuir Nàiseanta?



A' roinn le 10 agus 100.

Tionnsaich na riaghailtean seo:-

Airson roinn le 10,

=> gluais a h-uile figear **AON** cheum chun an taoibh DHEIS $\begin{array}{r} 4 \cdot 7 \cdot 8 \\ 10 \overline{) 47 \cdot 8} \end{array}$
(no gluais a' phuing aon àite chun an taoibh chli)

Airson roinn le 100,

=> gluais a h-uile figear **DÀ** cheum chun an taoibh DHEIS $\begin{array}{r} 2 \cdot 4 \cdot 7 \cdot 3 \\ 100 \overline{) 247 \cdot 3} \end{array}$
(no gluais a' phuing dà àite chun an taoibh chli)

Eacarsaich 2

1. Lorg freagairtean nan ceistean a leanas:-

- | | | | | | | | |
|---|-----------------------|---|------------------------|---|-----------------------|---|-----------------------|
| a | $14 \cdot 2 \div 10$ | b | $35 \cdot 9 \div 10$ | c | $7 \cdot 84 \div 10$ | d | $247 \cdot 5 \div 10$ |
| e | $23 \cdot 82 \div 10$ | f | $478 \cdot 27 \div 10$ | g | $57 \cdot 02 \div 10$ | h | $46 \div 10$ |
| i | $8 \div 10$ | j | $0 \cdot 34 \div 10$ | k | $0 \cdot 2 \div 10$ | l | $0 \cdot 047 \div 10$ |



2. Sgrìobh freagairtean airson nan ceistean a leanas:-

- | | | | | | | | |
|---|------------------------|---|-------------------------|---|-----------------------|---|------------------------|
| a | $488 \cdot 4 \div 100$ | b | $417 \cdot 12 \div 100$ | c | $15 \cdot 8 \div 100$ | d | $42 \cdot 04 \div 100$ |
| e | $470 \div 100$ | f | $9 \div 100$ | g | $5 \cdot 6 \div 100$ | h | $0 \cdot 6 \div 100$ |

3. a Chaidh 100 greimear-pàipeir an tomhas. Bha 42.7 graman annta. Dè an cuideam a th' ann an 1 ghreimear-pàipeir?



b Bha buidheann de 100 duine ann am factaraidh a' cur airgead don chlub airson tiogaidean crannchuir a cheannach. Thàinig 5 de na h-àireamhan suas agus bhuannaich iad £70 803.00 uile gu lèir. Dè na gheibh iad **an urra**?

c



Tha bodach a' cruinneachadh airgead ann an tiona airson a thoirt do 10 oghaichean. Shàbhail am bodach £25.20 air a' mhìos a chaidh seachad. Dè na fhuair gach ogha bhuithe?

4. Tha **10 milemeatair** ann an **1 cheudameatair**. Cia mheud cm a tha co-ionann ri:-

- | | | | | | | | |
|---|-------|---|---------|---|--------|---|---------|
| a | 60 mm | b | 80.3 mm | c | 427 mm | d | 0.6 mm? |
|---|-------|---|---------|---|--------|---|---------|

5. **1 meatair = 100 ceudameatair**. Cia mheud meatair a tha co-ionann ri:-

- | | | | | | | | |
|---|--------|---|---------|---|-------|---|-------|
| a | 303 cm | b | 4510 cm | c | 65 cm | d | 7 cm? |
|---|--------|---|---------|---|-------|---|-------|

6. Tha Mgr MacCoinnich a' cosg £35 air 100 leabhar.

Dè a' phrìs a tha **aon** leabhar?



Ag iomadachadh le figear singilte.

* Tha e riatanach gum bi thu eòlach air clàran nan uireadan.

Eisimpleir 1 $34 \cdot 8 \times 6$

Eisimpleir 2 $45 \cdot 29 \times 7$

$$\begin{array}{r} 34 \cdot 8 \\ \times 6 \\ \hline 208 \cdot 8 \\ \hline 2 \quad 4 \end{array}$$

Thoir an aire: tha na puingeagan os cionn a chèile

$$\begin{array}{r} 45 \cdot 29 \\ \times 7 \\ \hline 317 \cdot 03 \\ \hline 3 \quad 2 \quad 6 \end{array}$$

A-rithist, tha na puingeagan os cionn a chèile

Eacarsaich 3



1. Dè cho eòlach is a tha thu air clàran nan uireadan? Sgrìobh na freagairtean:-

- | | | | | | | | |
|---|--------------|---|--------------|---|--------------|---|----------------|
| a | 4×8 | b | 5×6 | c | 6×8 | d | 7×4 |
| e | 8×5 | f | 3×9 | g | 7×5 | h | 8×6 |
| i | 6×9 | j | 9×5 | k | 9×6 | l | 5×9 |
| m | 9×7 | n | 4×9 | o | 7×6 | p | 10×10 |
| q | 6×7 | r | 8×7 | s | 5×8 | t | 8×9 |
| u | 9×8 | v | 7×7 | w | 9×9 | x | 7×9 |

2. Ath-sgrìobh is cuir crìoch air na ceistean seo:-

- | | | | | | | | |
|-------|--------------|-------|--------------|-------|--------------|-------|--------------|
| a | $4 \cdot 9$ | b | $5 \cdot 8$ | c | $15 \cdot 3$ | d | $92 \cdot 3$ |
| | $\times 2$ | | $\times 3$ | | $\times 4$ | | $\times 5$ |
| <hr/> | | <hr/> | | <hr/> | | <hr/> | |
| e | $41 \cdot 7$ | f | $32 \cdot 6$ | g | $36 \cdot 6$ | h | $52 \cdot 7$ |
| | $\times 6$ | | $\times 7$ | | $\times 8$ | | $\times 9$ |
| <hr/> | | <hr/> | | <hr/> | | <hr/> | |
| i | $4 \cdot 87$ | j | $6 \cdot 52$ | k | $45 \cdot 8$ | l | $3 \cdot 87$ |
| | $\times 7$ | | $\times 6$ | | $\times 4$ | | $\times 8$ |
| <hr/> | | <hr/> | | <hr/> | | <hr/> | |
| m | $5 \cdot 67$ | n | $8 \cdot 26$ | o | $65 \cdot 8$ | p | $6 \cdot 84$ |
| | $\times 3$ | | $\times 5$ | | $\times 7$ | | $\times 9$ |
| <hr/> | | <hr/> | | <hr/> | | <hr/> | |

3. Sgrìobh iad seo mar a chì thu ann an ceist 2, agus cuir crìoch orra:-

- | | | | | | | | |
|---|-----------------------|---|-----------------------|---|-----------------------|---|-----------------------|
| a | $3 \cdot 4 \times 2$ | b | $2 \cdot 7 \times 3$ | c | $8 \cdot 6 \times 4$ | d | $5 \cdot 7 \times 3$ |
| e | $5 \times 6 \cdot 4$ | f | $4 \times 18 \cdot 6$ | g | $3 \cdot 17 \times 7$ | h | $6 \times 2 \cdot 83$ |
| i | $8 \times 5 \cdot 74$ | j | $5 \times 6 \cdot 98$ | k | $46 \cdot 3 \times 6$ | l | $9 \times 27 \cdot 6$ |

4. Feuch na ceistean a leanas. **Seall d' obrachadh!**

a Tha leabhar a' cosg £6.48.

Dè chosgadh 4 leabhraichean?



b Tha Emma ag obair ann am bùth-bèiceir gach Disathairne.

Ma dh'obraicheas i 8 uairean a thìde aig £5.46 san uair,
dè am pàigheadh slàn a gheibh i?



Na cleachd àireamhair

c



Tha 2.37 cm de leud ann am bonn-airgid 10 sg.

Ma nì thu loidhne de 9 buinn, dè cho fad 's a bhios i?

d Tha 8.29 cm de thighead ann am faclair.

Ma chuireas tu 6 air muin a chèile,
dè an àirde a bhios annta?



e Tha a' phacaid puinnsean-luibhean ag ràdh gum marbh i

luibhean air 25.8 m² de cheum.

Dè an fharsaingeachd a ghabhas a dhèanamh
le 7 pacaidean?

f



Tha baidhsagal aig Carol air mhàl air prìs £2.35 gach uair.

Ma chumas Carol am baidhsagal 6 uairean a thìde dè na bhios aice
ri phàigheadh?

g Dè chosgas 5 CDan ma tha aon CD £12.68?



h



Tha seilcheag a' siubhal 17.4 meatairean ann an
uair a thìde.

Dè cho fad 's a shiubhlas i ann an
8 uairean a thìde?

i Tha leud 9.37cm ann an aon leacag-balla.

Dè an leud de bhalla a chòmhdhaicheas pacaid le 6 leacagan?



j Chuir i 6.28 cm de shneachd gach latha airson seachdain.

Dè an doimhneachd de shneachd a chuir i uile gu lèir tron t-seachdain?



k



Tha 3.85 cg ann am pacaid casan circe.

Tha Ragnall a' ceannach 4 pacaidean.



Dè an cuideam a bhios aige ri thoirt dhachaigh
uile gu lèir?

A' roinn le figear singilte

* **A-rithist** - Feumaidh eòlas a bhith agad air clàran nan uireadan.

Eisimpleir 1 $16 \cdot 8 \div 6$

Eisimpleir 2 $29 \cdot 26 \div 7$



Eacarsaich 4

1. **Dè cho eòlach 's a tha thu air clàran nan uireadan?** Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-

a $32 \div 8$

b $30 \div 6$

c $48 \div 8$

d $28 \div 4$

e $40 \div 5$

f $27 \div 9$

g $35 \div 5$

h $48 \div 6$

i $54 \div 9$

j $45 \div 5$

k $54 \div 6$

l $45 \div 9$

m $63 \div 7$

n $36 \div 9$

o $42 \div 6$

p $80 \div 10$

q $42 \div 7$

r $56 \div 7$

s $40 \div 8$

t $72 \div 9$

u $72 \div 8$

v $49 \div 7$

w $81 \div 9$

x $63 \div 9$



2. Ath-sgrìobh is lorg na freagairtean:-

a $2 \overline{) 8.4}$

b $3 \overline{) 9.6}$

c $4 \overline{) 6.8}$

d $5 \overline{) 6.5}$

e $6 \overline{) 13.8}$

f $7 \overline{) 44.1}$

g $8 \overline{) 53.6}$

h $9 \overline{) 37.8}$

i $2 \overline{) 7.36}$

j $3 \overline{) 7.35}$

k $4 \overline{) 7.56}$

l $5 \overline{) 9.75}$

m $6 \overline{) 1.56}$

n $7 \overline{) 9.73}$

o $8 \overline{) 9.84}$

p $9 \overline{) 9.54}$

3. Sgrìobh na ceistean a leanas mar a chì thu ann an ceist 2 gu h-àrd.
Cuir crìoch orra:-

a $9.4 \div 2$

b $7.2 \div 3$

c $7.6 \div 4$

d $5.45 \div 5$

e $20.4 \div 6$

f $74.2 \div 7$

g $90.4 \div 8$

h $70.29 \div 9$

i $7.14 \div 6$

j $1.04 \div 8$

k $9.72 \div 9$

l $7.88 \div 4$

m $7.38 \div 2$

n $8.25 \div 3$

o $8.36 \div 4$

p $51.5 \div 5$

q $2.22 \div 6$

r $8.54 \div 7$

s $9.76 \div 8$

t $9.81 \div 9$

u $27.2 \div 4$

v $5.61 \div 3$

w $8.89 \div 7$

x $0.80 \div 8$

4. Feuch na ceistean seo. **Seall d' obrachadh!**

- a Tha 1.74 cg de chuideam ann an 6 pacaidean bhriosgaidean.

Dè an cuideam a th' ann an 1 phacaid?



- b Tha Alasdair a' cosnadh £54.88 airson a bhith ag obair 8 uairean a thède aig a' mhargaidh Disathairne.

Dè am pàigheadh a tha e a' faighinn san uair?



- c Airson an "treas cuid" no treasamh de rudeigin a lorg, tha thu **a' roinn le 3**.

(i) Dè th' ann an treasamh de 38.7? (ii) Dè th' ann an cairteal de 5.88?

(iii) Dè th' ann an còigeamh de 7.05? (iv) Dè th' ann an siathamh de 7.56?

(v) Dè th' ann an ochdamh de 92.0? (vi) Dè th' ann an naoidheamh de 1.71?

d



Tha càrn de 7 leabhraichean 30.66 cm a dh'àirde?

'S e an aon mheud a th' anns a h-uile leabhar.

Dè cho tiugh 's a tha 1 leabhar?

- e Chaidh ceathrar nigheanan don taigh-dhealbh.

Chosg na tiogaidean £10.92 uile gu lèir.

Dè a' phrìs a bha 1 tiogaid?



f



Tha treidhe de 6 fhlàraichean ann am poitean a' cosg £5.34.

Dè a' phrìs a tha aon phoit?

- g Chuir Flòraidh £7.02 don mheatair-parcaidh. Dh'fhàg i an càr an sin bho 8.00 m gu 5.00 f.

Dè chosgadh e an càr a' pharcadh airson 1 uair a thède?



- h Bha cuirm-seinn aig sgoilearan gus airgead a chruinneachadh airson carthannas.

Bha aca ri seinn fad 90 mionaid, ach sguir cuid de na sgoilearan às dèidh cairteal den ùine seo.

Cia mheud mionaid a bha iadsan a' seinn?



i



Fhuair 9 daoine bogsa de chleasan-teine eatarra.

Chosg am bogsa £5.13.

Dè bh' aig gach duine aca ri phàigheadh?

- j Bha soitheach agam le 2.4 liotair de liomaineud.

Bha 8 daoine a' tighinn a chèilidh orm agus roinn mi seo eatarra ann an dòigh chothromach.

Dè an tomhas de liomaineud a bh' anns an gach glainne?



Measgachadh

Anns an eacarsaich seo, feumaidh tu fhèin taghadh an e CUR-RIS, TOIRT-AIR-FALBH, IOMADACHADH no ROINNEADH a chleachdas tu.

FAODAIDH TU àireamhair a chleachdadh, ach feumaidh tu sealltainn dè an seòrsa obrachadh a tha thu a' dèanamh. **Na sgrìobh freagairt às aonais sin.**

Eacarsaich 5

1. Cheannaich Ròna бага airson £25.85 agus miotagan airson £17.99.
Dè na chosg i uile gu lèir?
2. Tha 2 CD ùr aig a' chòmhlán-ciùil "Gleadhraich".
Tha 42.3 mionaidean a dh'fhaid ann an aon CD ach chan eil ach 37.8 anns an CD eile.
Dè an diofar a tha eadar faid an dà CD?



3. Tha Dòmhnall ag obair 8 uairean a thìde a h-uile Disathairne, air £8.95 san uair.
Chan eil Dùghall, a bhràthair, a' faighinn ach £8.29 san uair, ach tha esan ag obair airson 9 uairean a thìde.
Cò as motha a tha a' faighinn, agus dè an diofar a tha eadar an dà phàigheadh?

4. Phàigh Sally £85.68 airson 6 leasain-dràibhidh.
Dè chosg aon leasan?




5. Cheannaich Sidney 3 geamaichean-coimpiutair, air £28.99, £32.45 is £23.10.
Phàigh e air an son le naoi bileagan £10. Dè an t-airgead a fhuair e air ais?

6. Bha balla 18 m aig Mandy .
Bha i ag iarraidh leacan cloiche 2.3 m a chur air bàrr a' bhalla.
Cheannaich Mandy 7 leacan. An robh gu leòr aice?



7. 'S e manaidsear oifis a th' ann an Lisa.
Chuir i òrdugh a-steach ag iarraidh 5 staplairean agus 4 tollairean-pàipeir.
Nuair a thàinig an t-òrdugh mhothaich i gun robh e caran daor. Bha e £12.
Dè na bha sin a bharrachd air na bu chòir?



8. Fhuair Dàibhidh inneal air mhàl airson brat-ùrlair a ghlanadh.
Chosg e £7.75 air siabann agus £2.65 airson gach uair a thìde.
Thill e leis an ceann 3 uairean a thìde. Dè phàigh e uile gu lèir?



9. Cheannaich Sandy 8 pacaidean guma-cagnaigh aig £0.63 an tè, 4 pacaidean tofaidh aig 92sg an tè agus 2 bhotal còc aig £1.23 am fear.
Gheall Roisin, a phiuthar, gum pàigheadh ise leth den chosgais iomlan.

Thug i £5 do Sandy. An tug i gu leòr dha? **Mìnich!**



10. Fhuair Seòras drile-dealain air mhàl o bhùth Sheumais Dhòmhnail.
Bha i a' cosg £32.96 airson 4 uairean a thìde.

Dè na chosgadh i airson uair a thìde?



11. Lìon Baraidh am motor-baidhc aige le peatrail.
Ghabh an tanca 9 liotairean aig £0.78 gach liotair.


Dè an iomlaid a fhuair e air ais bho £5 (pàipear) agus 3 buinn £1?



12. Tha an soitheach 'Eilean Fraoich' a' caitheamh 46.8 liotairean de chonnadh ann an cuairt 6 uairean a thìde.


Dè na chaitheas i de chonnadh ann an uair a thìde?



13.  Chaidh 16 deugairean don taigh-chluiche aig an deireadh-seachdain, agus chosg e £56.80 uile gu lèir.
Dè chosg e an urra?

14. Inns na chosgais e do na leanas airson tadhal air a' chaisteal:-
(cuimhnich air na cosgaisean parcaidh)

- a 20 inbheach ann am bus.
b 15 pàistean ann am bus beag.
c 2 inbheach agus 2 phàiste ann an càr.

<u>Cosgaisean Tadhal</u>		
	Inbheach £1.34	Pàiste 69sg
	Parcadh	
Bus £2.50	Càr £1.15	Bus beag £1.92

15. Thoir sùil eile air prìsean-tadhail a' chaisteil.

Thàinig buidheann de 12 duine don chaisteal ann am bus agus phàigh iad £15.33 ann an cosgaisean tadhal agus parcaidh.

Cia mheud inbheach a bh' anns a' bhuidheann agus cia mheud pàiste?

16. Bha latha spòrs na sgoile ann. Bha rèis-ruith aig na sgoilearan.

Seo na h-ùineachan a bh' aig na 5 sgoilearan bu luaithe:-

28.7 diogan 30.1 diogan 31.3 diogan 31.7 diogan 32.7 diogan

Obraich a-mach **cuibheas** nan ùineachan a bh' aca.



Geàrr-chunntas



1. Sgrìobh iad seo agus cuir crìoch orra:-

- a $3 \cdot 24 \times 9$ b $5 \times 4 \cdot 68$ c $7 \cdot 44 \div 4$ d $9 \cdot 59 \div 7$.

2. Sgrìobh na freagairtean:-

- a $5 \cdot 1 \times 10$ b $74 \cdot 3 \times 10$ c $7 \cdot 96 \times 10$ d $3 \cdot 2 \times 100$
e $56 \cdot 34 \times 100$ f $5 \cdot 74 \times 100$ g $4 \cdot 81 \div 100$ h $5 \div 100$

3. Tha sia bolgain-solais a' cosg £22.32.

Dè chosgas aon?



4. Tha бага saimeint a' còmhach 8 meatairean ceàrnagach nuair a tha e air a sgaoileadh gu tana air staran.

- a Nam bithinn ag iarraidh làr 126 meatairean ceàrnagach a chòmhdachadh le saimeant, cia mheud poca làn a dh'fheumainn?
(bi faiceallach)

- b Ma tha saimeant a' cosg £7.46 am poca, dè bhiodh agam ri phàigheadh?



5. Tha buidheann de 25 chloinne agus 4 inbhich a' dol gu Pàirc Uisge. Tha seo a' cosg £8.46 do gach inbheach. Gheibh a' chlann a-steach air leth-phrìs.

Feuch an lorg thu na chosgas e:-

- a do na h-inbhich b don chloinn c don bhuidheann gu lèir



6. Cheannaich Hazel is a còignear charaidean poca shliseagan an duine. Fhuair iad cuideachd uinnean picilte an duine. Chosg seo £9.36 uile gu lèir.

Chosg poca shliseagan £1.22. Feuch an lorg thu a' chosgais airson:-

- a nan sliseagan air fad
b nan uinneanan picilte air fad
c aon uinnean picilte.



7. Tha bùth Louise Leòbaig a' reic bhogsaichean de 20 bradan airson £69.40. Tha bùth Chaluum Crùbaig a' reic bhogsaichean de 24 bradain airson £82.32.

Feuch an lorg prìs aon bhradan anns gach bùth.

Cò a' bhùth as saoire?



Sùil air ais

"Co-aontaran" sìmplidh

Eisimpleir 1:- Thoir sùil air seo ('s e **co-aontar** a th' ann).

$$5 + * = 11 \quad - \quad \text{dè tha " * " a' riochdachadh?}$$

=> Cuir do chorrach air an rionnaig, **ga falach**, agus faighnich dhut fhèin:-

$$5 + \text{finger} = 11$$

" Tha 5 cur-ris **dè** co-ionann ri 11?

$$\Rightarrow * = 6$$

=> 'S e "6" an fhreagairt, mar sin tha " * " a' riochdachadh 6

3 eisimpleirean eile:-

$$3 \times * = 15$$

$$\Rightarrow * = 5$$

$$10 - * = 4$$

$$\Rightarrow * = 6$$

$$\frac{*}{6} = 3$$

$$\Rightarrow * = 18$$

3 eisimpleirean eadar-dhealaichte:-

Dè am fear de na 4 comharran, +, -, x agus ÷ a bu chòir a bhith an àite a' bhogsa gach turas?

$$12 \text{ } 6 = 6$$

$$\Rightarrow \text{ } = \text{"-"}"$$

$$2 \text{ } 3 = 5$$

$$\Rightarrow \text{ } = \text{"+"}$$

$$2 \text{ } 3 = 6$$

$$\Rightarrow \text{ } = \text{"x"}$$

Eacarsaich 1

1. Ath-sgrìobh na leanas agus obraich a-mach dè tha * a' riochdachadh gach turas:-

a $4 + * = 7$
=> * =

b $10 - * = 2$
=> * =

c $* \times 4 = 20$
=> * =

2. Lorg luach * anns na ceistean a leanas:-

a $6 + * = 20$

b $3 + * = 3$

c $18 + * = 30$

d $* + 11 = 19$

e $12 - * = 3$

f $20 - * = 10$

g $9 - * = 0$

h $7 - * = 7$

i $* - 4 = 7$

j $* - 10 = 19$

k $* - 3 = 0$

l $* - 5 = 4$

m $3 \times * = 21$

n $6 \times * = 48$

o $* \times 5 = 35$

p $9 \times * = 0$
 s $\frac{20}{*} = 10$

q $\frac{*}{3} = 6$
 t $36 \div * = 4$

r $\frac{*}{8} = 5$
 u $27 \div * = 9$

3. Anns na ceistean a leanas, tha am bogsa a' riochdachadh +, -, x no ÷. Obraich a-mach dè an comharra a bu chòir a bhith an àite gach :-

a $6 \text{ } 4 = 10$

b $12 \text{ } 2 = 10$

c $2 \text{ } 5 = 10$

d $30 \text{ } 3 = 10$

e $5 \text{ } 1 = 4$

f $5 \text{ } 1 = 5$

g $5 \text{ } 1 = 6$

h $8 \text{ } 2 = 4$

i $30 \text{ } 3 = 33$

j $36 \text{ } 4 = 32$

k $42 \text{ } 6 = 7$





l $50 \text{ } 10 = 500$

4. Cuir gach aon de na comharraidhean a leanas +, -, x no ÷, an àite *. A-nis long a h-uile freagairt a dh'fhaodadh a bhith ann don cheist $20 * 4$.

5. Cleachd na comharra +, -, x no ÷ an àite • agus * gus am faigh thu 16 freagairtean airson $24 \bullet 6 * 2$.



6. Thoir sùil air na sgèilichean a leanas agus obraich a-mach cuideam a' bhogsa dhuinn gach turas:-



7. Dè a' chèic as truime agus dè an diofar a tha eadar na dhà?







Cèic A



Cèic B

8. Dè cho fada 's a tha an t-slat **dhearg** anns na h-eisimpleirean a leanas?



9. Tha Sìne agus Lucy a' cunntadh an airgid.

Tha 22sg aig Sìne agus Lucy uile gu lèir, ach chan eil ach 13sg aig Sìne.

- Le 13sg, 22sg agus *sg (airgead Lucy), sgrìobh abairt mhatamataigeach a' sealltainn an t-suidheachaidh.
- Obraich a-mach dè na th' aig Lucy de airgead.

10. Airson gach ceist a leanas, sgrìobh co-aontar le +, -, x no ÷.

Cleachd an comharra * gus an àireamh a tha thu a' lorg a chomharrachadh.

An uair sin, sgrìobh luach * gach turas.

a Bha seoclaid aig Nick sa bheil 16 pìosan.

Dh'ith Nick cuid de na pìosan. Bha 5 aige air fhàgail.

Cia mheud pìos teoclaid a dh'ith Nick? (tòisich le $16 - * = 5$)

b Tha 5 buinn òir agam, anns a bheil cuideam iomlan de 100 gram.

Dè an cuideam a th' ann an 1 bhonn? (**Sgrìobh co-aontar an toiseach**).

c Bhuannaich buidheann de 4 caraidean beagan airgid air a' Chrannchur

Nàiseanta. Fhuair gach duine £7.

Dè na bhuannaich am buidheann uile gu lèir?

d Nuair a chaidh Seòras air na sgèilichean còmhla ris a' chù aige,

bha cuideam de 56 cg annta.

Tha fios aig Seòras gu bheil 47 cg ann fhèin.

Dè an cuideam a th' anns a' chù?

e Chosg 4 taidhrichean £160.

Dè tha 1 taidhear a' cosg?



f Bha 42 m ann am pìos ròpa. Chaidh a ghearradh ann am

pìosan co-ionann is 6 m anns gach pìos.

Cia mheud pìos ròp a bh' ann?



g Dh'fhaighnich cuideigin don Bh-ph Mhoireach dè an aois a bha i.

Dh'inns i breug - thuirte i nach robh i ach 39.

Ma thug i 8 bliadhna air falbh bhon aois cheart aice, dè an aois a tha i?



Co-aontaran

Ann am matamataig, mura h-eil fios againn air àireimh, bidh sinn a' cleachdadh litir a sheasas na h-àite. Mar as trice, chan e * a chleachdas sinn idir, ach **x**.

Eisimpleirean:-

$$\begin{aligned} x + 2 &= 7 \\ \Rightarrow x &= 5 \end{aligned}$$

$$\begin{aligned} x - 4 &= 5 \\ \Rightarrow x &= 9 \end{aligned}$$

$$\begin{aligned} 2 \times x &= 12 \\ \Rightarrow x &= 6 \end{aligned}$$

$$\begin{aligned} \frac{x}{10} &= 7 \\ \Rightarrow x &= 70 \end{aligned}$$

'S eisimpleirean de **cho-aontaran** a tha seo

Eacarsaich 2

1. Ath-sgrìobh gach co-aontar agus fuasgail e, gus luach **x** a lorg:-

a $x + 4 = 11$

b $x + 10 = 13$

c $7 + x = 19$

d $x + 7 = 7$

e $x - 5 = 2$

f $x - 9 = 1$

g $x - 6 = 6$

h $10 - x = 5$

i $20 - x = 9$

j $3 \times x = 18$

k $5 \times x = 35$

l $10 \times x = 60$

m $x \times 20 = 40$

n $\frac{x}{2} = 11$

o $\frac{x}{9} = 5$

p $x \div 8 = 3$

q $x \div 4 = 4$

r $30 \div x = 5$

2. Ged a bhios sinn a' cleachdadh **x** glè thrice, nì litir sam bith an gnothach. Ath-sgrìobh gach co-aontar agus fuasgail e, gus luach na litreach a lorg gach turas:-

a $y + 7 = 15$

b $t - 3 = 11$

c $4 \times p = 20$

d $\frac{m}{3} = 7$

e $g + 8 = 8$

f $w - 10 = 20$

g $f \times 7 = 49$

h $h \div 6 = 1$

i $1.5 + q = 4.5$

j $27 - z = 9$



k $8 \times s = 40$

l $36 \div d = 4$

3. Airson gach deilbh:-

(i) cleachd an litir airson co-aontar a sgrìobhadh.

(ii) fuasgail an co-aontar, is sgrìobh luach na litreach.



d



e




f




4. Chuir Iain agus Sandra na h-aoisean aca ri chèile agus 's e 29 an t-iomlan a fhuair iad. Tha Iain 13. Sgrìobh co-aontar agus fuasgail e gus aois Sandra a lorg.



5.  Chaidh meal-bhuc a ghearradh na 4 pìosan. Bha 300 gram anns gach pìos. Sgrìobh co-aontar, agus fuasgail e gus cuideam na meal-bhuic a lorg.

6. Chaidh iarraidh air an dorsair cunntadh cia mheud bòrd a bh' ann an talla. Cha do rinn e sin, 's ann a chunnt e casan nam bòrd. Fhuair e a-mach gun robh 240 cas-bùird ann. Sgrìobh co-aontar, agus fuasgail e airson lorg cia mheud bòrd a bh' ann. (tha 4 casan air gach bòrd)



7.  Ghabh Murchadh cupa tì. Dhòirt e 250 ml uisge às a' choire. Bha 1230 ml uisge air fhàgail sa choire. Sgrìobh co-aontar, agus fuasgail e gus an lorg thu dè an tomhas-lìonaidh de uisge a bh' anns a' choire an toiseach.

8. Thug mi 36 mionaidean a' coiseachd gu taigh mo charaid a bha a' fuireach 3 km air falbh. Sgrìobh co-aontar, agus fuasgail e airson obrachadh a-mach dè cho fad sa bheirinn a' coiseachd 1 km, a' dol aig an aon luaths.

9. Tha dà sheòrsa craobhan ann an gàrradh - craobhan-ubhail agus craobhan-pèire. Tha 42 craobhan ann uile gu lèir, agus 's e craobhan-pèire a th' ann an 18 dhiubh. Sgrìobh co-aontar, agus fuasgail e airson obrachadh a-mach cia mheud craobh-ubhail a th' ann.




10. Chaidh bogsa teòclaid a roinn gu cothromach eadar Ragnall, Raonaid, agus Ruairidh. Fhuair iad 13 teòclaidean an urra. Sgrìobh co-aontar, agus fuasgail e airson obrachadh a-mach cia mheud teòclaid a bh'anns a' bhogsa an toiseach.




Innealan-àireamhan (sùil air ais)

'S e inneal-àireamhan a th' againn air riaghailt mhatamataigeach far am bi sinn a' cruthachadh àireamhan ùra a-mach à àireamhan eile.



Eisimpleir:- Tha an **t-inneal-àireamhan** seo a' gabhail àireamh **A-STEACH** air aon taobh, ga dhùblachadh, agus a' cur freagairt **A-MACH** air an taobh eile.

Faodar seo a' sgrìobhadh mar:



Ma chuireas sinn an àireamh 8 a-steach:-



Eacarsaich 3

1. Thoir sùil eile air an inneal a nì **dùblachadh**.




a Dè an àireamh a thig **a-mach** nuair a chuireas tu **a-steach**:-

- (i) 7 (ii) 10 (iii) 50 (iv) 1·2 (v) 0?

b Dè an àireamh a chaidh **a-steach** ma thig na leanas a-mach:-

- (i) 6 (ii) 30 (iii) 5000 (iv) 6·4 (v) 9?

2. Seo inneal-àireamhan ùr.




a Dè a bhios a' tighinn **a-mach** nuair a chuireas tu **a-steach** an àireamh:-

- (i) 7 (ii) 2 (iii) 0 (iv) 25 (v) 6·5?


b Dè an àireamh a chaidh **a-steach** ma thig na leanas a-mach:-

- (i) 25 (ii) 22 (iii) 50 (iv) 11·5 (v) 6311?


3. Seo innealan-àireamhan eile.




inneal A



inneal B




inneal C



inneal D

- a Dè thig a-mach à inneal **C** ma chuireas tu **5** a-steach?
- b Dè thig **a-mach** nuair a chuireas tu na h-àireamhan a leanas do na h-innealan a leanas:-
 - (i) 7 do inneal A
 - (ii) 24 do inneal D
 - (iii) 17 do inneal B?
- c Dè an àireamh a chaidh **a-steach** ma thig na leanas **a-mach**:-
 - (i) 10 à inneal A
 - (ii) 36 à inneal C
 - (iii) 9 à inneal D?


4. Tha an diagram seo a' sealltainn prìsean loiliopopan.



àireamh	cosgais (sg)
1	8sg
2sg
3sg
4sg
5sg
6sg

- a Dèan copaidh den chlàr agus cuir crìoch air.
- b Ath-sgrìobh an seantans seo is cuir crìoch air:-
"Gus cosgais nan diofar àireamhan de loiliopopan a lorg, iomadaich an àireamh de loiliopopan le"

c Faodaidh sinn seo a riochdachadh le inneal-àireamhan.



Dèan copaidh den inneal-àireamhan agus lìon am beàrn a th' anns a' bhogsa anns a' mheadhan.

d Feuch an lorg thu cosgais 10 loiliopopan leis an inneal.

5. Seo riaghailt airson deagh chupa tè a dhèanamh:-

"1 бага-тì airson gach duine + 1 airson na poite".

Seall air a' chlàr seo a-nis:-

daoine	1	2	3	4	5	6
багаичеан-т	2	3




- a Dèan copaidh den chlàr agus cuir crìoch air.
- b Ath-sgrìobh is cuir crìoch air an riaghailt seo gus deagh chupa tè a dhèanamh.
"Ma tha àireamh dhaoine agad a tha ag iarraidh cupa tè, chan eil agad ach a chur ris an àireimh seo gus an àireamh cheart de bhagaichean-tì a lorg".

c Ath-sgrìobh is cuir crìoch air an inneal-àireamhan gu h-ìosal gus an riaghailt seo a sgrìobhadh ann an dòigh eile.



6. 'S e **CUAIRT-THOMHAS** an t-ainm a th' air an fhaid iomlan mu chuairt air cumadh.

Triantan ionann-thaobhach



a Dèan copaidh is cuir crìoch air a' chlàr seo a' sealltainn cuairt-thomhasan thriantan ionann-thaobhach.

Faid aon taoibh	1 cm	2 cm	3 cm	4 cm	5 cm	6 cm
Cuairt-thomhas	3 cm	6 cm

b Ath-sgrìobh is cuir crìoch air an t-seantans a leanas:-


"Airson cuairt-thomhasan triantan ionann-thaobhach a lorg, bidh thu fad aon taoibh le" "

c Ath-sgrìobh is cuir crìoch air an inneal-àireamhan seo a chuidicheas tu gus cuairt-thomhasan thriantan ionann-thaobhach a lorg.



d Dè an cuairt-thomhas a thig **a-mach** nuair a tha aon taobh 10 cm?

7. Seall air na **còig-cheàrnachan** a leanas.




a Ath-sgrìobh is cuir crìoch air a' chlàr a leanas.

Faid aon taoibh	1 cm	2 cm	3 cm	4 cm	5 cm	6 cm
Cuairt-thomhas	5 cm

b Dèan dealbh de inneal-àireamhan a sheallas seo.



c Mas e 400 an àireamh a thig **a-mach** às an inneal-àireamhan seo, dè an àireamh a chaidh **a-steach**?

8. Gabhaidh 2 (no barrachd) inneal-àireamhan a **cheangal** ri chèile.







- a Dè thig a-mach às an inneal seo ma chuireas tu 5 **a-steach**?
- b Dè thig a-mach às an inneal ma chuireas tu na h-àireamhan a leanas a-steach:-
 (i) 3 (ii) 4 (iii) 10 (iv) 0 (v) $\frac{1}{2}$?

9. Seall air an 2 inneal-àireamhan seo.



- a Dè thig a-mach nuair a thèid 6 a-steach do inneal:- (i) A (ii) B?
- b Dè thig a-mach nuair a thèid 10 a-steach do inneal:- (i) A (ii) B?
- c Tha an dà inneal seo a' dèanamh "x 2" agus "+ 3", ach chan ann san aon òrdugh. An e an aon fhreagairt a thig a-mach asta an dèidh an aon àireamh a chur a-steach.


10. Seo ceithir innealan eile.



Dè na h-àireamhan a thig a-mach às na h-innealan ma chuireas tu na h-àireamhan a leanas a-steach:-

- a 7 do inneal P b 3 do inneal Q c 12 do inneal R
- d 4 do inneal S e 0 do inneal R f 4 do inneal Q?

11. Nuair a thèid 3 a-steach don inneal seo, thig an àireamh 32 a-mach.



Dè an àireamh a tha * a' riochdachadh?


12. Ma tha àireamh shònraichte de chluicheadairean ann an sgioba ann an geama, tha riaghailt againn a lorgas an àireamh de dhaoine air a' phàirc (**rèitire cuideachd**):-

cluicheadairean anns gach sgioba = 2 daoine air a' phàirc = 5	cluicheadairean anns gach sgioba = 3 daoine air a' phàirc = 7	cluicheadairean anns gach sgioba = 4 daoine air a' phàirc = 9
--	--	--

a Ath-sgrìobh is cuir crìoch air a' chlàr seo.

Cluicheadairean anns gach sgioba	1	2	3	4	5	6
Daoine air a' phàirc	...	5	7

b Faodaidh sinn seo a shealltainn le inneal-àireamhan.



Dèan copaidh den inneal agus cuir crìoch air.

c Cleachd an t-inneal gus an àireamh de dhaoine air a' phàirc a lorg ma tha 11 cluicheadairean anns gach sgioba.

13. Tha thu a' faighinn àradh air mhàl on bhùth "Iasadan Iongantach". Seo na prìsean aca:-

- £6 airson barantas
- £4 airson gach latha a bhios e agad.



Eisimpleir:- Iasad **2** latha -> cosgais = £6 + (2 x £4) = £14.


Iasad airson **3** làithean -> cosgais = £6 + (3 x £4) = £18.

a Dèan copaidh den chlàr seo is cuir crìoch air le cosgaisean "Iasadan Iongantach".

Àir. làithean	1	2	3	4	5	6
Cosgais iomlan	...	£14	£18

b Faodar seo a shealltainn le inneal-àireamhan.

Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-



c Cleachd an t-inneal gus obrachadh a-mach dè na chosgadh e àradh fhaighinn air mhàl airson 10 làithean. (Cuir 10 **a-steach** don inneal).

Geàrr-chunntas

1. Feuch an obraich thu a-mach dè tha an * a' riochdachadh gach turas:-

a $9 + * = 15$
 $* = \dots$

b $10 - * = 6$
 $* = \dots$

c $3 \times * = 21$
 $* = \dots$

2. Dè tha an a' riochdachadh gach turas?

a $4 + \text{input} = 11$

b $\text{input} \times 5 = 30$

c $\frac{\text{input}}{3} = 10$

d $\text{input} - 7 = 7$

e $\frac{20}{\text{input}} = 4$

f $4 \times \text{input} = 0$

g $\frac{\text{input}}{2} = 1.5$

h $\text{input} + 2.1 = 3.3$

i $\text{input} - 25 = 0$

3. Tha a' riochdachadh +, -, x no ÷ anns na ceistean a leanas.
 Dè am fear a tha e a' riochdachadh gach turas:-

a $6 \text{ input } 2 = 4$

b $6 \text{ input } 2 = 12$

c $6 \text{ input } 2 = 3$

d $6 \text{ input } 2 = 8$

e $12 \text{ input } 3 = 4$

f $4 \text{ input } 2 = 8$

g $1.5 \text{ input } 1.5 = 3$

h $8 \text{ input } 8 = 0$

i $8 \text{ input } 8 = 1$

4. Fuasgail gach co-aontar (lorg luach na litreach):-

a $x + 5 = 11$

b $x - 3 = 17$

c $5 \times w = 50$

d $\frac{a}{6} = 4$


e $y - 9 = 9$

f $24 \div m = 8$

5. Tha 38 cg ann an Gina agus tha * cg ann an Tina. 'S e 70 cg an cuideam iomlan aca.

a Sgrìobh co-aontar airson seo, a shealltainn. Cleachd *.

b Fuasgail an co-aontar gus cuideam Tina a lorg.



a Dè an àireamh a thig a-mach nuair a thèid:-

- (i) 7 a-steach do inneal A (ii) 12 a-steach do inneal B?


b Dè an àireamh a chaidh a-steach ma thig:-

- (i) 15 a-mach do inneal A (ii) 11 a-mach do inneal B?


7. Tha 5 taidhrichean aig càr: 4 air na cuibhlichean + 1 air a' chuibhle sa chùl
- a Dèan copaidh den chlàr seo, agus cuir crìoch air.

Àir. chàraichean	1	2	3	4	5	6
Àir. thaidhrichean	5

- b Tarraing inneal-àireamhan a sheallas cia mheud taidhear a th' ann, nuair a chuireas tu an àireamh de chàraichean a-steach don inneal.



8. Seall air an inneal seo.




- a Dè thig **a-mach** nuair a chuireas tu 23 **a-steach**?
- b Chaidh àireamh a-steach, agus thàinig **2** a-mach. Dè an àireamh a chaidh a-steach?

9. Tha 30 gram ann am bogsa.
Tha 12 gram ann an rubair.

Ma tha **2** rubair anns a' bhogsa, 's e $(2 \times 12) + 30 = 54g$ an cuideam iomlan.

Ma tha **3** rubairean anns a' bhogsa, 's e $(3 \times 12) + 30 = 66g$ an cuideam iomlan.




- a Tha an clàr seo a' sealltainn cuideam iomlan a' bhogsa nuair a tha diofar àireamhan de rubairean na bhroinn. Dèan copaidh dheth is cuir crìoch air.

Àir. de rubairean	1	2	3	4	5	6
Cuideam iomlain	...	54g	66g

- b Faodaidh sinn seo a shealltainn le inneal-àireamhan.

àir. de rubairean



cuideam iomlan.

Dèan copaidh den inneal is cuir crìoch air.

- c Cleachd an t-inneal gus obrachadh a-mach dè an cuideam iomlan a th'ann am bogsa sa bheil 10 rubairean.


Seòrsaichean de cheàrnan

Tha iomadh diofar "**seòrsa**" de cheàrn ann.




Eacarsaich 1


1. Tagh facal bhon liosta gu h-àrd a fhreagras air gach ceàrn **dearg** a leanas:-




2. Inns dè an **seòrsa** ceàirn a th' anns gach ceàrn **gorm** anns na triantan seo:-



3. Inns dè an **seòrsa** ceàirn a th' anns gach ceàrn **pinc** anns na cumaidhean seo:-



4. **Dèan copaidh** den diagram a leanas agus tarraing loidhne eadar na seòrsaichean cheàrnan agus na mìneachaidhean.



5. Thoir sùil air na ceàrnan a leanas:-

210° , 88° , 110° , 17° , 60° , 180° , 176° , 91° , 90° , 335° , 31° , 169°

Inns dè an fheadhainn a tha:-


- a caol b farsaing c dìreach d ceart e fosgailte.

Ag ainmeachadh cheàrnan

Cuimhnich gu bheil ceàrn air a chruthachadh le dà **chois** agus **gob** (oisean).

Bidh sinn ag ainmeachadh cheàrnan le trì litrichean mòra.

Feumaidh litir a' ghuib a bhith **sa mheadhan**.




'S e $\angle BAC$ an dòigh sgiobalta air ceàrn **BAC** a sgrìobhadh.

Eacarsaich 2










1. Cleachd 3 LITRICHEAN airson gach ceàrn **dearg** ainmeachadh:-

(Cleachd an soidhne " \angle " gach turas).



2. Cleachd **TRÌ** litrichean airson gach ceàrn ainmeachadh agus inns dè an **SEÒRSA** ceàirn a th' ann gach turas:-




Eisimpleir - Is e ceàrn **caol** a th' ann an $\angle GHF$.



3. Seall air an triantan TSV:-

A-nis thoir sùil air na triantan a leanas:-

Tha $\angle TSV$ **uaine**.
 Tha $\angle STV$ **dearg**.
 Tha $\angle TVS$ **gorm**.



Airson gach triantain ainmich :-

a an ceàrn **dearg** b an ceàrn **uaine** c an ceàrn **gorm**.

4. Dèan copaidh den diagram seo.

Tha dath **buidhe** air $\angle ACD$.

Cuir dath:-


a **dearg** air $\angle EDC$

b **uaine** air $\angle CED$

c **gorm** air $\angle ACB$ agus $\angle DCE$

d **buidhe** air $\angle ECB$.

(Carson a tha thu a' smaoinichadh a tha dath buidhe air $\angle ACD$ agus $\angle ECB$?)




A' Tomhas Cheàrn

Cuimhnich: airson meud ceàirn a thomhas le protractair:-


Ceum 1 : cuir meadhan a' phrotractair air a' ghob

Ceum 2 : tionndaidh am protractair gus am bi an loidhne neoni air muin na coise

Ceum 3 : cunnt suas bho neoni agus leugh an sgèile far a bheil a' chas eile ga coinneachadh.



Leis an sgèile a-muigh $\angle PQR = 30^\circ$



Leis an sgèile a-staigh $\angle GKJ = 130^\circ$

Bu chòir dhut tuairmse a dhèanamh **mus** tomhais thu ceàrn.

Eacarsaich 3


1. Ainmich agus sgrìobh meud gach ceàirn a leanas (m.e. $\angle PQR = 30^\circ$):-

a b c d e f g h i

2. Cha bu chòir dhut protractair a chleachdadh an seo idir.


Airson gach ceàirn, inns dè an fhreagairt as freagarraiche:-

a




(i) 40°
(ii) 60°
(iii) 88°

b




(i) 10°
(ii) 30°
(iii) 70°

c




(i) 60°
(ii) 85°
(iii) 110°

d




(i) 100°
(ii) 140°
(iii) 170°

e















(i) 15°
(ii) 50°
(iii) 75°

f



(i) 100°
(ii) 120°
(iii) 160°

3. Airson gach ceàirn **deirg**:- (i) thoir tuairmse air a' mheud (agus)
(ii) tomhais am meud le protractair.



A' dealbhadh cheàrnan


Eisimpleir:- Tarraing $\angle ABC = 40^\circ$

Ceum 1 : Tarraing loidhne le puing aig aon cheann

Ceum 2 : Cuir teis-mheadhan a' phrotractair air a' phuing agus an neoni air an loidhne

Ceum 3 : Cunnt timcheall bho neoni agus comharraich far a bheil 40° le puing eile

Ceum 4 : Ceangail na puingeann ri chèile agus sgrìobh na litrichean (cuir B anns a' mheadhan)



Eacarsaich 4

1. Tarraing loidhne 6 cm agus cuir puing aig aon cheann (an taobh clì).

Le protractair, dèan dealbh de $\angle BFG = 30^\circ$.



2. Dèan dealbh de na ceàrnan a leanas san aon dòigh:-

- | | | | |
|----------------------------|----------------------------|----------------------------|----------------------------|
| a $\angle ABC = 50^\circ$ | b $\angle PTY = 90^\circ$ | c $\angle LMK = 10^\circ$ | d $\angle RWT = 20^\circ$ |
| e $\angle RAT = 100^\circ$ | f $\angle WXY = 110^\circ$ | g $\angle ACT = 150^\circ$ | h $\angle QET = 130^\circ$ |
| i $\angle YUM = 45^\circ$ | j $\angle HJK = 75^\circ$ | k $\angle SWA = 15^\circ$ | l $\angle BUM = 135^\circ$ |

3. (Nas dorra) Dèan dealbh de na ceàrnan a leanas:-

- | | | | |
|---------------------------|----------------------------|----------------------------|----------------------------|
| a $\angle ABH = 38^\circ$ | b $\angle XTC = 22^\circ$ | c $\angle KLM = 49^\circ$ | d $\angle STV = 76^\circ$ |
| e $\angle PIJ = 96^\circ$ | f $\angle TRG = 108^\circ$ | g $\angle DAZ = 173^\circ$ | h $\angle YUK = 123^\circ$ |
| i $\angle FST = 8^\circ$ | j $\angle REW = 111^\circ$ | k $\angle JIL = 144^\circ$ | l $\angle BAD = 190^\circ$ |


4. Seo sgeidse shìmplidh de $\triangle PQR$. Gus dealbh mionaideach a dhèanamh, lean na ceumannan seo:-

Ceum 1 : Tarraing an loidhne $QR = 6$ cm. (Sgrìobh litrichean Q is R air an diagram).




Ceum 2 : Cuir do phrotractair aig Q agus tarraing ceàrn 40° .

Ceum 3 : Cuir do phrotractair aig R agus tarraing ceàrn 60° .

Ceum 4 : Sgrìobh P air a' phuing far a bheil na loidhnichean sin a' coinneachadh.




5. Dèan dealbh mionaideach de gach triantan:-




A' lorg meud ceàirn

Cuimhnich:


Tha 90° ann an ceàrn ceart



Tha 180° ann an 2 cheàrn cheart (ceàrn dìreach).



Tha 360° ann an 4 ceàrnna cearta (cuairt iomlan).



Uaireannan 's urrainn dhuinn meud ceàirn a lorg gun phrotractair.

Eisimpleirean Lorg meud a' cheàirn gach turas:-




$? + 30 = 90$
mar sin $? = 60^\circ$













$? + 70 = 180$
mar sin $? = 110^\circ$

$? + 100 + 140 = 360$
mar sin $? = 120^\circ$










Eacarsaich 5

1. Obraich a-mach meud a' cheàirn ? gach turas:-








2. Obraich a-mach meud a' cheàirn ? gach turas:-








Ceàrnan mu choinneamh a chèile

Eacarsaich 6

- Seo dà loidhne a tha a' trasnadh a chèile.
 - Tomhais na ceàrnan **p**, **q**, **r** agus **s**.
 - Dè tha thu a' mothachadh mu dheidhinn **p** agus **r**?
 - Dè tha thu a' mothachadh mu dheidhinn **q** agus **s**?
- Tomhais na ceàrnan **e**, **f**, **g** agus **h**.
 - Dè tha thu a' mothachadh mu dheidhinn
 - e** agus **g**
 - f** agus **h**?
- A **h-uile turas** a bhios dà loidhne a' trasnadh a chèile mar seo, tha rud sònraichte fìor mu mheud nan ceàrnan a tha mu choinneamh a chèile. Saoil dè th' ann?



- Sgrìobh meud gach ceàirn **a**, **b**, **c**, **d**, **e**, **f** :-




- Tha aon cheàrn de 38° anns an diagram seo. Am faca tu gu bheil an:-

$$\text{ceàrn uaine} + 38 = 180^\circ.$$

Sgrìobh meud:-

- a' cheàirn **uaine** *(NA tomhais e idir)
- a' cheàirn **dheirg**
- a' cheàirn **ghuirm**.




- Dèan sgeidse de gach diagram ann an **Ceist 4**.
 - Lìon a-steach meud **a h-uile** ceàirn anns na sgeidsichean agad.

Ceàrnan "F" agus "Z"

Ceàrnan co-fhreagarrach

Ma tha loidhnichean co-shìnte ann an diagram, uaireannan tha na ceàrnan coltach ris an litir F.

'S e **ceàrnan co-fhreagarrach** a chanas sinn ri **ceàrnan-F**.




Eacarsaich 7


1. Tomhais na ceàrnan **dearga** anns an diagram gu h-àrd. Dè tha thu a' mothachadh mu mheud nan ceàrnan dearga?

2. (A bheil thu a' faicinn cheàrnan-F anns an diagram seo?)




Tomhais na ceàrnan **dearga** anns an diagram. Dè tha thu a' mothachadh mu dheidhinn meudan nan ceàrnan co-fhreagarrach seo?



3. Dè tha fìor mu mheudan cheàrnan-F a **h-uile turas**?





4. Sgrìobh meud nan ceàrnan **a**, **b** agus **c**.






5. Cuimhnich:-

agus




Dèan **copaidh** de na diagraman a leanas agus sgrìobh gach meud ceàirn a tha a dhìth:-



Ceàrnan mu-seach

Ma tha loidhnichean co-shìnte ann an diagram, uaireannan tha na ceàrnan coltach ris an litir Z.

'S e **ceàrnan mu-seach** a chanas sinn ri **ceàrnan-Z**.




6. Tomhais na ceàrnan **dearga** anns an diagram gu h-àrd. Dè tha thu a' mothachadh mu mheud nan ceàrnan dearga?


7. (A bheil thu a' faicinn cheàrnan-Z anns an diagram seo?)

Tomhais na ceàrnan **uaine** anns an diagram.




Dè tha thu a' mothachadh mu mheud nan ceàrnan mu-seach seo?








8. Dè tha fìor mu mheudan cheàrnan-Z a **h-uile turas**?



9. Sgrìobh meud nan ceàrnan **a**, **b** agus **c**.



10. Dèan **copaidh** de na diagraman a leanas agus lìon a-steach gach meud ceàirn a tha a dhìth:-




Àirdean na combaist

Faodar 4 prìomh àirdean na combaist

Tuath, Deas, Ear agus Iar

a leudachadh gu 8 anns an dòigh a leanas.

Tha ET a' riochdachadh Ear-Thuath msaa.



Cuimhnich:

$360^\circ = 1$ chuairt

$180^\circ = \frac{1}{2}$ chuairt

$90^\circ = \frac{1}{4}$ chuairt

Eacarsaich 8

1. Dèan copaidh den chombaist seo agus ainmich na h-ochd àirdean.

2. Cia mheud puing a tha eadar:-

a Tuath is Ear (deasail)

c Tuath is Iar (tuathal)

e Tuath is Ear-Thuath (deasail)

g Ear is Iar (tuathal)

i IT is Ear (deasail)

b Ear is Deas (deasail)

d Tuath is Iar (deasail)

f Tuath is Ear-Dheas (deasail)

h ED is Iar (deasail)

j Ear is IT (tuathal)

3. a Bha Iain a' coimhead don àird an Ear. Chuir e $\frac{1}{4}$ chuairt deasail.

Dè an àird don robh e a' coimhead a-nis?

b Bha Murchadh a' dràibheadh don Iar-Dheas nuair a ràinig e cearcall-rathaid. Thionndaidh e an càr 180° deasail.

Dè an àird don robh Murchadh a' dol an uair sin?

c Bha plèana a' siubhal don Ear-Dheas. Thionndaidh i 90° deasail.

Dè an àird don robh e a' dol an uair sin?

d Tha gunna an tanca seo a' coimhead don Iar-Dheas.

Cia mheud puing a dh'fheumadh e tionndadh airson a bhith a' coimhead don:

(i) Tuath (deasail)


(ii) Ear (tuathal)

(iii) Ear (deasail)

(iv) Deas (deasail)?

e Bha Ailean a' coiseachd don Iar-Thuath. Thionndaidh e 90° tuathal is chùm e a' dol. An uair sin thionndaidh e 135° deasail.

Dè an àird don robh e a' dol an uair sin?



- f Bha Ailig a' coiseachd don Ear-Dheas.
Thionndaidh e 270° deasail.
Thionndaidh e an uair sin 45° tuathal.



Dè an àird don robh Ailig a' coiseachd an uair sin?

g




Bha bàta a' seòladh don Iar-Thuath.
Thionndaidh i tuathal is bha i a-nis
a' seòladh don Ear-Thuath.

Cia mheud puing a thionndaidh am bàta?

- h Bha bàt'-aigeil a dol don Ear.
Dh'òrdaich an sgiobair:-

- *Tionndaidh tuathal 135° is rach air adhart 100 m.*
- *Tionndaidh deasail 45° is rach air adhart 50 m.*
- *Tionndaidh deasail 225° is rach air adhart 75 m.*
- *Tionndaidh 180° tuathal.*



Dè an àird don robh am bàt'-aigeil a' dol mu dheireadh thall?

4. Tha saighdear na sheasamh an
teis-mheadhan a' champa seo.

- a Dè an àird don tèid an
saighdear airson faighinn:-

- (i) chun na craoibhe
- (ii) gu HQ
- (iii) chun an jeep
- (iv) chun an tanca?



- b Tha thusa aig HQ.
Dè an àird sa bheil:-

- (i) na bothain
- (ii) a' heileacoptair
- (iii) an jeep
- (iv) an tanca?



- c Chaidh an saighdear chun an heileacoptair, an uair sin chun na craoibhe, gu HQ
agus mu dheireadh chun an tanca.


Mìnich dè an cùrsa a ghabh e, a' cleachdadh àirdean na combaist.

- d Bha heileacoptair eile a' dol don Ear-Thuath. Thionndaidh e 405°
deasail. Dè an àird don robh e a' dol an uair sin?

Cùrsaichean trì-figearan

'S e cùrsa trì-figearan a th' againn air ceàrn a bhios sinn a' tomhas a' tòiseachadh aig an àird a tuath agus a gluasad gun deasail. Feumaidh "3 figearan" a bhith anns a' cheàrn.


Eisimpleirean



Tha seo a' sealltainn cùrsa trì-figearan, de 030°.















Tha seo a' sealltainn cùrsa trì-figearan, de 135°.




Tha seo a' sealltainn cùrsa de 080°.

Eacarsaich 9

1. Sgrìobh cùrsa 3-figearan airson gach ceàrn:-




2. Cleachd protractair airson cùrsa 3-figearan gach ceàirn a thomhas:-



3. Sgrìobh cùrsa 3-figearan gach àirde a leanas

- | | |
|--------------|----------|
| a Ear | b Iar |
| c Ear-Thuath | d Tuath. |




Ged a bhiodh an cùrsa a tha thu a' tomhas nas fhaide mu chuairt na an àird a **Deas**, tha thu fhathast ga thomhas "**deasail**" bhon àird a Tuath.


Am faic thu gu bheil Mànais, anns an diagram seo, **40° nas fhaide mu chuairt na Deas?**

=> tha $(40^\circ + 180^\circ) = 220^\circ$ mu chuairt bho Tuath


=> 's e **220°** an cùrsa 3-figearan aig Mànais **bho** Ghreòsabhagh.




4. Sgrìobh cùrsa 3-figearan airson gach ceàirn a leanas:-



5. Cleachd protractair gus cùrsa 3-figearan gach baile a thomhas **bho** Phort Rìgh:-



6. Cleachd protractair gus cùrsa 3-figearan gach baile a thomhas **bho** Cearsiadair.




7. Tarraing puing air an duilleig agad agus sgrìobh **A** ri taobh. A-nis, tarraing loidhne gu Tuath bhon phuing agad. A' cleachdadh protractair, dèan diagram de chùrsa de 050° .



8. Dèan ceist 7 a-rithist airson gach cùrsa:-

- | | | | |
|---------------|---------------|---------------|---------------|
| a 020° | b 090° | c 120° | d 045° |
| e 190° | f 260° | g 325° | h 005° |


9. Thòisich saighdear aig (**A**) agus chaidh e air cùrsa de 070° gu ruige cnoc (**B**). Ma dh'fhàg e an cnoc (**B**), airson a dhol air ais gu **A**, dè an cùrsa a dh'fheumadh e a ghabhail? (**NA** tomhais e le protractair idir).



Geàrr-chunntas



1. Cleachd fear de na faclan "**caol, ceart, farsaing, dìreach no fosgailte**" gus innse dè an seòrsa ceàirn a th' annta seo:-




2. Seall air an liosta seo de cheàrnan:-

54°, 122°, 90°, 189°, 200°, 4°, 179°, 99°, 40°, 67°, 111°, 180°.


Dèan liosta de na ceàrnan a tha:-







a caol b farsaing c ceart d dìreach e fosgailte.

3. Cleachd 3 litrichean airson gach ceàrn **donn** ainmeachadh:-



4. Airson gach ceàirn **uaine**:
 (i) thoir tuairmse air meud a' cheàirn.
 (ii) cleachd protractair gus a thomhas.





5. Dèan diagram de gach ceàrn (cleachd na litrichean!):-

a $\angle ABC = 40^\circ$

b $\angle GXD = 70^\circ$

c $\angle PKT = 100^\circ$

d $\angle TWG = 160^\circ$

e $\angle TPH = 25^\circ$


f $\angle MNB = 123^\circ$

g $\angle JKL = 190^\circ$


h $\angle DFG = 300^\circ$

6. Dèan dealbh mionaideach de gach triantan:-

a




b




7. **Obraich a-mach** meud gach ceàirn dathte:-

a




b




c




d







e



f



8. Dèan copaidh de gach diagram agus sgrìobh meud **gach** ceàirn:-
(Na tomhais iad le protractair idir)



9. Cia mheud puing a tha eadar:-

- a Ear agus Deas (deasail) b Ear agus Tuath (deasail)
c Tuath agus Iar-Dheas (tuathal) d Ear-Thuath agus Iar (deasail)?

10. a Dh'fhalbh Sìne san Land Rover aice don Iar-Thuath.

An uair sin thionndaidh i **cairteal-cuairt deasail**.

Dè an àird don robh i a' dol an uair sin?



b Bha sgoth a' seòladh don Iar-Dheas, is

thionndaidh i 135° tuathal.

Dè an àird don robh an sgoth a' dol an uair sin?







c Uair eile, bha an sgoth a' seòladh don Ear-Dheas,





ach thionndaidh i deasail agus chaidh i don Iar.

Cia mheud puing a thionndaidh an sgoth?

11. Sgrìobh **cùrsa 3-figearan** airson gach diagram:-



12. Cleachd protractair gus **cùrsa 3-figearan** a long airson gach diagram:-



13. Cleachd protractair gus diagram a dhèanamh de gach cùrsa 3-figearan:-

- a 040° b 075° c 155° d 300° .

Dè an luach a th' anns an airgead agam?

An nota £

Tha an aon luach ann am bileig £5 ri CÒIG buinn £1

Tha an aon luach ann am bileig £10 ri DÀ bhileig £5

Tha an aon luach ann am bileig £20 ri DÀ bhileig £10



Eacarsaich 1



1. Cia mheud **bonn £1** a tha co-ionann ri:-

a dà bhileig £5

b seachd bileagan £5

c trì bileagan £10

d sia bileagan £10

e aon bhileag £5 agus trì bileagan £10

f aon bhileag £20, aon £10 agus aon £5?

2. Cia mheud **bileag £5** a tha co-ionann ri:-

a dà bhileig £10

b aon bhileag £10 agus aon bhileag £20

c aon bhileag £20 agus 4 bileagan £10

d dà bhileig £10 agus dà bhileig £20

e trì bileagan £20

f dà bhileig £20 agus trì bileagan £10?

3. Bha an t-airgead seo aig Ailean na phòcaid.

Phàigh e £15.80 airson CD.

Saoil dè na bileagan agus na buinn leis an do phàigh e?



4. Cheannaich Sammy bogsa shiùcaran airson £2.69.

Phàigh i le £10.

a Dè an iomlaid a fhuair i air ais?

b Thoir eisimpleir de na bileagan is na buinn a dh'fhaodadh a bhith anns an iomlaid aice.



5. Chaidh Jason gu *Hamburger Palace* agus chosg e £13.27 air a bhiadh.

Phàigh e air a shon le bileig £20.

a Dè an t-airgead bu chòir dha fhaighinn mar iomlaid?

b Dè na bileagan agus na buinn a dh'fhaodadh e fhaighinn anns an iomlaid aige.



A' cur-ris, a' toirt-air-falbh, ag iomadachadh, is a' roinn le airgead

A' cur-ris is a' toirt-air-falbh

Tha e gu math cudromach gun cur thu **na puingeann deiceach os cionn a chèile.**

Eisimpleirean **Cur-ris**

$$\begin{array}{r} \pounds 7.85 \\ + \pounds 1.43 \\ \hline \pounds 9.28 \end{array}$$

Toirt-air-falbh

$$\begin{array}{r} \pounds 4.25 \\ - \pounds 1.64 \\ \hline \pounds 2.61 \end{array}$$

* Seallaidh an tidsear seo dhut

Ag iomadachadh is a' roinn

Tha e cudromach gum bi thu eòlach air clàran nan uireadan.

Eisimpleirean **Iomadachadh**

$$\begin{array}{r} \pounds 1.23 \\ \times 6 \\ \hline \pounds 7.38 \\ \hline \end{array}$$

Roinneadh

$$\begin{array}{r} \pounds 1.32 \\ 7 \overline{) \pounds 9.24} \\ \hline \end{array}$$

Eacarsaich 2

1. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch air:-



a $\begin{array}{r} \pounds 2.45 \\ + \pounds 1.34 \\ \hline \end{array}$

b $\begin{array}{r} \pounds 2.53 \\ + \pounds 3.14 \\ \hline \end{array}$

c $\begin{array}{r} \pounds 1.35 \\ + \pounds 3.46 \\ \hline \end{array}$

d $\begin{array}{r} \pounds 2.72 \\ + \pounds 4.84 \\ \hline \end{array}$

e $\begin{array}{r} \pounds 12.54 \\ + \pounds 5.68 \\ \hline \end{array}$

f $\begin{array}{r} \pounds 14.67 \\ + \pounds 3.74 \\ \hline \end{array}$

g $\begin{array}{r} \pounds 5.72 \\ + \pounds 13.19 \\ \hline \end{array}$

h $\begin{array}{r} \pounds 7.67 \\ + \pounds 11.85 \\ \hline \end{array}$

i $\begin{array}{r} \pounds 5.72 \\ - \pounds 1.61 \\ \hline \end{array}$

j $\begin{array}{r} \pounds 4.89 \\ - \pounds 2.53 \\ \hline \end{array}$

k $\begin{array}{r} \pounds 6.28 \\ - \pounds 3.19 \\ \hline \end{array}$

l $\begin{array}{r} \pounds 8.21 \\ - \pounds 6.84 \\ \hline \end{array}$

m $\begin{array}{r} \pounds 15.98 \\ - \pounds 3.81 \\ \hline \end{array}$

n $\begin{array}{r} \pounds 17.43 \\ - \pounds 1.28 \\ \hline \end{array}$

o $\begin{array}{r} \pounds 12.15 \\ - \pounds 6.79 \\ \hline \end{array}$

p $\begin{array}{r} \pounds 19.67 \\ - \pounds 8.77 \\ \hline \end{array}$

q $\begin{array}{r} \pounds 4.49 \\ + \pounds 9.91 \\ \hline \end{array}$

r $\begin{array}{r} \pounds 8.12 \\ - \pounds 1.61 \\ \hline \end{array}$

s $\begin{array}{r} \pounds 12.14 \\ + \pounds 3.79 \\ \hline \end{array}$

t $\begin{array}{r} \pounds 13.36 \\ - \pounds 3.37 \\ \hline \end{array}$

u $\begin{array}{r} \pounds 1.92 \\ + \pounds 11.66 \\ \hline \end{array}$

v $\begin{array}{r} \pounds 14.00 \\ - \pounds 1.45 \\ \hline \end{array}$

w $\begin{array}{r} \pounds 14.66 \\ + \pounds 5.34 \\ \hline \end{array}$

x $\begin{array}{r} \pounds 20.00 \\ - \pounds 19.25 \\ \hline \end{array}$

2. Sgrìobh na ceistean seo san aon dòigh ris an fheadhainn ann an ceist 1 agus cuir crìoch orra:-

a	$£4.25 + £3.54$	b	$£6.57 - £1.26$	c	$£13.84 + £1.19$
d	$£17.42 - £6.54$	e	$£10 + £3.42$	f	$£10 - £5.17$
g	$£15 + £4.98$	h	$£15 - £6.98$	i	$£7.56 + £12.34$
j	$£13 - £1.99$	k	$£9.94 + £9.99$	l	$£18.04 - £0.35$

3. Ath-sgrìobh iad seo agus cuir crìoch orra:-

a	$£1.25$ $\times 2$	b	$£2.15$ $\times 3$	c	$£1.26$ $\times 4$	d	$£3.40$ $\times 5$
e	$£3.46$ $\times 5$	f	$£4.57$ $\times 4$	g	$£6.19$ $\times 3$	h	$£9.97$ $\times 2$
i	$£3.14$ $\times 6$	j	$£2.35$ $\times 7$	k	$£1.54$ $\times 8$	l	$£2.06$ $\times 9$

4. Ath-sgrìobh na ceistean roinnidh seo agus cuir crìoch orra:-

a	$2 \overline{)£2.60}$	b	$3 \overline{)£9.63}$	c	$4 \overline{)£8.48}$	d	$5 \overline{)£5.50}$
e	$6 \overline{)£6.06}$	f	$7 \overline{)£14.00}$	g	$8 \overline{)£8.16}$	h	$9 \overline{)£9.27}$
i	$2 \overline{)£16.36}$	j	$3 \overline{)£16.11}$	k	$4 \overline{)£7.32}$	l	$5 \overline{)£18.95}$
m	$6 \overline{)£1.44}$	n	$7 \overline{)£17.64}$	o	$8 \overline{)£19.60}$	p	$9 \overline{)£0.54}$

5. Sgrìobh iad seo anns na dòighean a chì thu gu h-àrd is cuir crìoch orra:-

a	$£8.57 \times 2$	b	$£19.36 \div 2$	c	$£4.17 \times 3$	d	$£17.46 \div 3$
e	$£18.16 \div 4$	f	$£3.81 \times 4$	g	$£3.85 \div 5$	h	$£13.45 \div 5$
i	$£3.17 \times 6$	j	$£9.42 \div 6$	k	$£0.63 \div 7$	l	$£2.95 \times 7$

TUILLEADH DEN AON T-SEÒRSA (ma tha feum air).



6. Lorg:-

a $£12.50 + £8.40$

b $£16.75 + £7.55$

c $£35.90 + £4.60$

d $£4.50 + £56.85$

e $£6.85 + £28.90$

f $£5.65 + £47.80$

g $£23.48 + £21.40$

h $£59.58 + £25.50$

i $£18.80 + £47.97$

j $£35.16 + £48.48$

k $£26.64 + £14.46$

l $£27.25 + £21.74$

m $£57.67 + £26.47$

n $£17.48 + £67.67$

o $£39.31 + £19.99$

p $£36.59 + £37.16$

q $£38.34 + £66.46$

r $£43.98 + £56.02$

7. Lorg:-

a $£17.50 - £9.20$

b $£18.25 - £4.55$

c $£25.90 - £5.90$

d $£34.25 - £6.45$

e $£26.10 - £8.90$

f $£45.65 - £6.65$

g $£21.48 - £10.47$

h $£32.27 - £16.90$

i $£54.62 - £23.81$

j $£48.65 - £27.88$

k $£55.47 - £38.57$

l $£37.87 - £14.98$

m $£31.84 - £26.07$

n $£72.24 - £57.32$

o $£49.31 - £19.99$

p $£46.46 - £45.38$

q $£84.01 - £74.32$

r $£100 - £48.97$

8. Lorg:-

a $£15.25 \times 2$

b $£29.48 \times 2$

c $£17.35 \times 3$

d $£46.19 \times 3$

e $£15.55 \times 4$

f $£21.18 \times 4$

g $£12.75 \times 5$

h $£19.96 \times 5$

i $£9.45 \times 6$

j $£14.78 \times 6$

k $£6.37 \times 7$

l $£13.45 \times 7$

m $£7.64 \times 8$

n $£12.39 \times 8$

o $£10.58 \times 9$

p $£11.07 \times 9$

q $£2.99 \times 10$

r $£28.30 \times 10$

9. Lorg:-

a $£90.50 \div 2$

b $£65.38 \div 2$

c $£73.71 \div 3$

d $£89.82 \div 3$

e $£89.96 \div 4$

f $£79.96 \div 4$

g $£82.25 \div 5$

h $£95.45 \div 5$

i $£88.08 \div 6$

j $£79.56 \div 6$

k $£99.61 \div 7$

l $£44.87 \div 7$

m $£90.24 \div 8$

n $£78.88 \div 8$

o $£46.53 \div 9$

p $£95.22 \div 9$

q $£15.40 \div 10$

r $£72.90 \div 10$

Measgachadh de cheistean airgid



Bidh sinn a' coimhead air ceistean mu airgead anns an eacarsaich seo.

Faodaidh tu àireamhair a chleachdadh, ach **seall gach ceum ded obair.**

Eacarsaich 3

1. Tha Iseabail a' cur shanasan suas ag innse mu na bargain a tha sa bhùth aice.



rola taigh-bhig



pùdar-talc



rola cidsin



28sg dustair



£3.99

Dè na chosgadh:-

- botal siampù agus bàr siabainn?
- dustair agus poilis?
- uachdar-fhiaclan agus 2 bhruis-fhiaclan?
- 3 tionaichean de thalc agus 4 cìrean?
- 5 rolaichean-cidsin agus 4 rolaichean taigh-bhig?

2. Thug Sandra sùil air a' chunntas a fhuair i o bhùth-phàipearan Raghnaill.

- Ath-sgrìobh an cunntas agus cuir crìoch air.
- Thug Sandra aon £10 agus ceithir buinn nota do Raghnaill.
Dè an iomlaid a fhuair i air ais?

Bùth Raghnaill	
Pàipearan	£7.58
Iris T.Bh.	£2.15
Iris Halò	£3.99
iomlan	

3. Go-chairtean Chailein (prìsean gach 10 mionaidean)

Inbheach	£7.45
Clann	£4.85
Cead Inbheach/Pàiste	£15.65
(1 inbheach + 2 pàiste)	



Chaidh Mgr Caimbeal agus an dithis chloinne aige do ionad Go-chairtean.

- Dè phàigh e air tiogaidean airson 1 inbheach agus dithis chloinne airson 10 mionaidean?
- Dè bhiodh iad air a shàbhaladh nam biodh iad air cead inbheach/chloinne a cheannach?

4. Tha Sarah a' snàmh 5 oidhcheanan san t-seachdain.

- a Chan eil ballrachd aice sa chlub.
Dè chosgas snàmh dhi gach seachdain?

An ceann greis ghabh i ballrachd sa chlub a bhios a' coinneachadh gach oidhche aig ochd uairean.

- b Dè chosgas e dhi snàmh 5 tursan gach seachdain a-nis?
c Dè tha i a' sàbhaladh gach seachdain on a ghabh i ballrachd?

Amar-snàmh	
Aon chuairt:-	
buill	£1.99
eile	£2.64
Ballrachd:-	SAOR!



5. Thog ceathrar chloinne airgead do charthannas le bhith "caithris na h-oidhche". Bha daoine a' toirt airgid dhaibh airson gach uair a dh'fhuiricheadh iad nan dùisg.

Daoine	Niall	Aonghas	Mairead	Catrìona
Nàbaidhean	£4.20	£2.00	£2.94	£7.82
Caraidean	£5.00	£6.20	£1.30	£2.80
Teaghlach	£8.57	£8.75	£14.38	£7.10
Eile	£0.89	£3.17	£1.67	£0.12

- a Dè thog gach duine air leth?
b Cò bu mhotha a thog de airgead is cò bu lugha a thog de airgead?
c Dè an diofar a bha eadar an t-iomlan bu mhotha is an dàrna iomlan bu mhotha?
d Dè an diofar a bha eadar an t-iomlan a fhuair iad on **teaghlaichean** agus an t-iomlan a fhuair iad bho dhaoine **eile**.

6. Chosg e £18.84 gus 6 fireannaich a thogail gu bàrr na beinne air lioft-sgithidh.

Dè na chosg e an duine?



7.



Tha iris gheamaichean PC a' cosg £1.95 agus tha iris gheamaichean Playzone a' cosg £2.98.

- a Dè chosgadh e 3 irisean PC agus 4 irisean Playzone a cheannach?
b Dè an iomlaid a gheibheadh tu air ais bho £20?

8. Tha asnaichean-chaorach aig a' bhùidsear. Tha pacaid de 6 a' cosg £19.68 agus tha pacaid de 4 a' cosg £13.16.

Dè a' phrìs as fheàrr?

(Inns carson - seall mar a ràinig thu an co-dhùnadh agad.)




9. Ath-sgrìobh is cuir crìoch air na cunntasan seo agus **inns gach turas dè an iomlaid a gheibheadh tu air ais bho £20:-**

a

£


2 cg mions aig £2.85 / cg
 2 cg muicfheòil aig £3.15 / cg
 1 cg staoig aig £7.50 / cg

 iomlan _____

b

£


5 cg currain aig £0.54 / cg
 3 cg buntàta aig £0.75 / cg
 1/2 snèip (£1.40 / snèap)

 iomlan _____

c

£


500 g uaisearan aig £0.64/100 g
 600 g boltaichean aig £2.15/100g
 4 bolgain-solais aig 88sg am fear

 iomlan _____


d

£


3 pacaidean pàipeir aig £2.89 an tè
 7 bucais de phinn £1.28 am fear
 9 peansailean aig 13sg am fear

 iomlan _____

10. Cheannaich mi àireamhair, peann agus cèsis-pheansailean. Chosg seo £17.12. Tha cuimhne agam gun robh an t-àireamhair a' cosg £6.75 agus gun robh am peann a' cosg £2.99. Dè a' phrìs a bha a' chèsis-pheansailean?



11.



Chaidh 4 againn a-mach a dh'fhaighinn burgair. Chosg sinn £19.12 air deochan is biadh. Phàigh mise airson nan deochan (£3.56) agus chaidh an còrr de na cosgaisean a roinn eadar an ceathrar againn.


- a Dè chosg seo do gach duine de mo charaidean?
 b Dè chosg MISE air biadh agus deochan?


12. Gheibh thu siabann-nigheadaireachd "Liomaid Chùbhraidh", ann an 2 mheud de phacaid, mar a chì thu san dealbh.

Tha a' phacaid bheag (300 g) a' cosg £4.44.

Tha a' phacaid mhòr (500 g) a' cosg £6.65.

Lorg dè tha 100 gram a' cosg anns gach pacaid, agus inns dè am bargan as fheàrr.



13.  Cheannaich mi 8 modailean de Bhodach na Nollaige air an eadar-lìon.

Chosg na modailean £14.36 uile gu lèir agus chosg e £2.66 airson an cur thugam tron phost.

Chunnaic mi Bodaich-Nollaige den aon t-seòrsa air an TBh. airson £2.19 am fear agus £1.80 airson postachd.

Dè an t-airgead a shàbhail mi le bhith gan ceannach air an eadar-lìon?

14. Tha Uilleam agus a phiuthar ag obair aig margaidh gach madainn Disathairne. Tha am pàigheadh aigesan £0.29 nas ìsle san uair na pàigheadh a pheathar.

Dh'obraich an dithis aca airson 4 uairean a thìde.

Ma fhuair piuthar Uilleim £18.24, dè fhuair Uilleam fhèin?



15. Phàigh Dòmhnall £14.92 air dà choinnlear ann am bùth-carthannais. Bha dubh ghràin aig a bhean orra is cha leigeadh i a-steach don taigh iad. B'fheudar do Dhòmhnall an reic.

Fhuair e £7.99 air aonan, ach cha d'fhuair e ach £2.55 air an fhear eile.

Dè an t-airgead a chaill Dòmhnall air na coinnelearan?



16.  Cheannaich mi dà shuipear-circe agus suipear-isbein.

Chosg iad £11.98.

Ma bha an suipear-isbein £2.40, dè a chosg suipear-circe?

17. Ghabh sinn 3 truinnsearan de cheapairean agus 2 chupa tì aig taigh-òsta Beneagles. Chosg e £18.70! Ma bha 1 chupa tì £1.58, dè a' phrìs a bha truinnsear cheapairean?




18. Chaidh seachdnar neach-obrach a-steach gu cafaidh airson am bracaist. Nam pàigheadh gach duine roinn chothromach den chosgais, bhiodh e £2.94 an duine.

Ach dh'fhalbh Ragnall mus tàinig an cunntas, agus bha aig càch ris a' chosgais a roinn eadar 6.

Dè na bh' aig gach duine ri phàigheadh?



19.  Fhuair Gòrdan iasad airgid bho a charaid, Tònaidh. Phàigh e air ais e, ach thug e deagh ghreis oir phàigh e ann an earrannan. Phàigh Gòrdan £2.55 do Thònaidh air a' chiad seachdain, agus an uair sin £1.45 gach seachdain airson 9 seachdainean.

Dè an t-suim airgid a fhuair Gòrdan air iasad?

Geàrr-chunntas

1. Tha Uilleam a' ceannach paidhir de mhiotagan bogsaidh air £14.25. Tha e a' pàigheadh le £20.



- a Dè an iomlaid a gheibh Uilleam?
b Dè na bileagan agus na buinn a dh'fhaodadh e fhaighinn anns an iomlaid.

2. Sgrìobh na freagairtean:-

- a £5.29 + £3.72 b £8.36 - £1.64 c £1.83 × 5 d £4.35 ÷ 3
e £12.57 + £6.98 f £19.05 - £11.08 g £2.37 × 8 h £13.93 ÷ 7

3. Tha Hannah aig bhan nan reòiteagan. Tha i a' ceannach cò (£1.45), pacaid guma (46sg) agus ochd siùcaran a tha a' cosg 1sg am fear.



Dè an iomlaid a gheibh Hannah air ais ma phàigheas i le £5?

4. Bha £20 ann an sporan Maireid. Cheannaich i dà iris anns a' bhùth. Chosg gach iris £4.75.

- a Dè an iomlaid a fhuair Mairead air ais nuair a phàigh i leis an £20?

Dh'fhalbh i an uair sin a chleachdadh leabaidh-grèine airson 30 mionaid. Chosg an leabaidh £3.95 airson gach 10 mionaidean.

- b Dè chosg seo gu lèir do Mairead?

- c Nuair a chaidh i a phàigheadh cha robh gu leòr aice air fhàgail na sporan! Dè na bha a dhìth oirre?



- 5.



Chaidh naoinear gu geama bòbhlaidh.

Chosg seo £13.95 uile gu lèir.

Dè chosgadh e do cheathrar.

6. Tha Murchadh a' feuchainn ri daoine a thàladh don bhùth aige. Tha e ag ìsleachadh prìs nam meal-bhucan: **sia airson £5.76 NO ochd airson £7.52**

- a Lorg a' phrìs a tha 1 nuair a cheannaicheas tu 6 agus nuair a cheannaicheas tu 8. Dè am bargan as fheàrr,


- b Cheannaich Màiri **dà** bhaga de 8 meal-bhucan agus phàigh i le £20.

Dè an iomlaid a fhuair i?




Eacarsaich 1

1. Ainmich na cumaidhean:-




2. Ainmich na cumaidhean (2-Sheallach) matamataigeach:-




3. 'S e **poileagan** an t-ainm matamataigeach air cumadh le **iomadh taobh**.
Le **iomadh**, tha sinn mar as trice a' ciallachadh còrr is 4.

- a Dèan copaidh den chumadh seo.
- b Sgrìobh ainm a' chumaidh fodha.
- c Cia mheud taobh a th' air?
- d Cia mheud ceàrn a th' ann?







4. Tha 6 taobhan air a' **phoileagan** seo.



- a Cia mheud ceàrn a th' ann?
- b Dèan copaidh dheth nad leabhar.
- c Sgrìobh ainm a' chumaidh fodha.

5. a Dèan copaidh nad leabhar de na poileaganan:-



b Feuch an lorg thu an t-ainm sònraichte a th' air gach poileagan, agus sgrìobh e fon dealbh cheart nad leabhar.

6. 'S e **ceithir-cheàrnach** a chanas sinn ri poileagan le 4 taobhan.

a Dè an t-ainm sònraichte a th' againn air a' cheithir-cheàrnach seo?

b Dè an t-ainm a th' air a' cheàrn anns gach oisean den chumadh seo?

c Dèan copaidh den cheithir-cheàrnach seo, agus tarraing na trastanan air a' chopaidh agad (*seall air a' mhìneachadh gu h-ìosal*).



Mìneachadh:- 'S e **trastan** a chanas sinn ri loidhne a tha a' ruith eadar dà oisean nach eil dìreach ri taobh a chèile.

d Cia mheud trastan a th' aig ceàrnaig?

7. Dèan copaidh den **chòig-cheàrnach** seo.

a Tarraing a **h-uile** trastan air a' chopaidh.

b Cia mheud trastan a th' aig còig-cheàrnach?



8.



Dèan copaidh den **t-sia-cheàrnach** seo.

a Tarraing a **h-uile** trastan air a' chopaidh.

b Cia mheud trastan a th' aig sia-cheàrnach?


9. Cleachd na copaidhean a rinn thu ann an Ceist 5 gus lorg cia mheud trastan a th' aig na poileaganan eile.

10. Tha **1 cheàrnag** agus **2 thriantan** anns a' chumadh seo.


Thoir cunntas air na cumaidhean seo anns an aon dòigh:-




a



b




c




d



e




f




g




h



i



11. a Feuch an dealbh thu fhèin (gu grinn!) cumaidhean sa bheil measgachadh de chumaidhean eile mar **cheàrnagan**, **ceart-cheàrnaich**, **triantanan**, **cearcaill**, **còig-cheàrnaich**, **sia-cheàrnaich**, msaa.




b Tarraing na dealbhan as fheàrr a rinn thu air pìos de chairt ghil agus cuir dathan orra. Faighnich am faod thu an cur air a' bhalla.

Triantanan Sònraichte


Feartan Thaobhan:- Faodaidh sinn triantanan ainmeachadh ann an **3 dòighean** a rèir cia mheud taobh a tha co-ionann.

A h-uile taobh de dhiofar faid




neo-chothromach

Dà thaobh den aon fhaid



co-chasach


Na trì taobhan den aon fhaid




ionann-thaobhach

Eacarsaich 2


1. a Dèan copaidh mionaideach den triantan seo nad leabhar.
b Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-
"S e triantan a chanas sinn ri triantan aig a bheil 3 taobhan de dhiofar faid".











2. a Dèan copaidh mionaideach den triantan seo nad leabhar.
b Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-
"S e triantan a chanas sinn ri triantan aig a bheil dà thaobh den aon fhaid".



3. a Dèan copaidh mionaideach den triantan seo nad leabhar.
b Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-
"S e triantan a chanas sinn ri triantan aig a bheil trì taobhan den aon fhaid".




4. Inns dè an seòrsa triantain a th' anns gach fear dhiubh seo:-












'S e **CUAIRT-THOMHAS** a chanas sinn ris an **astar iomlan** timcheall taobh a-muigh cumaidh.


$$\text{Cuairt-thomhas} = 3 \text{ cm} + 4 \text{ cm} + 6 \text{ cm} + 5 \text{ cm} = 18 \text{ cm}.$$




5. Lorg an **cuairt-thomhas** airson gach triantain:-




6. Airson gach triantain gu h-ìosal tha an **cuairt-thomhas** air a thoirt dhut. Obraich a-mach gach faid nach eil air a shealltainn:-




cuairt-thomhas = 34 cm




cuairt-thomhas = 36 cm




cuairt-thomhas = 35 cm



cuairt-thomhas = 42 cm




cuairt-thomhas = 30 cm




cuairt-thomhas = 25 cm

Feartan Cheàrnan:- Faodaidh sinn triantanan ainmeachadh ann an **3 dòighean** a rèir nam feartan a th' aig na ceàrnan aca.

Sùil air ais:- **Seòrsaichean de cheàrnan**



caol



ceart




farsaing



fosgailte

Fiosrachadh ùr:- Seòrsaichean de thriantanan


Tha a h-uile ceàrn nas lugha na 90°



triantan

caol-cheàrnachail


Tha aon cheàrn de 90° ann



triantan

ceart-cheàrnachail

Tha aon cheàrn nas motha na 90°









triantan

farsaing-cheàrnachail

Eacarsaich 3

1. Inns an e triantan **caol**-cheàrnachail, **ceart**-cheàrnachail no **farsaing**-cheàrnachail a th' anns gach fear:-










2. Ag ainmeachadh thriantanan le **3 litrichean**.

'S e **A**, **B** agus **C** a th' air **goban** an triantain seo.

'S e triantan ABC (no air a ghiorrachadh $\triangle ABC$) a th' againn air.

Ainmich gach triantan (cleachd litrichean mòra):-



Faodaidh sinn triantan a mhìneachadh san dòigh a leanas:-

Ceum 1

ainmich e le
3 litrichean



Ceum 2

mìnich e mar:-

- (i) caol-cheàrnachail
- (ii) ceart-cheàrnachail
- (iii) farsaing-cheàrnachail




Ceum 3

agus an uair sin:-

- (i) co-chasach
- (ii) ionann-thaobhach
- (iii) neo-chothromach


Eisimpleir:-

Seo triantan **PFT**. 'S e triantan **farsaing**-cheàrnachail a th' ann agus tha e **co-chasach**.




3. Mìnich an triantan seo anns an aon dòigh:-

"Seo Δ 'S e triantan-cheàrnachail a th' ann agus tha e"



4.




A-nis mìnich an triantan seo:-


"Seo Δ 'S e triantan-cheàrnachail a th' ann agus tha e"

5. Mìnich na triantain a leanas anns an aon dòigh:-


a




b




c




d



e





f



A' leacadh le cumaidhean dà-sheallach

Mas urrainn dhut uachdar rèidh sam bith a chòmhdachadh le leacan den aon t-seòrsa, gun bheàrn sam bith fhàgail, canaidh sinn gu bheil:-


"an cumadh **A' LEACADH** an uachdair seo".




Seo eisimpleirean de chumaidhean leis an gabh **leacadh** a dhèanamh.

Eacarsaich 4


- Dèan dealbh den lic **cheàrnagaich** seo anns a bheil 2 bhogsa de leud agus 2 bhogsa de fhaid. Cuir dath air an lic.
 - Cuairtich an cumadh seo le leacan den aon mheud gus sealltainn gu bheil an cumadh seo **A' LEACADH**.




- Dèan copaidh den **chumadh cheart-cheàrnachail** 3 x 5 seo.
 - Cuairtich an cumadh le leacan den aon mheud gus sealltainn gu bheil an cumadh seo **A' LEACADH**.




- Dèan copaidh den **triantan cho-chasach** seo agus cuir dath air led pheansail.
 - Cuairtich an cumadh le leacan den aon mheud gus sealltainn gu bheil an cumadh seo **A' LEACADH**.



- Seall mar a tha cumadh na **h-itealaig** seo **A' LEACADH** an uachdair.












- Seall mar a tha an cumadh seo **A' LEACADH** an uachdair. (A bheil fios agad dè an t-ainm a th' air a' chumadh seo?)




6. Seall air na cumaidhean seo. Dè an fheadhainn a bhios A' LEACADH?

Ma tha iad a' leacadh, seall seo le bhith gan cuairteachadh le cumaidhean den aon t-seòrsa air pàipear ceàrnagach.




7. a Dèan copaidh den **chumadh-T** seo air cairt agus geàrr e a-mach.

b Seall mar a bhios tu a' leacadh uachdar leis a' chumadh le bhith a' cleachdadh a' phìos a gheàrr thu a-mach mar **theamplaid**.



8.




a Dèan copaidh den **chumadh-S** seo air cairt agus geàrr e a-mach.

b Seall mar a leacas tu uachdar leis a' chumadh, a' cleachdadh a' phìos a gheàrr thu a-mach mar **theamplaid**.

9. a Dèan copaidh den chumadh seo air cairt agus geàrr e a-mach.

b Seall mar a leacas tu uachdar leis a' chumadh, a' cleachdadh a' phìos a gheàrr thu a-mach mar **theamplaid**.



Cumaidhean Cearcaill


Ag ainmeachadh phàirtean de chearcail

Tha a' phuing **dhonn** a' riochdachadh **meadhan** a' chearcaill.

'S e an **trast-thomhas** an t-ainm a th' air an loidhne **ghorm** a tha a' ruith bho aon taobh den chearcail chun an taobh eile tron mheadhan.

'S e an **radius** an t-ainm a th' air an loidhne **uaine** a tha a' ruith bho mheadhan a' chearcaill gu aon taobh dheth.


'S e an **cearcail-thomhas** an t-ainm a th' air an loidhne chruinn **dhearg**.




Cuimhnich:- $\text{Trast-thomhas} = 2 \times \text{Radius}$

Eacarsaich 5

- Cleachd cearcallaiche gus cearcall a tharraing le radius de 3 cm.
 - Comharraich am meadhan le peansail.
 - Tarraing loidhne an **trast-thomhais** agus sgrìobh "trast-thomhas" ri taobh.
 - Tarraing loidhne an **radius** agus sgrìobh "radius" ri taobh.
 - Sgrìobh am facal "**cearcail-thomhas**" ri taobh a' chearcail-thomhais.
- Seo sgeidse de chearcail le trast-thomhas de 16 cm. Dè an fhaid th' anns an **radius** aige?
- Tha radius de 23 mm aig cearcall. Dè an fhaid a th' anns an trast-thomhas?
- Seall air an **leth-chearcail** seo.
 - Cleachd rùilear airson faid an trast-thomhais a thomhas.
 - Sgrìobh faid an radius.
- Le cearcallaiche, tarraing dealbh de leth-chearcail le radius de 6 cm.
 - Air an dealbh agad, tomhais agus sgrìobh faid an trast-thomhais.




6. Seo dealbh de 3 cearcaill a tha a' beantainn ri chèile, air an cuairteachadh le ceart-cheàrnach a tha a' beantainn ris na cearcaill.



Tha **radius** de 7 cm aig gach cearcall.

Obraich a-mach dè an fhaid agus an leud a th' anns a' cheart-cheàrnach.
(na cleachd rùilear idir)

7. Tha faid 50 cm anns a' bhogsa gu h-ìosal.




- a Dè an **leud** a th' anns a' bhogsa?
b Dè an **radius** a th' aig gach cearcall?

8. Tha ceithir leth-chearcaill co-ionann air muin ceart-cheàrnaich.

a Obraich a-mach trast-thomhas **aon** chearcaill.

b Dè an **radius** a bhios aig gach cearcall?


c Dè an **àirde** a th' anns a' chumadh?





9. Cleachd cearcallaiche gus am pàtran fhlùraichean seo a tharraing:-

Tòisich le bhith a' tarraing cearcall le radius de 4 cm.

An uair sin cuir gob a' chearcallaiche ann an àite sam bith (P) air a' chearcall-thomhas. Gabh "ceumannan" mu chuairt air a' chearcall-thomhas leis an radius fhathast aig 4 cm. Cuir dath air an dealbh agad.



10. Seo 2 dhealbh eile a bh' air an dèanamh le cearcallaiche. Feuch an tarraing thu fhèin iad. Cleachd radius de 5 cm.




11. Feuch an tèid agad fhèin air pàtrain eile a dhèanamh.

Faighnich don tidsear am faod thu na dealbhan a chrochadh air a' bhalla.

A' cur car de chumadh - Pàtrain


An àite a bhith **a' cuairteachadh** aon chumadh le cumaidhean eile den aon t-seòrsa (mar a rinn thu air duilleig 122), faodaidh sinn cuideachd aon cheann dheth a cheangal ris an uachdar, agus **car** a chur dheth. Am faic thu mar a tha:-

- an cumadh **donn** air **car** de 90° a chur timcheall na puinge **duibhe** gus an cumadh **gorm** a dhèanamh?
- an cumadh **gorm** air **car** de 90° a chur timcheall na puinge gus an cumadh **uaine** a dhèanamh?
- an cumadh **uaine** air **car** de 90° a chur timcheall na puinge gus an cumadh **dearg** a dhèanamh?




Eacarsaich 6

- a Dèan dealbh grinn den triantan seo air pìos cairte. Cuir puing dhearg air, mar a chì thu anns an diagram, agus geàrr a-mach e.
 - b Cuir am pìos cairte ann am meadhan duilleig ùir nad leabhar, agus tarraing loidhnichean timcheall air. An uair sin cuir gob a' chearcallaiche tron phuing dhearg, cuir car de 90° den phìos cairte, agus tarraing loidhnichean timcheall air a-rithist.
 - c Dèan seo dà thuras eile gus am bi "muileann-gaoithe" agad.




2. Feuch seo a-rithist leis na leacan a leanas:-



3. Gabhaidh pàtran snog a dhèanamh le bhith a' cur car (is dòcha de 120° , 60° no 45°) den cumadh.


Dèan copaidh den chumadh seo air cairt agus cuir car de 45° dheth. Cùm a' dol agus feuch ri pàtran co-chothromach a chruthachadh.

4. A-nis feuch pàtran no dhà le cumaidhean nas motha. Dèan taisbeanadh de na cumaidhean as fheàrr as urrainn dhut a chruthachadh.




Geàrr-chunntas



1. Sgrìobh na h-ainmean sònraichte a th' air an dà phoileagan seo.



2. Ainmich gach cumadh matamataigeach a chì thu anns an dealbh seo.






3. Lorg an **cuairt-thomhas** aig an 2 thriantan:-



4. Mìnich gach triantan le bhith a' cleachdadh abairtean às an **dà** liosta seo.


ionann-thaobhach
co-chasach
neo-chothromach

triantan ceart-cheàrnachail
triantan caol-cheàrnachail
triantan farsaing-cheàrnachail




5. Tarraing an dealbh seo air pàipear ceàrnagach.

Seall gu bheil an cumadh **a' leacadh** le bhith ga chuirteachadh le leacan den aon t-seòrsa.



6.




Tha faid 18 cm ann an trast-thomhas a' chearcaill seo. Dè an fhaid a th' anns an radius?

7. Tha dà chumadh am broinn a' chumaidh ghuirm seo.

Tha ceart-cheàrnach ann, 8 m x 10 m, agus tha leth-chearcail air aon cheann dheth.

Dè an **fhaid** iomlan a th' anns a' chumadh ghorm?

(Na feuch ri thomhas le rèilear idir)



Ag Aithneachadh Bhloighean

Tha 2 phàirt ann am bloigh:-



← tha **an t-ÀIREAMHAICHE** ag innse dhut "cia mhead" den t-seòrsa bloigh a th' ann (2 an turas seo)

← tha **an SEÒRSAICHE** ag innse dhut dè an seòrsa bloigh a th' ann (treasamhan an seo).


Eisimpleirean:-

Tha 3 de na 4 earrannan co-ionann seo uaine.



Tha $\frac{3}{4}$ den chumadh uaine.

Tha 3 de na 5 earrannan co-ionann seo pinc.




Tha $\frac{3}{5}$ den chumadh pinc.

Tha sin a' fàgail $\frac{2}{5}$ nach eil pinc.


Eacarsaich 1

1. Inns dè a' bhloigh de gach cumadh a tha uaine:-



2. Inns dè a' bhloigh de gach cumadh ann an ceist 1 nach eil uaine.

Tha 15 beathaichean anns an dealbh seo.



3. Dè a' bhloigh de na beathaichean a tha:-
 a nan coin ($\frac{?}{15}$) b nan crodh c nam mucan d nan ailbheanan?

4. a Dèan dealbh den cheart-cheàrnach 6 x 2 seo nad leabhar.
Cuir dath air 7 bogsaichean sam bith.




(Am faic thu gu bheil $\frac{7}{12}$ den cheart-cheàrnach dathte?)

- b Dèan dealbh eile den bhogsa. A-nis cuir dath air $\frac{5}{12}$ dheth.
 c Dèan dealbh eile den bhogsa. A-nis cuir dath air $\frac{1}{6}$ dheth.
 (Stiùireadh: cuir dath air 1 bhogsa a-mach às gach 6)
 d Dèan dealbh eile den bhogsa. A-nis cuir dath air $\frac{1}{4}$ dheth.
 e Dèan dealbh eile den bhogsa. A-nis cuir dath air $\frac{3}{4}$ dheth.
 (Stiùireadh: Cuir dath air 3 bogsaichean a-mach às gach 4)
 f Dèan dealbh eile den bhogsa. A-nis cuir dath air $\frac{2}{3}$ dheth.
 g Dèan dealbh eile den bhogsa. A-nis cuir dath air $\frac{6}{12}$ dheth.
 h Dèan dealbh eile den bhogsa. A-nis cuir dath air $\frac{1}{2}$ dheth.
 i Dè tha thu a' mothachadh mu dheidhinn nam freagairtean airson g agus h?


Bloighean Co-ionann

Ged a bhiodh **àireamhaiche** agus **seòrsaiche** diofraichte aig dà bhloigh, dh'fhaodadh iad a bhith co-ionann.


Seall air na bloighean anns na diagraman a leanas:-



$\frac{2}{4}$ dathte



$\frac{4}{8}$ dathte



$\frac{8}{16}$ dathte


Anns gach diagram tha $\frac{1}{2}$ dathte.

Le seo, $\frac{1}{2} = \frac{2}{4} = \frac{4}{8} = \frac{8}{16}$.

'S e bloighean **co-ionann** a th' anna seo.

Eacarsaich 2


1. Dèan copaidh de gach dealbh agus sgrìobh a' bhloigh a tha dathte fo gach fear.




$\frac{1}{2}$




$\frac{?}{?}$




$\frac{?}{15}$



$\frac{?}{6}$



$\frac{?}{?}$



$\frac{?}{9}$

a Feuch an lorg thu bloigh anns na dealbhan seo a tha co-ionann ri $\frac{1}{2}$. ($\frac{1}{2} = \frac{?}{?}$)

b Tha an 2ra agus an 6mh dealbh a' sealltainn gu bheil $\frac{1}{3}$ co-ionann ri $\frac{?}{?}$.

c Tha an 3mh is an 5mh dealbh a' sealltainn gu bheil $\frac{?}{15}$ co-ionann ri $\frac{?}{?}$.

Lorgaidh sinn bloigh a tha **co-ionann** ri $\frac{1}{4}$ le bhith

"ag iomadachadh an àireamhaiche agus an t-seòrsaiche le àireimh sam bith":-

=> Tha $\frac{1}{4} = \frac{1 \times 5}{4 \times 5} = \frac{5}{20}$ àireamhaiche x 5
seòrsaiche x 5

2. a Iomadaich gach pàirt de $\frac{1}{4}$ le 2 airson bloigh cho-ionann a lorg. Dè th' ann?

b Iomadaich gach pàirt de $\frac{1}{4}$ le 3 airson bloigh cho-ionann a lorg. Dè th' ann?

3. a Iomadaich gach pàirt de $\frac{3}{4}$ le 2 airson bloigh cho-ionann a lorg. Dè th' ann?
 b Iomadaich gach pàirt de $\frac{3}{4}$ le 3 airson bloigh cho-ionann a lorg. Dè th' ann?
 c Lorg co-dhiù 4 bloighean eile a tha co-ionann ri $\frac{3}{4}$.



4. Iomadaich gach pàirt de gach bloigh le 3 gus bloigh cho-ionann a lorg:-

a $\frac{1}{2}$ b $\frac{3}{5}$ c $\frac{4}{7}$ d $\frac{3}{8}$ e $\frac{7}{10}$ f $\frac{13}{20}$

5. Dèan ceist 4 a-rithist, ach an turas seo, iomadaich an dà phàirt de gach bloigh le 4.

6. Iomadaich an dà phàirt de gach bloigh le àireimh sam bith a thogras tu airson bloigh cho-ionann a lorg:-

a $\frac{2}{3}$ b $\frac{3}{7}$ c $\frac{2}{9}$ d $\frac{5}{8}$ e $\frac{3}{10}$ f $\frac{11}{20}$

Faodaidh sinn bloighean (mar $\frac{12}{15}$) **A' SHÌMPLEACHADH** le bhith a' roinn gach pàirt le àireimh sam bith.

=> Tha $\frac{12}{15} = \frac{12 \div 3}{15 \div 3} = \frac{4}{5}$ (Tha i a-nis cho sìmplidh 's a ghabhas.)

7. Roinn gach pàirt de gach bloigh le 3, airson a sìmpleachadh:-

a $\frac{3}{6}$ b $\frac{3}{9}$ c $\frac{12}{15}$ d $\frac{15}{27}$ e $\frac{9}{33}$ f $\frac{27}{30}$

8. Roinn gach pàirt de gach bloigh le 4, airson a sìmpleachadh:-

a $\frac{4}{12}$ b $\frac{8}{20}$ c $\frac{12}{28}$ d $\frac{24}{28}$ e $\frac{32}{44}$ f $\frac{24}{60}$

9. Roinn gach pàirt de gach bloigh le àireimh air choreigin airson a sìmpleachadh:-

a $\frac{12 \div 4}{16 \div 4}$ b $\frac{4}{6}$ c $\frac{3}{18}$ d $\frac{6}{18}$ e $\frac{7}{21}$ f $\frac{10}{30}$
 g $\frac{10}{18}$ h $\frac{9}{27}$ i $\frac{14}{35}$ j $\frac{10}{35}$ k $\frac{15}{55}$ l $\frac{16}{18}$
 m $\frac{50}{100}$ n $\frac{5}{100}$ o $\frac{11}{33}$ p $\frac{8}{14}$ q $\frac{20}{60}$ r $\frac{44}{64}$

Bloighean de mheudan

Airson $\frac{1}{3}$ de rud a lorg,
roinn le 3.

Airson $\frac{1}{4}$ de rud a lorg,
roinn le 4.

Airson $\frac{1}{5}$ de rud a lorg,
roinn le 5.

Eisimpleirean: -

Lorg: a $\frac{1}{3}$ de 15

$$\begin{array}{r} \text{a} \\ 15 \div 3 \\ = 5 \end{array}$$

b $\frac{1}{4}$ de 28

$$\begin{array}{r} \text{b} \\ 28 \div 4 \\ = 7 \end{array}$$

c $\frac{1}{5}$ de 20

$$\begin{array}{r} \text{c} \\ 20 \div 5 \\ = 4 \end{array}$$

Eacarsaich 3

1. Lorg:-

a $\frac{1}{3}$ de 12

b $\frac{1}{4}$ de 16

c $\frac{1}{5}$ de 15

d $\frac{1}{4}$ de 32

e $\frac{1}{3}$ de 27

f $\frac{1}{5}$ de 45

g $\frac{1}{5}$ de 60

h $\frac{1}{4}$ de 48

i $\frac{1}{3}$ de 39

j $\frac{1}{2}$ de 40

k $\frac{1}{6}$ de 18

l $\frac{1}{2}$ de 7

2. Lorg:-

a $\frac{1}{6}$ de 42

b $\frac{1}{7}$ de 42

c $\frac{1}{8}$ de 40

d $\frac{1}{9}$ de 72

e $\frac{1}{6}$ de 84

f $\frac{1}{7}$ de 77

g $\frac{1}{9}$ de 36

h $\frac{1}{8}$ de 800


i $\frac{1}{10}$ de 300

3. a Tha 40 duine air bus.
'S e clann a th' ann an $\frac{1}{2}$ dhiubh.
Cia mheud duine cloinne a th' air a' bhus?




- b Bha deochan aig 30 duine ann an taigh-òsta.
'Se fìon a bh' ann an $\frac{1}{6}$ dhiubh.
Cia mheud glainne anns an robh fìon?



- c  Rinn Val 24 cèicean.
Bha dearcagan ann an $\frac{1}{4}$ dhiubh.
Cia mheud cèic anns an robh dearcagan?

- d Tha 50 peansail ann an crogan.
Tha $\frac{1}{5}$ dhiubh feumach air geurachadh.
Cia mheud peansail a tha feumach air geurachadh?



- e  Tha 48 beathaichean ann an Tèarmann Chat is Chon.
'S e coin a th' ann an $\frac{1}{8}$ dhiubh.
(i) Cia mheud cù a th' ann?
(ii) Cia mheud cat a th' ann?

- f Tha 30 ubhal ann am basgaid. Tha $\frac{1}{3}$ dhiubh uaine.
(i) Cia mheud ubhal uaine a th' ann?
(ii) Cia mheud ubhal **nach eil** uaine?



4. a Rugadh 27 bèibidhean ann an ospadal mòr an-dè.
'S e balaich a bh' ann an treasamh dhiubh.
Cia mheud balach a rugadh anns an ospadal an-dè?



- b Bha 35 chloinne aig partaidh, agus 's e caileagan a bh' ann an seachdamh dhiubh.
(i) Cia mheud caileag a bh' aig a' phartaidh?
(ii) Cia mheud balach a bh' aig a' phartaidh?

5. Tha 24 beathaichean ann am bùth pheataichean.
'S e piseagan a th' ann an treasamh dhiubh.
'S e cuileanan a th' ann an cairteal dhiubh.
'S e coineanaich a th' ann an siathamh dhiubh.
'S e nathraichean a th' ann an ochdamh dhiubh.
'S e eoin a th' anns a' chòrr.

Lorg an àireamh de:-

- | | | |
|----------------|--------------|----------------------------|
| a piseagan | b chuileanan | c choineanaich |
| d nathraichean | e eòin | f bheathaichean le 4 casan |



Bloighean nas dorra

Airson $\frac{3}{4}$ de àireimh (me 20) a lorg, tha 2 cheum rin gabhail.

Ceum 1:- Lorg $\frac{1}{4}$ de 20 an toiseach ($\div 4$) $\Rightarrow \frac{1}{4}$ de 20 = $20 \div 4 = 5$

Ceum 2:- A-nis lorg $\frac{3}{4}$ de 20 ($\times 3$) $\Rightarrow \frac{3}{4}$ de 20 = $5 \times 3 = 15$

Sgrìobh e mar seo:-

$\frac{3}{4}$ de 16 $\Rightarrow (16 \div 4) \Rightarrow 4 \times 3 = 12$

$\frac{2}{5}$ de 35 $\Rightarrow (35 \div 5) \Rightarrow 7 \times 2 = 14$

$\frac{3}{7}$ de 42 $\Rightarrow (42 \div 7) \Rightarrow 6 \times 3 = 18$

Riaghailt:-

Airson iomadachadh le bloigh mar $\frac{3}{4}$

\Rightarrow roinn leis an t-seòrsaiche (4)

\Rightarrow is iomadaich leis an àireamhaiche (3)

Eacarsaich 4

1. Lorg **às aonais àireamhair**:-

a $\frac{2}{3}$ de 21 = $(21 \div 3) \Rightarrow 7 \times 2 = \dots$

b $\frac{3}{5}$ de 40 = $(40 \div \dots) \Rightarrow \dots \times 3 = \dots$

c $\frac{2}{3}$ de 24

d $\frac{3}{4}$ de 28

e $\frac{4}{5}$ de 45

f $\frac{2}{7}$ de 49

g $\frac{2}{5}$ de 55

h $\frac{5}{8}$ de 56

i $\frac{4}{9}$ de 63

j $\frac{7}{10}$ de 80

k $\frac{9}{10}$ de 120

l $\frac{5}{6}$ de 48

m $\frac{2}{15}$ de 30

n $\frac{9}{20}$ de 60.



2. a Bha 36 neach-siubhail air itealan beag.

Bha $\frac{2}{3}$ dhiubh nan cadal.

Cia mheud den luchd-siubhail a bha nan cadal?



b Thàinig 45 duine a-steach gu cafaidh ann an uair a thìde.

Dh'iarr trì còigeamhan dhiubh cupa tì.


Cia mheud duine **nach** do dh'iarr tì?




Geàrr-chunntas

1. Inns dè a' bhloigh de gach cumadh a tha dathte:-


a



b



c



2. Inns dè a' bhloigh de gach cumadh **nach eil** dathte.

3. Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-

a $\frac{1}{2} = \frac{?}{6}$

b $\frac{3}{4} = \frac{15}{?}$

c $\frac{7}{?} = \frac{21}{27}$

4. Sgrìobh **dà** bhloigh a tha co-ionann ri:-

a $\frac{1}{4}$

b $\frac{2}{5}$

c $\frac{7}{8}$

5. Sgrìobh gach bloigh ann an dòigh cho **sìmplidh** 's a ghabhas:-

a $\frac{5}{10}$

b $\frac{9}{27}$

c $\frac{24}{36}$

6. Lorg:-

a $\frac{1}{2}$ de 22

b $\frac{1}{3}$ de 21

c $\frac{1}{4}$ de 28

d $\frac{1}{7}$ de 42

e $\frac{1}{8}$ de 48

f $\frac{1}{12}$ de 36

7. Bha £36 aig Seònaid mus deach i do na bùithtean. Chosg i leth den airgead aice air biadh agus trian dheth air preusantan.

a Dè chosg i air biadh?

b Dè chosg i air preusantan?

c Dè bh' aice air fhàgail?



8. Lorg:-

a $\frac{2}{3}$ de 24

b $\frac{3}{4}$ de 28

c $\frac{5}{8}$ de 56

Co-chomharran puinge

Faodaidh sinn mìneachadh càit a bheil puing sònraichte le bhith a' cleachdadh **diagram co-chomharran**. Tha na co-chomharran ag innse dè an **dà loidhne** air a bheil a' phuing.

Cuimhnich air seo:-

- tòisich aig **O**, gluais **A-NULL** an toiseach, is an uair sin **SUAS**
- cuir **CAMAGAN** mu chuairt air an dà àireimh
- cuir **CROMAG** eadar an dà àireimh.

Eisimpleir:-

Airson co-chomharran **H** a lorg:-


Tòisich aig **O**,

gluais **A-NULL** 4 bogsaichean,
is an uair sin **SUAS** 2 bhogsa.

"S e **H** a' phuing **(4,2)**"

no

"S e **H(4,2)** co-chomharran na puinge"



Cuimhnich:- 'S e an **ORIGIN** a chanas sinn ris a' phuing **O(0,0)**.


'S e an **x-axis** a chanas sinn ris an loidhne **dhuibh** a tha a' dol "a-null".

'S e a' **y-axis** a chanas sinn ris an loidhne **dhuibh** a tha a' dol "suas".

Eacarsaich 1



1. Tha còig àitichean ann am baile air an sealltainn air diagram co-chomharran. Sgrìobh co-chomharran:-

- na h-eaglaise **E**.
- bùth a' bhùidseir **B**.
- na sgoile **S**.
- na pàirce ball-coise **P**.
- bùth nam bhidiothan **V**.



2. Airson gach puinge, sgrìobh an litir agus cuir na co-chomharran ri taobh. Mar eisimpleir:-

A (2,7).



- 3a Dè a' phuing aig a bheil co-chomharran:-

- (i) (5,10) (ii) (0,1)
(iii) (4,2) (iv) (8,5)?

- b Sgrìobh co-chomharran:-

- (i) K (ii) S
(iii) N (iv) U.

- c Nuair a cheanglas tu ceithir puingean ri chèile, gheibh thu ceart-cheàrnach.

- (i) Dè na 4 puingean?
(ii) Sgrìobh na co-chomharran aca.

4. Seo cothrom dhut puingean a chomharrachadh.

- a Tarraing diagram co-chomharran mar a chì thu ann an ceist 3 air pàipear ceàrnagach.

Feumaidh na h-àireamhan air gach axis a bhith a' ruith bho 0 gu 10.

- b Comharraich na puingean a leanas air an diagram. Dèan e cho grinn 's a ghabhas:-

E(7,2), F(3,0), G(1,8), H(9,1), I(5,5), J(4,10),
K(7,4), L(3,5), M(10,10), N(7,8), R(8,9), S(1,2).

- c Ceangail puing **G** ri puing **N**; ceangail puing **N** ri puing **E**; ceangail puing **E** ri puing **S**. A-nis ceangail puing **S** ri puing **G**.

- d Dè an seòrsa cumaidh a th' agad?

5. a Tarraing diagram ùr (bho 0 gu 6 air gach axis).

- b Comharraich na sia puingean a leanas:-

P(2,1) Q(4,1) R(5,2½) S(4,4) T(2,4) U(1,2½)

- c Nuair a cheanglas tu na sia puingean ri chèile, dè an cumadh a th' agad?


Tuilleadh mun x-axis agus mun y-axis

Cuimhnich:-

'S e **an origin** a chanas sinn ris a' phuing $O(0,0)$.
Seo far a bheil an x-axis agus an y-axis a' coinneachadh a chèile.

'S e **an x-axis** a chanas sinn ris an loidhne a tha a' dol "a-null".

'S e **an y-axis** a chanas sinn ris an loidhne a tha a' dol "suas".



RIAGHAILT:- theirig **A-NULL** air an x-axis an toiseach, is an uair sin **SUAS** an y-axis.

Eacarsaich 2

1 Freagair na ceistean a leanas agus gach uair a dh'ainmicheas tu puing inns dè an dealbh a th' aig a' phuing sin.

a Dè a' phuing aig a bheil *co-chomharra-x* de 4?

b Dè a' phuing aig a bheil *co-chomharra-y* de 5?

c Dè an *co-chomharra-x* a th' aig A?

d Dè an *co-chomharra-y* a th' aig F?

e Dè a' phuing aig a bheil *co-chomharra-x* agus *co-chomharra-y* co-ionann?


f Dè a' phuing a tha na laighe air an x-axis fhèin?

g Dè a' phuing a tha na laighe air an y-axis fhèin?

h Dè an 2 phuing aig a bheil an aon *cho-chomharra-y*?
Sgrìobh na co-chomharran aca.


i Dè an 2 phuing aig a bheil an aon *cho-chomharra-x*?
Sgrìobh na co-chomharran aca.

j Nuair a thèid thu bho D gu E tha thu a' dol "a-null 1 agus suas 2".
Is urrainn dhut gluasad eadar 2 phuing eile leis an riaghailt seo. Dè na puingeann?




2. Seall air an diagram co-chomharran seo.

- Sgrìobh co-chomharran **Q**.
- Dè a' phuing aig a bheil co-chomharran (7, 9)?
- Dè a' phuing aig a bheil an aon cho-chomharra-y ri **U**?
- Dè a' phuing aig a bheil an aon cho-chomharra-x ri **P**?
- Tha 3 puingeann ann leis an aon cho-chomharra-y.
Inns dè na puingeann a tha seo agus sgrìobh na co-chomharran aca rin taobh.
- Dè a' phuing a tha na laighe air an y-axis.
- Dè a' phuing aig a bheil an aon cho-chomharra-x agus y?
- Dè an loidhne a th' anns an y-axis - an axis a tha a' dol a-null no an axis a tha a' dol suas?



3. Tarraing copaidh den diagram co-chomharran 5 x 5 seo.

- Comharraich puingeann **A(1, 1)**, **B(1, 5)** agus **C(5, 5)**.
- Nuair a chuireas sinn puing **D** air an diagram nì i ceàrnag **ABCD**.
Air an diagram agad cuir puing **D** don àite cheart airson ceàrnag a dhèanamh.
- Ceangail **A** ri **C** agus **B** ri **D**.
Seo an dà **thrastan** aig a' cheàrnaig.
Sgrìobh co-chomharran na puinge far a bheil an dà thrastan a' trasnadh a chèile.




4. Tarraing diagram co-chomharran 5 x 5 eile mar a bh' agad gu h-àrd.

- Comharraich na puingeann **P(5, 2)**, **Q(1,2)** agus **R(1, 4)**.
- Tha sinn ag iarraidh gum bi **PQRS** na **cheart-cheàrnach**. Air an diagram agad, cuir puing **S** don àite cheart gus gum faigh sinn cheart-cheàrnach.
Sgrìobh co-chomharran **S**.
- Ceangail **P** ri **R** agus **Q** ri **S**.
Seo an dà **thrastan** aig a' cheart-cheàrnach. Sgrìobh co-chomharran na puinge aig a bheil an dà thrastan a' trasnadh a chèile.

5. Feumaidh tu a-nis 5 diagraman co-chomharran 5 x 5 eile a tharraing.

Air na diofar diagraman:-

- comharraich gach seata phuingean
- ceangail na puingean ri chèile anns an òrdugh cheart
- sgrìobh ainm a' chumaidh a rinn thu fodha



- Ceangail R(1, 0) ri S(1, 5) ri T(4, 5) ri U(4, 0), agus air ais gu R.
- Ceangail K(3, 3) ri L(3, 5) ri M(5, 5) ri N(5, 3), agus air ais gu K.
- Ceangail A(2, 4) ri B(3, 2) ri C(2, 0) ri D(1, 2), agus air ais gu A.
- Ceangail E(4, 4) ri F(2, 0) ri G(0, 4) ri H(2, 5), agus air ais gu E.
- Ceangail H(2, 1) ri I(1, 2) ri J(2, 3) ri K(4, 3) ri L(5, 2) ri M(4, 1), agus air ais gu H.

Bu chòir gum bi thu air daoimean, còig-cheàrnach, ceart-cheàrnach, itealag agus ceàrnag a dhèanamh - ach chan ann anns an òrdugh sin !

(Dè an t-ainm matamataigeach a th' air **daoimean**?)

Spòrs le co-chomharran

Eacarsaich 3



Faodaidh tu dealbhan a dhèanamh le co-chomharran.

Tarraing diagram co-chomharran airson gach deilbh (a rèir na meudachd gu h-ìosal).

Comharraich na puingean anns an òrdugh cheart agus ceangail iad ri chèile, a' leantainn an stiùiridh.

- Co-chomharra-x as àirde **15**. Co-chomharra-y as àirde **16**.

(5, 2) (5, 12) (3, 12) (9, 16) (15, 12) (13, 12) (13, 2) (5, 2) stad.

(6, 8) (6, 10) (8, 10) (8, 8) (6, 8) stad.

(10, 8) (10, 10) (12, 10) (12, 8) (10, 8) stad.

(7, 13) (7, 14) (11, 14) (11, 13) (7, 13) stad.

(8, 2) (8, 5) (10, 5) (10, 2) stad.

- Co-chomharra-x as àirde **14**. Co-chomharra-y as àirde **8**.

(3, 5) (3, 2) (8, 2) (14, 5) (14, 8) (8, 5) (3, 5) (9, 8) (14, 8) stad.

(8, 2) (8, 5) stad.

- Co-chomharra-x as àirde **17**. Co-chomharra-y as àirde **10**.

(3, 2) (3, 10) (16, 10) (16, 2) (3, 2) stad.

(4, 3) (4, 9) (15, 9) (15, 3) (4, 3) stad.

(5, 4) (5, 8) stad. (6, 8) (6, 4) (8, 4) (8, 6) (6, 6) stad.

(9, 8) (11, 8) (11, 6) (9, 6) (9, 4) (11, 4) stad.

(12, 4) (12, 8) (14, 8) (14, 4) (12, 4) stad.

4. Co-chomharra-x as àirde 25. Co-chomharra-y as àirde 22.

(7,15) (6,13) (5,13) (4,12) (4,11) (5,10) (6,10) (5,7) (6,6) (8,7)
(8,9) (6,10) stad.

(6,6) (7,4) (9,3) (12,3) (16,7) (16,8) (17,8) (18,9) (19,11) (18,14)
(17,15) (15,14) stad.

(18,12) (17,14) (16,13) (16,10) (17,11) (17,13) (16,13) stad.

(8,17) (7,15) (8,16) (9,15) stad.

(8,12) (9,14) (8,15) (7,14) (7,13) (8,13) (8,14) (7,14) stad.

(12,3) (16,4) (20,6) (22,6) (21,7) (23,6) (21,8) (24,9) (22,9) (25,10)
(22,10) (25,12) (20,11) (25,15) (22,14) (23,18) (20,16) (20,19) (19,17)
(19,21) (18,18) (17,22) (15,19) (15,22) (14,19) (13,22) (12,18) (11,21)
(10,18) (9,20) (9,18) (7,20) (8,17) stad.

(8,17) (13,14) (15,14) stad.

5. Co-chomharra-x as àirde 22. Co-chomharra-y as àirde 32.

(5,12) (5,11) (6,9) (5,7) (5,6) (7,3) (5,2) (9,2) (9,3) (10,6) (13,9) (12,6)
(12,5) (14,3) (12,2) (16,2) (16,6) (19,9) (19,11) (17,15) (13,21) (18,24)
(19,23) (20,24) (19,24) (19,25) (22,26) (19,26) (12,24) (8,21) (7,22·5)
(7,14) (6,15) (6,11) (5,12) stad.

(7,22·5) (6,24) (11,25) (12,25) (12,24) stad.

(6,24) (5,24) (6,22) (6,24) stad.

(7,22·5) (7,22) (6,22) (6,15) stad.

(6,22) (3,14) (5,12) stad.

(3·5,15) (2,15) (2,18) (3,21) (2,23) (4,25) (4,24) (3,23) (4,22) (4,23)
(5,22) (4,21) (5·5,20) stad.

(11,25) (11,27) (12,27) (13,28) (13,29) (12,30) (11,30) (7,29) (7,28)
(4,28) (6,24) stad.

(5,28) (5,26) stad.

(5·5,25) (7,25) (8,26) stad.

(7,29) (8,29) (8,28) (7,28) stad.

(11,30) (11,29) (12,30) (11,28) stad.

(7,29) (6,29) (5,30) (7,30) (11,31) (12,32) (12,30) stad.

(7,30) (6,31) (11,32) (11,31) stad.



Geàrr-chunntas

1. a Dè a' phuing aig a bheil na co-chomharran:-

- (i) (9,3) (ii) (2,0)
 (iii) (5,8) (iv) (3,10)?

b Sgrìobh co-chomharran:-

- (i) L (ii) R
 (iii) F (iv) W.


c Nuair a thèid 4 de na puingeann a' cheangal ri chèile, nì iad ceàrnag.

- (i) Dè na 4 puingeann?
 (ii) Sgrìobh na co-chomharran aca.


d Dè a' phuing a tha air:- (i) an x-axis? (ii) an y-axis?

e Ainmich 2 phuing sam bith leis:- (i) an aon co-chomharra-x
 (ii) an aon co-chomharra-y.

f Dè a' phuing aig a bheil co-chomharra-x agus co-chomharra-y co-ionann?



2. Dèan copaidh den diagram co-chomharran seo.



a Comharraich na puingeann E(2,0), F(3,0) agus G(3,5) air an diagram.

b Tha sinn ag iarraidh gum bi EFGH na **cheart-cheàrnach**. Cuir puing H don àite cheart gus ceart-cheàrnach a dhèanamh. Air an diagram comharraich puing H agus sgrìobh na co-chomharran aice.

c Ceangail E ri G agus ceangail F ri H.

'S iad an dà loidhne seo trastanan a' cheart-cheàrnaich.

Comharraich a' phuing far a bheil an dà thrastan a' trasnadh a chèile agus sgrìobh co-chomharran na puinge. (beagan nas dorra.)

Ceudadan



Ma bhriseas sinn cumadh ann an 100 "pìos", 's e "1 sa cheud" a chanas sinn ris gach pìos. Tha sinn a' cleachdadh a' chomharra "%" gus àireamh "sa cheud" a riochdachadh.

Anns a' cheàrnaig seo, tha 38 pìosan a-mach à 100 **uaine**. Bidh sinn a' sgrìobhadh seo mar **38%**.


Tha 9 pìosan a-mach à 100 **dearg**. Tha sinn a' sgrìobhadh seo mar **9%**.

$$38\% = \frac{38}{100} = 38 \div 100 = 0.38$$


$$9\% = \frac{9}{100} = 9 \div 100 = 0.09$$

Eacarsaich 1





1. Tha 100 pìos anns gach ceàrnaig. Sgrìobh gach dath mar cheudad:-




uaine : 50%
dearg : ...%



uaine : ...%
dearg : ...%




2. a Sgrìobh gach dath anns a' cheart-cheàrnaich seo mar cheudad.



b Cur-ris na 3 freagairtean. (an d'fhuair thu 100%?)

3. a Sgrìobh an ceudad den cheart-cheàrnaich seo a tha:-
(i) dearg (ii) uaine.



b Dè am meud a th' anns a' cheudad air nach eil dath?

c A bheil dòigh eile ann air ceist "b" a fhreagairt, gun na ceàrnagan geala a chunntadh?

(**Taic:** An dèan na freagairtean agad airson pàirt "a" feum dhut?)

4. Sgrìobh gach ceudad mar **bhloigh**:-

- a 23% b 49% c 60%
d 14% e 99% f 17%
g 66% h 8% i 3% j 4% k 1% l 100%

Cuimhnich: $47\% = \frac{47}{100}$

5. Sgrìobh gach ceudad mar **dheichead**:-

- a 31% b 59% c 77%
d 11% e 18% f 99%
g 9% h 8% i 3% j 4% k 1% l 100%

Cuimhnich: $53\% = 0.53$

6. Sgrìobh gach ceudad mar **bhloigh** agus mar **dheichead**:-

- a 12% b 33% c 50%
d 25% e 10% f 19% g 68% h 40% i 13%
j 2% k 5% l 6% m 1% n 3% o 100%

$19\% = \frac{19}{100} = 19 \div 100 = 0.19$

7. Sgrìobh gach **bloigh** no **deichead** mar **cheudad**:

- a $\frac{19}{100}$ b $\frac{79}{100}$ c $\frac{8}{100}$ d 0.89 e 0.41 f 0.08
g 0.62 h $\frac{1}{100}$ i 0.01 j $\frac{93}{100}$ k 0.5 l $\frac{10}{200}$

A' ceangal bhloighean, dheicheadan & cheudadan



Cuimhnich:- $\frac{19}{100} = 19 \div 100 = 0.19 = 19\%$.

Faodaidh sinn **bloigh sam bith** a sgrìobhadh mar **dheichead** is an uair sin mar **cheudad**.

Eisimpleirean

Sgrìobh gach bloigh a leanas mar dheichead agus an uair sin mar cheudad:-

a $\frac{3}{50} = 3 \div 50 = 0.06 = 6\%$

b $\frac{3}{4} = 3 \div 4 = 0.75 = 75\%$

Eacarsaich 2

1. Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-

a $\frac{7}{25} = 7 \div 25 = 0.\dots = \dots\%$

b $\frac{8}{10} = 8 \div \dots = 0.\dots = \dots\%$

c $\frac{3}{5} = \dots \div \dots = 0.\dots = \dots\%$

d $\frac{18}{40} = \dots \div \dots = 0.\dots = \dots\%$

2. Sgrìobh gach **bloigh** mar **dheichead** agus an uair sin mar **cheudad**:-

a $\frac{12}{60}$

b $\frac{6}{40}$

c $\frac{4}{5}$

d $\frac{56}{200}$

e $\frac{87}{150}$

f $\frac{14}{140}$

Feumaidh tu a bhith faiceallach le freagairtean mar 0.1. **CHAN E** 1% a tha seo.

Tha an "1" ann an colbh nan **deicheamhan**, 's mar sin **0.1 = 10%**.

3. Gu faiceallach, sgrìobh gach **bloigh** mar **cheudad**:-

a $\frac{1}{5}$

b $\frac{7}{35}$

c $\frac{12}{20}$

d $\frac{22}{110}$

e $\frac{9}{30}$

f $\frac{222}{5550}$

4. Fhuair Bobby $\frac{60}{80}$ ann an deuchainn Matamataig.

Sgrìobh an sgòr seo mar cheudad.

5. Fhuair Iain $\frac{69}{92}$ ann an deuchainn Beurla, $\frac{56}{70}$ ann an deuchainn Fraingis agus $\frac{39}{50}$ ann an deuchainn Eachdraidh.

a Sgrìobh an ceudad a fhuair e anns gach cuspair.

b Dè an cuspair san d' fhuair e an sgòr **a b' àirde**?

c Dè an cuspair san d' fhuair e an sgòr **a b' isle**?



Ceudadan cumanta



Bidh sinn a' cleachdadh cuid de cheudadan gu math tric.

$$50\% = \frac{50}{100} = \frac{1}{2}$$

$$25\% = \frac{25}{100} = \frac{1}{4}$$

$$10\% = \frac{10}{100} = \frac{1}{10}$$

Eisimpleirean

a Lorg 50% de £20
= $\frac{1}{2}$ de £20
= £10

b Lorg 25% de 32 cg
= $\frac{1}{4}$ de 32 cg
= 8 kg

c Lorg 10% de 50 ml
= $\frac{1}{10}$ de 50 ml
= 5 ml

Eacarsaich 3

1. Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-

a Lorg 50% de £60
= $\frac{1}{2}$ de £60
=

b Lorg 25% de 24sg
= $\frac{1}{4}$ de 24sg
=

c Lorg 10% de 90 cm
= $\frac{1}{10}$ de 90 cm
=

2. Lorg:-

a 50% de £26

b 50% de 56 km

c 50% de 124 mm

d 25% de \$8

e 25% de 48 ml

f 25% de 800 m

g 10% de 600 m

h 10% de 200 ml

i 10% de 100 cm

j 50% de £900

k 10% de 800 mm

l 25% de 64sg

m 50% de £15

n 25% de £10

o 10% de £13

3. a Bha £30 aig Tormod. Thug e 50% dheth do bhuidheann-carthannais.

Dè an t-airgead a thug e don bhuidheann?


b Bha 80 cg ann am Màiri.

Chaill i 25% den chuideam seo.

Dè an cuideam a chaill i?

c Bha 90 cg ann an Aonghas.

Chaill e 10% den chuideam seo. Dè an cuideam a chaill e?



4. Tha bùth leabhraichean air 10% a thoirt far prìs gach leabhair.

a Dè shàbhaileadh tu air leabhar a chosg £12 roimhe?

b Dè chosgas an leabhar a-nis?


10% dheth

Geàrr-chunntas




1. Sgrìobh gach dath mar cheudad den chumadh:-


a




b



c



d



2. Sgrìobh gach ceudad mar **bhloigh**:-

a 55% b 21% c 80% d 17% e 9% f 1%

3. Sgrìobh gach ceudad mar **dheichead**:-

a 41% b 58% c 11% d 8% e 1% f 100%

4. Sgrìobh gach ceudad mar **bhloigh** agus mar **dheichead**:-

a 18% b 44% c 3% d 10% e 25% f 50%

5. Sgrìobh gach **bloigh** no **deichead** mar **cheudad**:-

a $\frac{22}{100}$ b 0.67 c $\frac{71}{100}$ d 0.06 e $\frac{7}{100}$ f 0.5

6. Lorg:-

a 50% de £80 b 25% de 28 cg c 10% de 304 cm

7. a Bha £5 de airgead-pòcaid aig Dòmhnall, ach chaill e 25% dheth.

Dè an t-airgead a chaill e?


b Chleachd Anna 10% den chùbhrachd aice ann an aon oidhche.

Bha 220 ml sa bhotal an toiseach. Dè na chleachd i den chùbhrachd?



A' tomhas agus a' comharrachadh faid

Ceudameatairean & Milemeatairean air Rùilear




Tha gach **ceudameatair (cm)** air a roinn ann am pàirtean co-ionann ris an can sinn **milemeatairean (mm)**. $1 \text{ cm} = 10 \text{ mm}$.


Tha **8.7 cm** no **87 mm** no **8 cm 7 mm** anns an loidhne PQ.

Eacarsaich 1

- Cleachd do rùilear gus faid nan loidhnichean seo a thomhas, **ann an ceudameatairean**. (me 2.4 cm)




- Tomhais faid, leud, no àirde nan dèideagan seo, **ann am milemeatairean**.



3. Airson nan loidhnichean a leanas:-


(i) Tomhais gach loidhne agus sgrìobh a faid, **ann am mìlemeatairean**.

(ii) Dèan liosta dhiubh ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an tè as fhaide.




4. a Tomhais ceithir taobhan a' chumaidh seo, **ann an ceudameatairean**.

b Obraich a-mach an diofar eadar an taobh as fhaide agus an taobh as giorra.



5. Tomhais trast-thomhas nan cumaidhean cruinne seo, **ann am mìlemeatairean**.



*taic - tha 3 diofar mheudan de chearcaill an seo

6. Cia mheud **mìlemeatair** a th' anns an loidhne ghurim a bharrachd air na th' anns an loidhne **uaine**?



7. Tomhais faid gach loidhne agus sgrìobh an fhaid:-

(i) ann am mìlemeatairean.

(ii) ann an ceudameatairean.

(iii) ann an ceudameatairean agus mìlemeatairean.

eisimpleir:- $27 \text{ mm} = 2.7 \text{ cm} = 2 \text{ cm } 7 \text{ mm}$

a



b



c



d



e



8. Bha na bràistean gu h-ìosal air a' chloinn aig partaidh co-là-breith.

(i) Thoir tuairmse air gach meud, a, b agus c, ann an ceudameatairean.

(ii) A-nis cleachd rèilear airson gach fear a thomhas, ann an ceudameatairean.

(iii) Dèan coimeas eadar do fhreagairtean airson (i) agus (ii). An robh thu faisg a' chiad turas?

a Trast-thomhas a' chearcaill



b Faid aon taobh den cheàrnaig.



c Faid trastan a' cheart-cheàrnaich seo.



9. Le rèilear, tarraing:-

a loidhne 25 mm

b loidhne 78 mm

c loidhne 3.5 cm

d loidhne 8.2 cm

e ceàrnag le taobhan 45 mm

f ceart-cheàrnach meud 4.5 cm x 5.5 cm.

10. Seall air na dealbhan a rinn thu ann an e is f ann an ceist 9. Tomhais agus sgrìobh:-

a faid an 2 thrastain anns a' cheàrnaig, ann am mìlemeatairean.
Dè tha thu a' mothachadh?

b faid an 2 thrastain anns a' cheart-cheàrnaich, ann an ceudameatairean.
Dè tha thu a' mothachadh?

Aonadan Faid


Bidh sinn a' cleachdadh 4 diofar aonadan airson faid a thomhas anns an t-siostam **MHEATRACH**.

cilemeatair

milemeatair

meatair

ceudameatair



Am meatair

'S e seo an t-aonad àbhaisteach airson faid a thomhas - tha e cho fada ris an astar bho làmh an dorais sìos chun an làir.

1 meatair

An ceudameatair

'S e seo am meatair air a roinn ann an 100 pìos co-ionann. Tha e mun aon mheud ri leud do lùdaig.

1 cm



Am milemeatair

'S e seo an ceudameatair air a roinn ann an 10 pìosan co-ionann. Tha e mun aon leud ri prìne.



An cilemeatair

'S e seo 1000 meatair.

Eacarsaich 2



1. Cia mheud:-

- meatair a th' ann an 1 cilemeatair?
- ceudameatair a th' ann an 1 mheatair?
- milemeatair a th' ann an 1 ceudameatair?
- milemeatair a th' ann an 1 mheatair?
- ceudameatair a th' ann an 1 cilemeatair?
- milemeatair a th' ann an 1 cilemeatair?



2. Seach gu bheil **1 cm = 10 mm**, cia mheud milemeatair a th' ann an:-

- | | | | |
|-------------|-------------|--------------|---------------------|
| a 6 cm | b 2 cm | c 15 cm | d leth ceudameatair |
| e 4 cm 2 mm | f 8 cm 7 mm | g 12 cm 9 mm | h 5 cm 5 mm |
| i 1.5 cm | j 9.2 cm | k 18.9 cm | l 21.3 cm? |

3. Seach gu bheil **10 mm = 1 cm**, cia mheud ceudameatair a tha co-ionann ri:-

- | | | | | | | | |
|---|--------|---|---------|---|--------|---|--------|
| a | 40 mm | b | 70 mm | c | 90 mm | d | 130 mm |
| e | 35 mm | f | 49 mm | g | 200 mm | h | 700 mm |
| i | 650 mm | j | 2000 mm | k | 3 mm | l | 7 mm? |

4. Seach gu bheil **1 m = 100 cm**, cia mheud ceudameatair a tha co-ionann ri:-

- | | | | | | | | |
|---|-----------|---|--------|---|-------|---|------------------|
| a | 3 m | b | 9 m | c | 14 m | d | leth meatair |
| e | 25 m | f | 49 m | g | 200 m | h | cairteal meatair |
| i | 4 m 50 cm | j | 7.05 m | k | 0.5 m | l | 0.01 m? |

5. Cuimhnich gu bheil **100 cm = 1 m**. Cia mheud meatair a tha co-ionann ri:-

- | | | | | | | | |
|---|--------|---|--------|---|---------|---|---------|
| a | 400 cm | b | 700 cm | c | 1500 cm | d | 4000 cm |
| e | 440 cm | f | 950 cm | g | 50 cm | h | 25 cm? |

6. **1 km = 1000 m**. Cia mheud meatair a tha co-ionann ri:-

- | | | | | | | | |
|---|-------------------|---|------------|---|------------|---|------------------|
| a | 3 km | b | 12 km | c | 25 km | d | leth cilemeatair |
| e | $5\frac{1}{2}$ km | f | 2 km 750 m | g | 9 km 800 m | h | 1 km 70 m |
| i | 5.2 km | j | 12.6 km | k | 2.25 km | l | 0.8 km. |

7. **1000 m = 1 km**. Cia mheud cilemeatair a tha co-ionann ri:-

- | | | | | | | | |
|---|----------|---|----------|---|----------|---|------------|
| a | 5000 m | b | 18 000 m | c | 300 m | d | 7500 m |
| e | 18 400 m | f | 4250 m | g | 2150 m | h | 6950 m |
| i | 350 m | j | 780 m | k | 12 400 m | l | 300 000 m. |

8. Cuir iad seo ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an tè **as lugha**:-

6 cm 5 mm 6.2 cm 63 mm 6 cm

9. Cuir iad seo ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an tè **as motha**:-

8 m 90 cm 8.8 m 870 cm 9 m

10. Thomhais Seumas faid an t-slaodain aige. Bha 1200 mm ann.

Sgrìobh an fhaid ann an:- (i) cm (ii) m



11. Tha sreang sa bheil 2500 cm air a' phiorna seo. Cia mheud meatair a th' innte?



12.



Tha astar de 400 m mu chuairt pàirce. Ann an rèis, bha aig farpaisich ri ruith timcheall air a' phàirce **12 gu leth turas**.

- a Dè cho fad 's a bha an rèis, ann am meatairean?
b Dè cho fad 's a bha i ann an cilemeatairean?

Ceistean mu fhaid

Eacarsaich 3



- Chuir Murchadh 4 crogain shiùcaran air muin a chèile.
Bha àirde 25 mm, 38 mm, 47 mm agus 50 mm annta.
 - Dè cho àrd 's a bha am pile chrogan?
 - A-nis sgrìobh do fhreagairt ann an ceudameatairean.
- Bha stob de shiùcar-dubh aig Teàrlach anns an robh 8 cm.
Bhìd e pìos 25 mm dheth.
 - Sgrìobh 8 cm ann am mm.
 - A-nis sgrìobh faid a' phìos a bh' air fhàgail (**ann am mm**).
- Tha 6.7 cm ann am pìos meatailt theth.
Nuair a dh'fhuaraich e ghiorraich an fhaid 4 mm.
Dè an fhaid a bh' ann nuair a dh'fhuaraich e (**ann an cm**)?
- Bha Ailios a' ceangal neòineanan ri chèile airson sèine a dhèanamh.
Chleachd i 8 neòineanan agus bha 35 mm anns gach neòinean.
Dè cho fad 's a bhiodh an t-sèine, ann an **ceudameatairean**?
- Tha sia DVDan air muin a chèile.
Tha àirde 15 cm annta.
Ma tha an aon mheud anns a h-uile DVD, lorg tighead aoin dhiubh,
ann am **milemeatairean**.
- Chrìochnaich Sonya rèis 100 meatair, anns an 2ra àite.
Bha i air 98.5 meatairean a ruith nuair a chaidh an tè a bhuannaich seachad air an loidhne.
Cia mheud ceudameatair a bha Sonya air dheireadh air an tè a bhuannaich?
- Tha trast-thomhas de 2.4 cm aig bonn-airgid.
Chuir mi 100 dhiubh ri taobh a chèile ann an loidhne dhìrich.
Dè cho fad 's a bha an loidhne, **ann am meatairean**?
- Tha Paula a' ruith rèis 6 km.
Tha i air 4500 meatair a ruith.
Cia mheud cilemeatair a th' aig Paula ri dhol?
- Dh'fhalbh Alasdair air saor-làithean. Bha an taigh-òsta 375 km bhon taigh aige!
Shiubhail e 320 km air tràna, 45 km air bàt'-aiseig is 9.2 km ann an tagsaidh.
Cia mheud meatair a bh' aige ri dhol mus ruigeadh e an taigh-òsta?




Cuairt-thomhas

'S e **cuairt-thomhas** an t-astar
iomlan timcheall air oir cumaidh.

Eisimpleir:-

$$\begin{aligned} \text{Cuairt-thomhas} &= (5.5 + 5.1 + 7.2 + 4.8) \text{ cm} \\ &= \mathbf{22.6 \text{ cm}} \end{aligned}$$




Eacarsaich 4

1. Obraich a-mach cuairt-thomhas an triantain seo.




2. Obraich a-mach cuairt-thomhas gach cumaidh:-


a




b



c




3. Obraich a-mach cuairt-thomhas a' **cheart-cheàrnaich** seo.
(taic: **CHAN E** 31 cm an fhreagairt)




4. Obraich a-mach cuairt-thomhas gach ceàrnaig is ceart-cheàrnaich:-


a




b



c




d




5. Tha cuairt-thomhas de 68 cm aig an triantan seo.

Obraich a-mach an fhaid a tha a dhìth.


$$(12 \text{ cm} + 36 \text{ cm} + ? \text{ cm} = 68 \text{ cm})$$




6. Obraich a-mach gach faid a tha a dhìth anns gach cumadh:-



cuairt-thomhas = 30 cm




cuairt-thomhas = 40 cm




cuairt-thomhas = 242 mm


7. Obraich a-mach gach faid a tha a dhìth anns gach ceart-cheàrnach:-



cuairt-thomhas = 76 cm



cuairt-thomhas = 600 mm



cuairt-thomhas = 11 m

8. Seo dealbh de rùm Sheonaidh.


a Lorg cuairt-thomhas an làir.

b Dè chosgas e an rùm a chuirteachadh le dèile a tha a' cosg £3 gach meatair?

(Tha leud 0.7 meatair anns an doras).



- 9.



Tha achadh ceart-cheàrnachail aig tuathanach.


Chuir e 3 snàithleanan uèir bhiorach mu chuairt air.

Bha an uèir 50sg gach meatair.

Obraich a-mach cosgais iomlan an uèir.

Farsaingeachd

'S e **FARSAINGEACHD** am meud de rùm a tha cumadh a' còmhach.



Ma smaoinicheas tu air bogsa 1 cm x 1 cm, tha farsaingeachd de

1 cheudameatair ceàrnagach (1 cm²) ann.

(**Cuimhnich**:- Nuair a leughas tu "1 cm²", can "1 cheudameatair ceàrnagach")

Eacarsaich 5

1. a Cia mheud bogsa (1 cheudameatair x 1 cheudameatair) a tha seo?




- b Sgrìobh an fharsaingeachd mar seo:- Farsaingeachd =? cm².

2. Sgrìobh farsaingeachd (ann an cm²) gach cumaidh:-


a




b




c




d




e




f





g




h




i



j



k




3. Thoir tuairmse air farsaingeachd gach cumaidh gu h-ìosal:-

Nas motha na $\frac{1}{2}$ de cheàrnaig dathte → **cunnt e** mar 1 cm^2 slàn.

Nas lugha na $\frac{1}{2}$ de cheàrnaig dathte → **na cunnt e idir.**

a




b



c



d




Farsaingeachd Ceart-cheàrnaich

Ann an Eacarsaich 5, lorg sinn farsaingeachd ceart-cheàrnaich le bhith a' cunntadh bhogsaichean. A-nis lorgaidh sinn farsaingeachd a' chumaidh le **FOIRMLE**.
Seo dealbh de cheart-cheàrnach 4 ceudameatairean x 2 cheudameatair.

- a Obraich a-mach an fharsaingeachd (**ann an cm^2**) le bhith a' cunntadh nam bogsaichean.

An d' fhuair thu 8 bogsaichean (**8 cm^2**)?



- b A-nis sgrìobh an fhreagairt a gheibh thu nuair a dh'iomadaicheas tu an fhaid agus an leud:-


=> $4 \text{ cm} \times 2 \text{ cm}$ (an d' fhuair thu an aon fhreagairt a-rithist?)

Seo dòigh eile air FARSAINGEACHD CEART-CHEÀRNAICH obrachach a-mach:-

$$\text{Farsaingeachd} = \text{faid} \times \text{leud}$$

$$\text{no } F = f \times l$$

leud (l)



faid (f)


Tha e **UABHASACH** cudromach gu bheil fios agad mar a chleachdas tu am foirmle seo,

$$F = f \times l$$

gus farsaingeachd ceart-cheàrnaich a' lorg.

Eisimpleir:-

$$\begin{aligned} F &= f \times l \\ &= 3 \times 2 \\ &= \underline{6 \text{ cm}^2} \end{aligned}$$



Eacarsaich 6


- Tarraing dealbh de cheart-cheàrnach anns a bheil faid 4 cm agus leud 3 cm.
 - Tarraing bogsaichean 1 cm cho grinn 's as urrainn dhut air a' cheart-cheàrnach. Cunnt na bogsaichean gus farsaingeachd a' cheart-cheàrnaich a lorg.
 - Cleachd am foirmle **$F = f \times l$** (le $f = 4$, $l = 3$) airson an fharsaingeachd obrachach a-mach.
Dèan cinnteach gun d' fhuair thu an aon fhreagairt 's a bh' agad ann am pàirt b.

- Seo sgeidse de cheart-cheàrnach.

Cleachd am foirmle

$$F = f \times l$$


gus an fharsaingeachd obrachadh a-mach (ann an cm^2).



3. Obraich a-mach farsaingeachd gach ceart-cheàrnaich.


(Gach turas, dèan sgeidse den cheart-cheàrnach, sgrìobh an riaghailt

$F = f \times l$ agus obraich a-mach an fharsaingeachd ann an cm^2).



4. Ma tha an fharsaingeachd nas motha (farsaingeachd làir, raon-cluiche, pàirce msaa) faodaidh sinn a tomhas ann am **meatairean ceàrnagach** (m^2).


Obraich a-mach farsaingeachd gach achaidh, ann an m^2 .



5. Anns an dealbh seo, chì thu na rùmannan ann an taigh.

Obraich a-mach farsaingeachd gach rùm, ann an m^2 . Tha 6 dhiubh ann.

Farsaingeachd (rùm-suidhe) = $f \times l$
 = $5 \text{ m} \times 8 \text{ m}$
 = m^2 .



Farsaingeachd Triantain Cheart-cheàrnachail


A' long farsaingeachd triantain cheart-cheàrnachail:-

Ceum 1 - Seall air a' cheart-cheàrnach mu chuairt air.

$$\Rightarrow \text{Farsaingeachd} = 3 \times 6 = 18 \text{ cm}^2.$$


Ceum 2 - dèan dà leth ded fhreagairt \Rightarrow

$$\Rightarrow \text{Farsaingeachd} = \frac{1}{2} \text{ de } 18 = 9 \text{ cm}^2.$$




Eacarsaich 7


1.
 - a Tarraing dealbh grinn den triantan cheart-cheàrnachail seo.
 - b A-nis cuir crìoch air a' cheart-cheàrnach timcheall air.
 - c Obraich a-mach farsaingeachd a' cheart-cheàrnaich.
 - d A-nis sgrìobh farsaingeachd an triantain.




2.
 - a Tarraing dealbh grinn den triantan cheart-cheàrnachail seo.
 - b A-nis tarraing dealbh den cheart-cheàrnach timcheall air.
 - c Obraich a-mach farsaingeachd a' cheart-cheàrnaich.
 - d Sgrìobh farsaingeachd an triantain



3.
 - a Tarraing dealbh grinn den triantan cheart-cheàrnachail seo.
 - b A-nis tarraing dealbh den cheart-cheàrnach timcheall air.
 - c Obraich a-mach farsaingeachd a' cheart-cheàrnaich.
 - d Sgrìobh farsaingeachd an triantain.




4.




- a Tarruing dealbh grinn den triantan cheart-cheàrnachail seo
- b A-nis cuir crìoch air a' cheart-cheàrnach timcheall air.
- c Obraich a-mach farsaingeachd na ceàrnaig.
- d Sgrìobh farsaingeachd an triantain.


5. Anns an aon dòigh, lorg farsaingeachd an triantain seo.



6. Obraich a-mach farsaingeachd gach triantain. Cha leig thu leas dealbhan a dhèanamh.



7. Lorg farsaingeachd iomlan gach cumaidh:-




8. Tarraing dealbh grinn de gach triantan ceart-cheàrnachail gu h-ìosal.

Cleachd **pàipear ceàrnagach 1 cm**:-







(i) Tarraing dealbh grinn

(ii) cuir ceart-cheàrnach timcheall air

(iii) Long farsaingeachd a' cheart-cheàrnaich (iv) Long farsaingeachd an triantain




$$\begin{aligned} \text{Farsaingeachd (ceart-cheàrnach)} &= f \times l \\ &= 10 \times 5 = 50 \text{ cm}^2 \\ \text{Farsaingeachd (triantan)} &= \frac{1}{2} \text{ de } 50 \\ &= ? \text{ cm}^2 \end{aligned}$$



9. **Chan e** triantan ceart-cheàrnachail a tha seo!

- a Oobraich a-mach farsaingeachd a' cheart-cheàrnaich.
- b Dè an fharsaingeachd a tha thu a' smaoinichadh a th' anns an triantan bhuidhe?
- c Dè tha seo ag innse dhut mu bhith a' lorg farsaingeachd triantain **SAM BITH?**



Geàrr-chunntas



1. Le rèilear, tomhais faid gach loidhne, ann an ceudameatairean.

a



b



2. Sgrìobh faid gach loidhne ann:-

(i) am milemeatairean (ii) an ceudameatairean (iii) an cm agus mm.

a



b



3. Le rèilear, tarraing loidhne 105 milemeatairean.

4. Sgrìobh:-

a 4 m ann an cm

b 20 cm ann am mm

c 2.3 km ann am m

d 7000 m ann an km

e 250 cm ann am m

f 80 mm ann an cm

g 4500 m ann an km

h 4 m 30 cm ann an cm


5. Bha being san robh 2 mheatair aig Danaidh.

Gheàrr e pìos 40 cm far na beinge.

Dè cho fad 's a tha a' bheing a-nis (ann an cm)?




6.



Obraich a-mach cuairt-thomhas a' chumaidh seo:-

7. Lorg farsaingeachd gach cumaidh. 'S e 1 cm^2 a th' anns gach bogsa.




Sùil air ais

Pàtrain Shìmplidh:-

Bidh luchd-Matamataig daonna a' coimhead airson riaghailtean airson phàtran ann an dealbhan agus ann an seataichean de àireamhan.

Nuair a thuigeas iad an riaghailt, 's urrainn dhaibh cumail a' dol leis a' phàtran no leis an t-seata àireamhan.

Eisimpleirean:- Pàtran le dealbhan-



Pàtran le litrichean:-

A, C, E, G, I,

→ an ath litir

K

Pàtran le àireamhan:-

7, 10, 13, 16, 19,

→ an ath àireamh


22

An urrainn dhut innse ciamar a tha gach pàtran air a chruthachadh?


Eacarsaich 1

1. Seall air na 3 eisimpleirean gu h-àrd. Tarraing dealbh, no sgrìobh, an ath "earrann" de gach pàtran.


2. Dèan an ath 2 dhealbh anns a' phàtran seo.



3. Tarraing an ath 2 dhealbh anns a' phàtran seo:-




4. a Tarraing dealbh de na 3 pàtrain seo air pàipear ceàrnagach.




b A-nis tarraing an ath 2 dhealbh anns a' phàtran.

5. a Dèan copaidh ghrinn den phàtran seo.




b Dèan an ath 4 dealbhan anns a' phàtran.

6. Tha am pàtran seo nas dorra. Tarraing an ath 2 dhealbh anns a' phàtran.



7. a Tarraing an ath 2 dhealbh anns a' phàtran seo:-



b Cia mheud ceàrnag bheag a th' ann am pàtran: (i) 1 (ii) 2 (iii) 3 (iv) 4?

c Cia mheud ceàrnag bheag a bhios ann am pàtran: (i) 5 (ii) 6 (iii) 7 (iv) 8?

8. Ath-sgrìobh gach pàtran litrichean agus lorg an ath litir anns a' phàtran.

a B, D, F, H, J, ...

b A, D, G, J, M, ...


c Q, P, O, N, M, ...

d a, e, i, o, ...


e Z, X, V, T, ...

f B, C, D, F, G, H, ...


9. Dèan copaidh den phàtran seo agus cuir 2 **chuart** eile ris.



10. **Doirbh:** Dèan copaidh ghrinn den phàtran seo agus cuir 2 **chuart** eile ris.



11. Dèan copaidh den phàtran seo agus cuir 2 **chuart** eile ris.



12. Uaireannan chì sinn pàtrain mar a bh' againn ann an Ceist 9 air pàipear-balla. Tha na pàtrain a' ruith fad a' phàipeir a-rithist is a-rithist.

Cruthaich pàtran grinn mar seo, far am faic sinn **4** no **5** cuairtean den phàtran.

Pàtrain le àireamhan - Òrdughan (agus mìneachadh)

Eisimpleir 1:- 3, 6, 9, 12, ...

- clàr nan 3 uireadan, a' tòiseachadh aig 3.

Eisimpleir 2:- 5, 7, 9, 11, 13, ...

- a' tòiseachadh aig 5 is ag èirigh 2 gach turas.

Eisimpleir 3:- 50, 46, 42, 38, 34, ...


- a' tòiseachadh aig 50 is a' tuiteam 4 gach turas.

Eacarsaich 2

- Seall air a' phàtran seo de àireamhan:- 8, 12, 16, 20, 24,
Sgrìobh an seantans seo agus lìon na beàrnan airson am pàtran a mhìneachadh:-
'S e seo clàr nan "... " uireadan, a' tòiseachadh leis an àireimh "...".
- Mìnich gach òrdugh a leanas le bhith a' cleachdadh sheantansan mar a chì thu anns na h-eisimpleirean gu h-àrd.
 - 5, 10, 15, 20, 25, ...
 - 7, 14, 21, 28, 35, ...
 - 9, 12, 15, 18, 21, ...
 - 50, 60, 70, 80, 90, ...
 - 24, 32, 40, 48, ...
 - 36, 32, 28, 24, 20, ...
- Seall air a' phàtran ann an Ceist 2a:- 5, 10, 15, 20, 25.
Sgrìobh an ath **3 àireamhan** anns a' phàtran seo.
 - Sgrìobh an ath **3 àireamhan** anns a' phàtran ann an Ceist 2b.
 - Sgrìobh an ath **3 àireamhan** anns a' phàtran ann an Ceist 2c.
 - Sgrìobh an ath **3 àireamhan** anns a' phàtran ann an Ceist 2d.
 - Sgrìobh an ath **3 àireamhan** anns a' phàtran ann an Ceist 2e.
 - Sgrìobh an ath **3 àireamhan** anns a' phàtran ann an Ceist 2f.
- Seall air na h-àireamhan 7, 10, 13, 16, 19, 22, ...
Sgrìobh an seantans seo agus lìon na beàrnan airson am pàtran a mhìneachadh:-
"Tòisich leis an àireimh "... " agus theirig suas "... " gach turas".
- Mìnich gach pàtran gu h-ìosal anns an aon dòigh:-
"Tòisich leis an àireimh "... " agus theirig suas (no sìos) "... " gach turas".
 - 3, 5, 7, 9, 11, ...
 - 5, 8, 11, 14, 17, ...
 - 9, 13, 17, 21, 25, ...
 - 3, 13, 23, 33, 43, ...
 - 62, 67, 72, 77, 82, ...
 - 6, 6·5, 7, 7·5, 8, ...
 - 3, 4 $\frac{1}{2}$, 6, 7 $\frac{1}{2}$, 9, ...
 - 30, 26, 22, 18, ...
 - 70, 61, 52, 43, ...
 - 2000, 1900, 1800, 1700, ...

6. a Seall air ais air a' phàtran ann an Ceist 5a:- 3, 5, 7, 9, 11.
Sgrìobh an ath 3 àireamhan anns a' phàtran.
- b Dèan an aon rud airson nam pàtran ann an Ceistean 5b - j.
Sgrìobh an ath 3 àireamhan gach turas.

7. Seall air a' phàtran mhaisichean seo.




- a Tarraing dealbh den phàtran le 4 ceàrnagan.
- b 'S e 4, 8, 12, 16... an t-òrdugh airson na h-àireimh de mhaisichean a dh'fheumas tu. Dèan copaidh den òrdugh agus lìon a-steach an ath 3 àireamhan.
- c Dèan copaidh agus cuir crìoch air na leanas:-
"Tòisich le 4 maidsichean airson 1 cheàrnaig is cur-ris ... maidsichean airson gach ceàrnaig".
- d Cia mheud maidse a dh'fheumas tu airson 10 ceàrnagan?

8. Tha Valerie a' dèanamh bhriosgaidean.



1 bhriosgaid
(5 siùcaran)



2 bhriosgaid
(10 siùcaran)



3 briosgaidean
(... siùcaran)

- a Cia mheud siùcar a dh'fheumas tu airson 4 briosgaidean?
- b Dèan copaidh den phàtran 5, 10, 15 agus sgrìobh an ath 3 àireamhan.
- c Dèan copaidh agus cuir crìoch air na leanas:-
"Tòisich le "... siùcaran airson 1 bhriosgaid agus cur-ris "... siùcaran airson gach briosgaid.
- d Cia mheud siùcar a dh'fheumas tu airson 9 briosgaidean?
- e Nan cleachdadh i siùcar a bharrachd airson na sròine, cia mheud siùcar a dh'fheumadh i airson:-
- (i) 2 bhriosgaid (ii) 3 briosgaidean
(iii) 6 briosgaidean (iv) 10 briosgaidean?



9. Pàtran sònraichte - **Òrdugh Fibonacci.**

Fibonacci




Seall air an òrdugh seo:- 1, 1, 2, 3, 5, 8,

'S urrainn dhuinn am pàtran a mhìneachadh mar seo:-

- "Tòisich le 2 àireimh sam bith (1 agus 1 anns an eisimpleir gu h-àrd).
- "Cuir-ris a' 1d is an 2ra àireamh gus an 3mh àireamh a lorg ($2 = 1 + 1$).
- "Cuir-ris an 2ra is an 3mh àireamh gus an 4mh àireamh a lorg ($3 = 1 + 2$).
- "Cuir-ris an 3mh is an 4mh àireamh gus an 5mh àireamh a lorg ($5 = 2 + 3$).

- a Lorg an 6mh àireamh (= 4mh àireamh + 5mh àireamh)
- b Lorg an 7mh àireamh (= 5mh àireamh + 6mh àireamh)
- c Sgrìobh 8mh àireamh Fibonacci.
- d Dèan copaidh den phàtran is lorg a' chiad 12 àireamh:-
1, 1, 2, 3, 5, 8,



10. Lean an stiùireadh gus òrdugh eile a chruthachadh a' cleachdadh riaghailt Fibonacci.

- a Tòisich le 2 àireimh sam bith.
- b Tha an 3mh àireamh = 1d àireamh + 2ra àireamh.
- c Tha an 4mh àireamh = 2ra àireamh + 3mh àireamh.
- d Cùm a' dol leis a' phàtran seo gus am bi a' chiad 10 àireamhan agad.


11. **Pàtran ùr.**

Seall air an liosta àireamhan seo:- 2, 6, 12, 20, 30, 42,

- a Tha e doirbh dèanamh a-mach dè an ath àireamh a bhios ann. A bheil fios agadsa?
- b Am faic thu gu bheil $2 = (1 \times 2)$, $6 = (2 \times 3)$, $12 = (3 \times 4)$.
Sgrìobh $20 = (4 \times \dots)$, $30 = (5 \times \dots)$, $42 = (\dots \times \dots)$.
- c Lorg an 7mh àireamh anns an òrdugh.
- d Lorg a' chiad 10 àireamhan anns an òrdugh.

12. Pàtran ùr eile.

Bha balach a' cruthachadh pàtran le breigeachan.



- a Dèan copaidh de na 4 dealbhan a chì thu anns a' phàtran agus dealbhaich an ath 2 dhealbh (**5 agus 6**).
- b Seall air a' phàtran anns a' chlàr seo.
Am faic thu an ceangal eadar seo is na dealbhan?
Sgrìobh an ath phàtran de àireamhan anns an aon dòigh.
- c Sgrìobh an 6mh, 7mh agus 8mh pàtran anns an aon dòigh.

$1 = 1$
 $3 = 1 + 2$
 $6 = 1 + 2 + 3$
 $10 = 1 + 2 + 3 + 4$

13. Seall air a' phàtran seo:-

1, (1 + 3), (1 + 3 + 5), (1 + 3 + 5 + 7), (1 + 3 + 5 + 7 + 9),

a Dè chanas sinn ri àireamhan mar:-

(i) 2, 4, 6, 8, 10, 12, ...

(ii) 1, 3, 5, 7, 9, 11, ...?

b Tha am pàtran **1, (1 + 3), (1 + 3 + 5), ..** air a dhèanamh le bhith a' cur-ris àireamhan corra.

Sgrìobh an ath 4 teirmean anns a' phàtran seo.

c Sgrìobh na **luachan** a th' aig gach teirm:-

1 = 1, (1 + 3) = 4, (1 + 3 + 5) = 9,


d 'S e àireamhan sònraichte a th' ann an 1, 4, 9, 16,

Am faic thu gu bheil:- 1 = (1 × 1), 4 = (2 × 2), 9 = (3 × 3), ...

Sgrìobh na h-àireamhan seo san aon dòigh 16 = (... × ...), 25 = (... × ...), ...

e Tha ainm sònraichte air na h-àireamhan seo. Dè a th' ann?

f Cia mheud ceàrnag bheag a th' anns gach ceàrnaig mhòir?



Am faic thu a-nis carson is e **àireamhan ceàrnagach** a chanas sinn ris na h-àireamhan 1, 4, 9, 16, ...?


14. **Tòimhseachan:-**

a Cia mheud ceàrnag a th' anns an dealbh seo?



(chan e 4)


b Cia mheud ceàrnag a th' anns an dealbh seo?




(chan e 9 is chan e 10)

c Cia mheud ceàrnag a th' anns gach dealbh a leanas?

(i)




(ii)



d Feuch an lorg thu cia mheud ceàrnag a th' air bòrd-tàileisg.

Geàrr-chunntas

1. a Dèan copaidh ghrinn den chiad 3 dealbhan anns a' phàtran seo.




- b Dèan dealbh den 4mh dealbh anns a' phàtran.
2. a Mìnich am pàtran seo:- 12, 18, 24, 30, 36, ...
 b Sgrìobh an ath 3 àireamhan anns a' phàtran.
3. a Mìnich am pàtran seo anns an aon dòigh:- 80, 76, 72, 68, ...
 b Sgrìobh an ath 3 àireamhan anns a' phàtran.
4. Mìnich gach pàtran de àireamhan a leanas agus sgrìobh an ath 3 àireamhan gach turas:-
 a 10, 14, 18, 22, 26, ... b 1, 17, 33, 49, 65, ...
 c 51, 46, 41, 36, ... d 5·3, 7·0, 7·7, 9·4, 11·1, ...

5. Lorg an ath 4 litrichean anns a' phàtran seo (gabh air do shocair!!)



6. Tha balach a' dèanamh pàtran le breigeachan.



Pàtran 1 Pàtran 2 Pàtran 3 Pàtran 4
 3 breigeachan ... breigeachan ... breigeachan ... breigeachan


- a Dealbhaich pàtran 5 agus cunnt an àireamh de bhreigichean.
 b Dèan copaidh den chlàr seo, is cuir crìoch air:-

Àir. Pàtran	1	2	3	4	5	6
Breigeachan	3

- c Inns ciamar a tha am pàtran air a chruthachadh.
 d A-nis lorg cia mheud breige a dh'fheumas tu airson pàtran 10.


'S e cumaidhean **2-sheallach** (no 2sh) a th' ann an **ceàrnagan**, **triantain**, agus **cearcaill**.

Faodaidh tu dealbh grinn a tharraing dhiubh nad leabhar.







'S e cruthan **3-sheallach** (no 3sh) a th' ann an **ciùban**, **ciùbaidean**, agus **cruinnean**.

'S e cruthan **TEANN** a th' annta, is chan urrainn dhut ach **sgeidse** a dhèanamh dhiubh.




Eacarsaich 1


1. Ainmich gach cruth:-



2. Ainmich an cruth 3-sheallach anns gach dealbh:-




3. Seall air a' chruth 3-sheallach seo — an **CIÙB**.




- a Cia mheud **aodann** a th' air?
- b Dè seòrsa cumaidh a th' air gach aodann?
- c Cia mheud **oisean** a th' air?
- d Cia mheud **oir** a th' air?
- e Seall air an oir, AB.
A bheil an oir AB "**còmhnard**" no "**dìreach**"?
(dèan cinnteach gu bheil fios agad dè a tha **còmhnard** is **dìreach** a' ciallachadh).
- f Tha DC **co-shìnte** ri AB.
(i) Cleachd 2 litir gus oir eile a tha co-shìnte ri AB ainmeachadh.
(ii) Ainmich an treas oir a tha co-shìnte ri AB.
- g Ainmich 3 oirean a tha co-shìnte ris an oir BC.
- h Ainmich 3 oirean a tha co-shìnte ris an oir AP.
(A bheil AP dìreach no còmhnard?)
- i Dèan liosta de 6 rudan anns an sgoil, no aig an taigh a tha coltach ri ciùb.

4. **A' CHIÙBAID.**



- a Cia mheud **aodann** a th' oirre?
- b Dè an seòrsa cumaidh a th' air gach aodann?
- c Cia mheud **gob** a th' oirre?
- d Cia mheud **oir** a th' oirre?
- e Ainmich na 3 oirean a tha co-shìnte ri EF.
- f Ainmich na 3 oirean a tha co-shìnte ri ER.
- g Ainmich na 4 oirean eile a tha co-shìnte ri chèile.
- h Dèan liosta de 6 rudan anns an sgoil no aig an taigh a tha coltach ri ciùbaid.

5. **A' PHIORAMAID LE BONN CEÀRNAGACH .**



- a Cia mheud **aodann** a th' oirre?
- b Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-
"S e **c**..... a th' ann an 1 aodann agus 's e **t**.....
a th' anns na 4 aodainn eile air a' chruth seo".
- c Cia mheud **gob** a th' oirre?
- d Cia mheud **oir** a th' oirre?
- e Dèan liosta de 3 no 4 rudan anns an sgoil,
no aig an taigh, a tha coltach ri pioramaid le bonn ceàrnagach.

6. **AM PRIOSAM TRIANTANACH .**

a Cia mheud **aodann** a th' air?

b Ath-sgrìobh is cuir crìoch air:-

"'S e a th' ann an 2 aodann agus 's e
a th' ann an aodainn air a' chruth seo".


c Cia mheud gob a th' air?

d Ainmich oir eile (**cleachd 2 litir**) a tha co-shìnte ri AB.

e Ainmich 2 oir a tha co-shìnte ris an oir CQ.

f Cia mheud oir a th' ann uile-gu-lèir?

g Dèan liosta de 2 no 3 rudan anns an sgoil, no aig an taigh a tha coltach ri priosam triantanach.




Chan eil ach **aon** aodann air **CRUINNE** agus tha e **lùbte**.



CRUINNE


7. Anns an aon dòigh, inns mu dheidhinn nan aodann a th' air:-

a



CÒN

b




SIOLANDAIR

8. Sgrìobh an t-ainm sònraichte a th' againn air a' chruth seo?




9. Inns dè na cruthan matamataigeach a chì thu an seo:-

a



b



Obair phractaigeach - A' dèanamh chnàimhneach

Seall air **cnàimhneach** na ciùbaid seo.

Faodaidh sinn an **cnàimhneach** a dhèanamh le sràbhan no tiùban pàipeir.


Am faic thu gum feumadh tu 12 sràbhan, nam biodh tu a' dol a dhèanamh cnàimhneach na ciùbaid?

Ceithir pìosan 16 cm.

Ceithir pìosan 10 cm.

Ceithir pìosan 8 cm.

$$\begin{aligned}\text{Faid iomlan} &= (4 \times 16) + (4 \times 10) + (4 \times 8) \\ &= 64 + 40 + 32 \\ &= 136 \text{ cm.}\end{aligned}$$




ciùbaid

Eacarsaich 2


Anns an eacarsaich seo, feumaidh tu **pàipear A4** air a roiligeadh na thiùban, **siosar** agus **teip**. (Dh'fhaodadh tu fhèin is an clas a bhith ag obair ann am buidhnean).

- Roilig 12 pìos pàipeir nan tiùban, cuir teip steigeach orra agus gearr iad gus am bi ceithir pìosan 16 cm, ceithir pìosan 10 cm agus ceithir pìosan 8 cm agad.
 - Ceangail iad ri chèile le teip steigich no glaodh. Taisbean an t-eisimpleir as fheàrr.




- Dèan cnàimhneach de gach cruth gu h-ìosal. ('S dòcha gum bu chòir dhut a bhith ann am buidheann airson seo - faighnich don tidsear).

a




Ciùb

b



Pioramaid le bonn ceàrnagach

c




Priosam triantanach




3. a Seall air a' **chiùb** ann an Ceist 2a. Dè an fhaid **IOMLAN** de shràbh a dh'fheumas tu airson an ciùb seo a dhèanamh?
- b Dè an fhaid **IOMLAN** de shràbh a dh'fheumas tu airson a' **phioramaid le bonn ceàrnagach** ann an Ceist 2b a dhèanamh?
- c Dè an fhaid **IOMLAN** de shràbh a dh'fheumas tu airson am **priosam triantanach** ann an Ceist 2c a dhèanamh?

4. Dèan cnàimhneach den t-sabhal seo.



5.





Dèan cnàimhneach den tùr seo.




Lìontan chiùban is lìontan chiùbaidean

Nuair a dh'fhosglas tu bogsa a-mach mar seo, gheibh thu **LÌON** na ciùbaid.




Eacarsaich 3



1. Chì thu dealbh de lìon ciùbaid air taobh deas na duilleige.





Dèan sgeidse den chiùbaid agus sgrìobh meudan (**faid**, **leud** agus **àirde**) na ciùbaid.



2. Airson gach lìn, dèan sgeidse den chiùbaid, agus sgrìobh na meudan:-





3. Air an taobh dheas, chì thu **pàirt** de lìon na ciùbaid seo.





- a Dèan copaidh den **LÌON**.
b Cuir crìoch air.

4. Seo dealbh de **phàirt** de lìon ciùbaid.



Dèan copaidh den lìon is cuir crìoch air gus am bi na **6** aodainn ann.


5. Seo 2 aodann **ciùb**.




Dèan copaidh is cuir crìoch air lìon a' chiùb.

6. a Dèan dealbh de lìon na **ciùbaid** seo.

b Geàrr a-mach e gus a' chiùbaid a chruthachadh.




7.




Dèan dealbh de lìon a' **chiùb** seo, agus geàrr a-mach e gus an ciùb a chruthachadh.

8. 'S e lìon ciùb a th' ann am feadhainn de na dealbhan seo, ach **CHAN E** a th' anns a h-uile gin. Dèan dealbh de gach fear, geàrr a-mach e, agus inns an e lìon a th'ann.


a



b




c




(*Faodaidh tu an dèanamh nas motha na seo)


d



e




f




Geàrr-chunntas

1. Ainmich an dà chruth 3-sheallach anns an dealbh seo.



2. 'S e **PIORAMAID LE BONN CÒIG-CHEÀRNACH** a th' anns a' chruth seo.




- Cia mheud gob a th' oirre?
- Cia mheud oir a th' oirre?
- Dèan copaidh is cuir crìoch air:-

"Tha aodainn air a' phioramaid. 'S e a th' ann an aon dhiubh, agus 's e a th' anns an fheadhainn eile".



3. Seo cnàimhneach de thaigh-doile.

- Ainmich, le 2 litir, aon oir a tha co-shìnte ri BC.
- Ainmich 3 oirean a tha an aon mheud ri RC.
- (i) A bheil SD dìreach?
(ii) A bheil i còmhnard?
- (i) A bheil XP dìreach?
(ii) A bheil i còmhnard?
- Lorg an fhaid **iomlan** de shràbh a dh'fheumas tu airson an cnàimhneach seo a dhèanamh.




4. Seo lìon ciùbaid.

Dèan sgeidse den chiùbaid gu h-ìosal, agus seall faid, leud agus àirde.



5. Dèan dealbh **grinn** de lìon na ciùbaid seo.



Dè a th' ann an "Tomhas-lìonaidh"?

Faid, Farsaingeachd agus Tomhas-lìonaidh

Faid - An t-astar eadar 2 phuing.


Mar as trice, bidh sinn ga thomhas ann am mm, cm, meatairean no km.

Farsaingeachd - Seo am meud de rùm a tha cumadh a' còmhdach

Mar as trice, bidh sinn ga thomhas ann am mm², cm², m² no km².

Tomhas-lìonaidh - Tha tomhas-lìonaidh air a thomhas a rèir faid, leud agus doimhneachd .

Mar as trice, bidh sinn ga thomhas ann am mm³, cm³, m³, km³, ml no liotairean.



Eacarsaich 1

1. Cò aca seo a ghleidheas am meud as motha de uisge?



Amar



Mias

2. Cuir iad seo ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an t-soitheach a ghleidheas am meud **as lugha**.



Prais shliseagan



glainn'-
uighe



Cupa tì

3. Cò aca as motha - pacaid gràn-bracaist no bogsa nèapraigan?



4. Cuir iad seo ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an inneal **as motha**.



Làraidh



Motair-baidhc



Càr



Trèana

5. Seo na rudan a dh'fheumas tu airson sgoaichean sùbh-làir a dhèanamh.

**Sgoaichean
Sùbh-làir**

20 sùbh-làir
leth cupa uisge
2 làn-spàine ime
cupa bainne
4 làn-spàine siùcair
1 làn-spàine salainn
4 cupannan flùir



Ma leanas tu an stiùireadh gu h-àrd, nì thu 20 sgoa.

Cleachd an liosta gus na ceistean a leanas a fhreagairt:-

- Dè na dh'fheumas tu de shiùcar?
 - Cò leis a bhios tu a' tomhas an ime?
 - Dè **as lugha** a dh'fheumas tu dheth - uisge no bainne?
 - Tha gu leòr stuth anns an liosta airson 20 sgoa a dhèanamh.
Ma tha thu ag iarraidh 10 sgoaichean a dhèanamh, dè na dh'fheumas tu de fhlùr?
 - Mura biodh agad ach aon làn-spàine siùcair air fhàgail, cia mheud a dh'fhaodadh tu a dhèanamh?
 - Tha ceithir cupannan bainne ann am botal.
Dè a' **bhloigh** de bhotal a chaidh a chleachadh gu h-àrd?
6. Rinn Mick agus Elsie bobhla *punch* airson partaidh Nollaige.
Bha **30** làn-glainne *punch* anns a' bhobhla.
Aig a' phartaidh, chaidh **20** glainne den *punch* òl.
Dè a' **bhloigh** den *punch* a bh' air fhàgail an dèidh na partaidh?



7.



Seo cana mòr brot. Tha làn 6 làn-lodair ann.
Feumaidh tu 4 làn-lodair de uisge a chur ann mus teasaich thu am brot.
Ghabh Domhnall Iain, a bhean is an dithis chloinne lodar an duine Diluain **agus** Dimàirt.
Dè na bh' air fhàgail airson Diciadain?


8. Feumaidh Aonghas 2 làn-spàine den ìocshlaint seo a ghabhail 4 tursan gach latha.
Tha 40 làn-spàine anns a' bhotal.
Cia mheud latha a mhaireas am botal?



2 làn-spàine
4 tursan gach latha

Liotairean agus Mililotairean

Eisimpleirean de Thomhas-lìonaidh



Glèidhidh an soitheach seo **1 liotair**
no **1000 mililotairean (ml)**



Glèidhidh
an cupa seo
200 ml



Glèidhidh
an spàin seo
5 ml


1 liotair = 1000 ml

Eacarsaich 2

- Thug màthair Màiri 30 ml de ìocshlaint dhi.
Cia mheud làn-spàine a tha seo?
 - Nuair a bha an t-aibhean tinn, fhuair e 800 ml de ìocshlaint.
Cia mheud làn-cupa a tha seo?
 - Cia mheud làn-spàine a th' ann an làn-cupa?
 - Cia mheud làn-cupa a th' anns an t-soitheach?
 - Rinn Iain 4 soithichean liomaineud.
Cia mheud làn-cupa a tha seo?




- Sgrìobh an tomhas-lìonaidh de shùgh a th' anns gach botal, ann am mililotairean.




- Dè na botail anns a bheil còrr is **leth** liotair?
 - Dè am botal anns a bheil nas lugha na **aon chairteal** de liotair?
 - Cia mheud mililotair liomaid a dh'fheumadh tu airson am botal seo a lìonadh gu 1 liotair?
 - Cia mheud ml a bharrachd a th' ann de Ubhal seach Còc?

4. a Seall air an t-soitheach seo a tha làn uisge.
- (i) Cia mheud ml a tha gach **beàrn beag** a' riochdachadh?
- (ii) Cia mheud ml de uisge a th' anns an t-soitheach?

- b Sgrìobh tomhas-lìonaidh (ann am ml) nan trì soithichean gu h-ìosal.



5. Sgrìobh gach tomhas-lìonaidh **chun an 100 ml as fhaisge**:-



Liotairean agus Mililotairean.

Airson a dhol bho liotairean gu ml no air ais, **iomadaich** no **roinn** le 1000.

liotairean \rightarrow (\times 1000) \rightarrow ml

ml \rightarrow (\div 1000) \rightarrow liotairean

Eisimpleirean:-

$$5.5 \text{ l} \rightarrow (\times 1000) = 5500 \text{ ml}$$

$$2750 \text{ ml} \rightarrow (\div 1000) = 2.75 \text{ l}$$

Eacarsaich 3

1. Sgrìobh gach meud ann am mililotairean:-

- a 3 liotairean b 9 liotairean c 15 liotairean d 20 liotair
e 1.5 liotairean f 6.8 liotairean g 7.4 liotairean h 5.25 liotairean

2. Sgrìobh gach meud ann an liotairean:-

- a 4000 ml b 7000 ml c 12000 ml d 25000 ml
e 7500 ml f 8200 ml g 40000 ml h 2850 ml

Tomhas-lìonaidh le Ciùban


Tha **tomhas-lìonaidh** a' ciallachadh **na th' ann de stuth sònraichte no na chumas soitheach de stuth**. Bidh sinn ga thomhas ann an **ceudameatairean ceàrnagach**.

Tha faid, leud agus àirde de 1 cm anns a' chiùb seo.
'S e 1 cm ceàrnagach an tomhas-lìonaidh aige.

no:-

1 cm³

1 cm³ →




Eacarsaich 4

Sgrìobh tomhas-lìonaidh gach crutha (ann an cm³).


1.




2.




3.




4.




5.




6.




7.




8.



9.



10.



Geàrr-chunntas

1. Cuir iad seo ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an fhear aig a bheil an tomhas-lìonaidh as lugha.

a



Teanta

b



Cupa na h-Eòrpa

c



Botal sabhs

2. Feumaidh an leanabh 2 làn-spàine de ìocshlaint a ghabhail 5 tursan gach latha. Tha 140 làn-spàine ann am botal.

Cia mheud **seachdain** a mhaireas am botal?




3. Glèidhidh botal 750 ml, glèidhidh muga 150 ml agus glèidhidh spàin 3 ml.

- a Thug màthair Iain 15 ml de ìocshlaint dha.
Cia mheud làn-spàine a tha seo?
- b Cia mheud làn-spàine a ghleidheadh am muga?
- c Cia mheud làn-muga a ghleidheadh am botal?
- d Lìon Cailean 3 botail le sùgh orains.
Cia mheud muga a lìonadh e leis an t-sùgh seo?




4. Sgrìobh an tomhas-lìonaidh a th' anns a' bhotal seo (ann am miliotairean).




5. Sgrìobh tomhas-lìonaidh gach crutha, ann an cm^3 .

a



b




6. Sgrìobh iad seo :-

- a ann am ml (i) 7 liotairean (ii) 27 liotairean (iii) 3.5 liotairean.
- b ann an liotairean:- (i) 6000 ml (ii) 80 000 ml (iii) 500 ml

Seo measgachadh cheistean mun a h-uile cuspair aig Ìre D.

- Cuir iad seo ann an òrdugh a' tòiseachadh, leis an tè **as motha**:-
20 105, 19 000, 20 009, 19 780, 21 000, 19 099.
- Sgrìobh na h-àireamhan seo **ann am figearan**:-
a fichead 's a h-aon mìle agus seasgad. b seasgad 's a còig mìle is ceithir cheud.
- Sgrìobh na h-àireamhan seo **ann am faclan**:-
a 24 080 b 80 302 c 7005 d 89 057.
- Dè tha an **8** a' riochdachadh anns an àireimh 48 076?
- a Dè an àireamh a tha **200 nas motha na** 78 900?
b Dè an àireamh a tha **1000 nas lugha na** 140 000?
- Lorg na h-àireamhan a thèid an àite nan ceist-phuingean:-
a $\frac{4}{5} = \frac{?}{30}$ b $\frac{24}{32} = \frac{?}{4}$ c $\frac{14}{20} = \frac{?}{30}$
- Sgrìobh $11 + \frac{7}{10} + \frac{2}{100}$ mar dheichead.
- Sgrìobh iad seo mar dheicheadan:- a 37% b 82% c 7%.
- Dèan copaidh den chlàr agus cuir crìoch air:-



ceudameatairean	513 cm
meatairean	4.2 m
meatairean & cm	6 m 9 cm

- a Phàigh mi £6.99 air CD agus £11.29 air bhidio.
Thug mi seachad £20. Dè an iomlaid a gheibh mi air ais?
b Inns dè na buinn a dh'fhaodainn fhaighinn?
- Dèan na leanas (**nad cheann**):-
a 64 + 36 b 97 - 35 c 58 + 68 d 91 - 77
e 320 + 540 f 770 - 330 g 67 + 99 h 330 - 190.



12. Dèan na leanas (sgrìobh iad agus seall d' obrachadh):-

$$\begin{array}{r} a \quad 5749 \\ + 678 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} b \quad 48.78 \\ - 26.92 \\ \hline \end{array}$$

$$\begin{array}{r} c \quad 6000 \\ - 251 \\ \hline \end{array}$$

$$d \quad 10 - 6.72.$$

13. Dèan na leanas **nad cheann**:-

$$a \quad 15 \times 8$$

$$b \quad 75 \div 3$$

$$c \quad 360 \div 6$$

$$d \quad 420 \times 3.$$



14. Dèan na leanas **nad cheann**:-

$$a \quad 37 \times 10$$

$$b \quad 100 \times 520$$

$$c \quad 603 \times 100$$

$$d \quad 10 \times 0.81$$

$$e \quad 43.7 \div 10$$

